

SBA.Add.7







GAELIC EDITION.

186 INSTRUCTION  
FOR  
YOUNG INQUIRERS.

BEING A

Series of Addresses,

INTENDED

TO EXPLAIN AND ENFORCE THE LEADING  
DOCTRINES OF THE WORD OF GOD.

BY WILLIAM INNES.

"Our most important are our earliest years." — COWPER.

EDINBURGH:  
PRINTED FOR WAUGH AND INNES,  
HUNTER SQUARE:  
M. OGLE, GLASGOW; D. WEIR, GREENOCK;  
J. DEWAR, PERTH; AND K. DOUGLAS,  
INVERNESS.

1827.

SBA. Add.7

**SEOLAIDHEAN  
DO 'N OIGRIDH.**

ИАМПЛАКОН

И ОГРЯДО

# SEOLAIDHEAN DO 'N OIGRIDH,

ANNS AM BHEIL TEAGASGAN CUDTHROMACH  
AGUS SÒNRUICHTE FOCAIL DÉ AIR AM MÌN-  
EACHADH GU H-AITHGHEARR, 'S AIR AN  
COMH-CHUR; AGUS COR AN ANAMA, D' AN  
TAOBH AIR A LEIGEIL RIS.

LE UİLLEAM INNES,  
MINISTEIR AN T-SOISGEIL AN DUNEIDIN.

---

EADARTHEANGAICHTE LE IARRTAS DURACHDACH AIR SON  
MAITH SPIORADAIL ÒIGRIDH NA GAELTACHD.

---

DUNEIDIN:

CLODH-BHUAILTE AIR SON, AGUS AIR AN REIC LE  
WAUGH AND INNES, HUNTER SQUARE:  
M. OGLE, GLASGOW; D. WEIR, GREENOCK;  
J. DEWAR, PERTH; AND K. DOUGLAS,  
INVERNESS.

---

1827.

БІЛКОВІЧІ

а після цього в'їхати  
в місто Сирзак і відтам

до села Торзинка підміського  
району зупинитися та відвідати

## ДІЛКЕДІКІ.

Інші відомості про  
підміський район

засновані на даних зо опису  
території області та зупинок у ній

зупинок у Запоріжжя та Донеччині

## РЕПЕЧІЛ ІМІЕ'

зупинки у Краснограді

зупинки у місті Сімферополь та  
зупинки у місті Сімферополь та  
зупинки у місті Сімферополь та  
зупинки у місті Сімферополь та

## ДО 'И ОІСКІДН'

РЕОГУДНЕВИ

INSTRUCTION  
FOR  
**YOUNG INQUIRERS.**

---

BEING A  
**Series of Addresses,**  
INTENDED  
TO EXPLAIN AND ENFORCE THE LEADING  
DOCTRINES OF THE WORD OF GOD.

---

By WILLIAM INNES.

---

“ Our most important are our earliest years.”—COWPER.

---

EDINBURGH:  
PRINTED FOR WAUGH AND INNES,  
HUNTER SQUARE:  
M. OGLE, GLASGOW; D. WEIR, GREENOCK;  
J. DEWAR, PERTH; AND K. DOUGLAS,  
INVERNESS.

---

1827.

INTRODUCTION  
BY  
YOUNG INQUIRIES

A series of  
ESSAYS ON  
THE STATE OF  
THE WORLD

BY  
EDWARD AND JAMES SMITH,  
ONE OF THE MOST REPUTED  
AND LEARNED  
LITERATURISTS IN  
THEIR COUNTRY.

BY  
EDWARD SMITH &c.

WITH A HISTORY OF THE  
CIVIL, POLITICAL, AND MORAL STATE OF  
THE WORLD, FROM THE  
BEGINNINGS OF HUMANITY TO THE PRESENT TIME.

PHILADELPHIA

PRINTED FOR THE AUTHOR BY  
JAMES COOPER,

1782.  
REPRODUCED FROM THE ORIGINAL EDITION.

PRINTED IN U.S.A. BY THE AMERICAN PRESS.

1982.  
REPRODUCED FROM THE ORIGINAL EDITION.

NATIONAL LIBRARY  
OF CANADA  
1982.  
REPRODUCED FROM THE ORIGINAL EDITION.

WE have read with much pleasure Mr. Innes's valuable little book, entitled, 'INSTRUCTIONS FOR YOUNG INQUIRERS,' and from the simplicity of its plan, and the excellence of its matter, we think it likely to be very useful. Christian Practice is here strikingly enforced in its relation to Christian Doctrine. This interesting summary of the Gospel of Christ, is well adapted for being translated into the Gaelic language, and will prove a valuable addition to the religious treatises which are already in the hands of the Highlander. We feel happy in recommending this as a work which contains, in a very small compass, a just and clear exposition of the leading doctrines and duties of the blessed Gospel.

(Signed) ALEXANDER CLARK,  
*One of the Ministers of Inverness.*  
ANGUS MACINTOSH, D. D.  
*Minister of Tain.*  
JOHN MACDONALD,  
*Minister of Urquhart.*



## ROIMH-RADH.

---

THA iomadh leabhar air a chuir a mach le diadh-airibh urramach, anns am bheil teagasgan bun-aiteach na slàinte air an cur sìos gu farsuing ; ach tha cuid dhiu tha fada r'an leughadh air son na muinntir gu h-àraidh aig nach eil mòr ùin r'a sheachnad ; agus nach 'eil cho soilleir 's cho so-thuigsinn do mhòran a tha 'g an leughadh. Ach tha 'n leabhar so anns am bheil brìgh firinnean na slàinte, do thaobh lagha agus soisgeil, creidimh agus dleasdanas, air a cur sìos, aithghearr r'a leughadh, soilleir agus so-thuigsinn do na h-uile ; agus anns gach earrann deth tarruингte o'n sgriobtuir agus daingnichte leis. Chum a bhi feumail d'ar luchd-dùthcha, tha e nis air a thionndaidh gu Gaelic : agus 's e ar dùrachd-ne uime sin gu naomhaicheadh an Tighearn e do gach aon a leughas e.

Is fior an teisteas a ta Dia a' tabhairt mu 'n duine, "Gu'm bu mhòr aingidheachd an duine air an talamh, agus gu 'n robh uile bhreithneachadh smuaintean a chridhe a mhàin olc gach aon là." *Gen. vi. 5.* Tha an fhìrinn cheudna air a taisbeannadh a mach gu soilleir anns gach linn, agus anns gach anām air leth, a thaobl Dhé, gus an

iompaichear an t-anam fuidh chumhachd teagaisg an Spioraid Naoimh. Is tròcair mhòr ann am freasdal Dhé, gu 'm bheil 's an là anns am bheil sinn beò, eòlas litireil air focal agus air teagasg-aibh na firinn air tighinn gu bhi air a fhrithealadh ni 's coitchionn no ann an amannaibh a chaidh seachad, do 'n òigridh 'n ar tir. Ach a ta Dia leis an abstol a' toirt fianuis eile mu 'n chùis so, agus is fianuis bhrònach i. " Marbhaidh an litir." 2 Corin. iii. 6. Agus a ta am bàs spioradail, fuidh eòlas litireil agus fuidh theagасгаibh an fhocail air a dhaingneachadh, agus air antromachadh, araon 'n a chumhachd agus 'n a chionta. Gidheadh, a ta e soilleir gu 'm bheil am bàs so a' riaghladh anns gach anam-nàch do mhothaich fathast càireadh agus luidhe an fhocail r' a chor àraidih féin. Mar a ta uile aignidh-ean an duine air an truailleadh feis a' pheacadh ghin, agus air an tionndadh air falbh o Dhia, 'n an dearbh dhealbh agus 'n an cruth, mar sin, a réir mar dh' fhàsas an inntinn ann an comasaibh nàdurach, o leanabachd gu h-òige, agus o òige gu làn aois, tha am peacadh a' cinntinn ann an neart agus ann am beothalachd, agus a' toirt a mach toraidh a' bhàis. 'S e mealltaireachd a' pheacaidh, agus mealltaireachd ùghdair a' pheacaidh, bhi cumail an anama toilichte le 'chor,—ann an neo-shuim d'a chor, agus ann an neo-mhothalachd, araon mu uamhasaibh, agus mu chaoimhneas gràidh an Tighcarna. Agus 'n uair a chithear gu 'm bheil a' mhealltaireachd sin a' buadhachadh, a dh' ain-deoin an eòlais litireil a shealbhaichead, tha a' chùis

air tighinn gu bhi ro mhuladach. Tha an taisbeannadh so r' a fhaotainn air a' mhuinntir a dh'fhoghluim litir an fhocail, aig am faighear e 'n am bilibh, agus iomadh aon de a theagasgaibh 'n an cinn, ach a thaisbeanas 's a' ghiùlan, agus 's an inntinn 'n uair rannsuichear i ach gu beag, nach do chuir an eòlas fuidh chùram iad, nach do bhuin e riu fuidh chumhachd an Spioraid air mhodh éifeachdach. 'S i ar n-ùrnuigh dhùrachdach, air son na h-òige gu h-àraidh, gu 'm biodh i air a dòn o mhealltaireachd sin a' pheacaidh, agus gu m' biodh, i air a treòrachadh, an diugh fhad 's a ghoirear an diugh dheth, gu bhi tabhairt fainear nan nithe a bhùineas d' a sìth shìorruidh.

Tha anns an leabhar bheag so, teagasan Dhé air an deanamh aithnichte, agus cor an anama air a leigeil ris, ann am briathraighearr cho aithghearr, agus cho so-thuigsinn, 's gu 'm feudar gu cothromach beachdachadh orra. Tha iad air an cur gu sònruichte a dh' ionnsuidh na h-òigridh. Tha sinn 'g an gairm gu sònruichte, gu cudthromach, ann an ainm Dhé, an gabhail gu cridhe. 'S dìomhain dhuinne sgrìobhadh, agus is dìomhain dhuitse leughadh, mur a gabhar gu cridhe na nithe a leughar. Leugh thusa, ma ta, agus bêachdsmuainich. Tha fios againne, gur a h-aindeonach gheibh thu do chridlie agus t' inntinn air gnothuch sònruichte os ceann gach uile ni eile, dhèanamh de 'n chùis. Ach faic, 's i sin obair Shàtain, agus a chuilbheirtean, agus 'uachdranachd 'n a t' anam, a ta 'g a d' fhàgail aindeonach (ma 's e sin do chor,) agus a ta 'g ad threòrachadh chum

sgrios. Éigh ris an Tighearn air son an Spioraid Naoimh a theachd a nuas ort. Faic an gealladh gràsmhor a ta air a thabhairt ; “ Mosgail, thusa a tha a' d' chodal, agus éirich o na marbhaibh, agus bheir *Criosc solus duit.*” *Ephes.* v. 14. Gabh thusa a' chuibhlrionn sin de 'n leabliar bheag so, a mhothaicheas tu a ta cuir do chor féin gu soilleir an céill, agus thig le sin, leis a' chor sin, a dh'ionnsuidh caithir nan gràs, agus a ta Criosc air àrd-achadh aig deas laimh Dhé anns a' mhòrachd nèamhaidh ;—éisdidh Esan ri d' ghuth ;—annsan a ta lànachd na diadhachd agus a' ghràis, agus a' ghràidh shìorruidh a' gabhail còmhnuidh, agus builichidh e gràs a réir t' fheumais. Tha an leabhar so air a chur a t' ionnsuidh le seirbhisichibh Dhé, ann an ainm Dhé, agus Chriosd : 's i an ùrnuigh air do shon, gu 'm faigheadh t' anam a' bheatha sin, a cheannaich Criosc le 'fhuil luach-mhor féin, gu 'm biodh tu leis-san air do spònadh a mach á ribe an fhir-mhillidh, agus air do shaoradh o 'uachdranachd, agus air do thèarnadh.

**ALASTAIR CLÉIREACH,** *Ministeir an t-Soisgeil, an Inbhirnis.*

**AONGHAS MACAN TÒISICH,** *Ministeir an t-Soisgeil am Baile-dhuthaich.*

**IAN DÒMHNULLACH,** *Ministeir an t-Soisgeil's an Tòiseachd.*

**UILLEAM INNES,** *Ministeir an t-Soisgeil an Dunéidin.*

# SEÒLAIDAHEAN DO 'N ÒIGRIDH.

---

## EARRAN I.

*Mu chuud inbhe an duine, agus mu 'n rathad' anns an do thuit e o 'n inbhe sin.*

THÉID mi air m' aghairt leis a' bheachd agus an dòchas so bhi agam mu d' dhéighinn, gu 'm bheil agad dearbhachd agus fiosrachadh air àrd ùghdarras nan sgriobtur naomha; agus gu 'm bheil thu 'g a mheas mar ni ro fheumail, eòlas a bhi agad air na teagasgan àraidh, mòra, agus cudthromach, a tha na sgriobturan a' cur an céill; agus gur maith leat eòlas slàinteil fhaotainn o na teagasgaibh sin. Bheir mi oidheirp, uime sin, ann an neart ghràis, air iad sin a dhèanamh co soilleir, 's co so-thuiginn, 's a dh' fheudas mi; agus leigidh mi a ghnàth mo thaic ris na sgriobtuiribh féin, mar an àrd riaghailt, a réir am bheil firinn gach cùis agus gach teagaisg air a dearbhàdh.

A réir na crìche so a chuir mi romham, théid mi air m' aghaidh, aig an àm so, a chur romhad brìogh na tha focal Dé ag innseadh mu chor ar ceud sinnisir, 'n uair a thàinig iad a mach á làimh an cruith-fhir; agus mu 'n dòigh 's an do thuit iad gus a' chor thruaillidh agus sheachranach sin o Dhia, anns am bheil an cinneadh-daonna a nis uile air am faotainn.

Tha an eachdraidh tha 'n sgriobtura' toirt dhuinn mu 'n chùis so air a cur sìos am briathraighean tearca. Tha i againn gu sònruichte aig toiseach leabhair Genesis. Tha sinn ag ionnsuchadh an sin, gu 'n do chruthaich

Dia an duine 'n a ìomhaigh féin, agus gu 'n do bhean-naich se ar ceud sinnsir, Adhamh agus Eubha. *Gen.* ii. 27. 28. Aig an àm sin, cha robh ni sam bith anns a' chruthachadh gul éir, a bha 'n aghaidh toile no iarrrais Dhé, mar a chi thiu 's an 31. earran de na cheud chailidil, "Agus chunnaic Dia gach ni a rinn e, agus, feuch, bha e ro mhaith." Agus ann an àit eile, deirear, "Rinn Dia an duine dìreach," *Ecl.* vii. 29. 's e sin, ceart, no chothromach, umhail do thoil Dé, agus réidh rithe. Tha mar an ceudna ann an earran eile, air a mhìneachadh dhuinn, ciod a tha air a chiallachadh leis an duine bhi air a chruthachadh ann an ìomhaigh Dhé, *Colos.* iii. 10. Mar so, 'nuair a tha an duine air a chruthachadh as ùr, tha e air innseadh dhuinn gu 'm bheil e "air ath-nuadhachadh ann an eòlas, a réir ìomhaigh an Ti a chruthaich e." Agus *Ephes.* iv. 24. "Tha an nuadh-dhuine air a chruthachadh a réir Dhé, am fireantachd, agus am fior-naomhachd." O na h-earranaibh so, tha e soilleir gu 'n robh ar ceud sinnsir air an cruthachadh air tùs, ann an inbhe naomh agus shona.

Gidheadh, cha d' rinneadh iad ann an inbhe 's gu 'n robh e neo-chomasach dhoibh dol air falbh o na chor shona sin anns an robh iad an toiseach air an cruthachadh. Agus mar sin, cha do mhair iad ann, ach thuit iad uaithe, le peacachadh an aghaidh Dhé. 'N uair a tha mi labhairt mu pheacachadh, thoir an aire, ciod è tha sin a' ciallachadh. Ann an leithid de dhù-thaich 's am bheil sinne beò, 'n uair a tha duine a' deanamh mèirle, reubainn, no mortaidh, tha e a' briseadh lagha na dùthcha, agus tha e, le sin buailteach do pheanas, agus toilltinneach air. Nis, 'n uair a labhras sinn mu pheacachadh, tha e a' ciallachadh gu 'm bheil an neach sin a tha a' peacachadh, a' briseadh lagha Dhé, gu 'm bheil e an dara cuid, a' toirt cas-ùmhachd do Dhia, anns nach 'eil e a' dèanamh an ni a tha air àithneadh le Dia dha, no, anns gu 'm bheil e a' dèanamh

an ní sin a tha Dia a' toirmeasg. Theirear *Cionta*, no, *Coire*, ri briseadh lagha ar dùthcha féin. Theirear *Peacadh* ri briseadh lagha Dhé.

Tha olc, no cionta a' pheacaidh, ag éiridh o'n aobh-àr so, gu'm bheil còir aig Dia, mar ar cruith-fhear, ùmhachd agairt uainn do na laghannaibh tha e a' facinn iomchuidh agus ceart a chur romhainn, agus mar a ta e mar fhiachaibh oirnn, anns na h-uile ni, ùmhachd a thoirt dha-san, tha cionta 'n a luidhe oirnn, no, cuirear cionta, le Dia as ar leth, 'nuair ann an aon ni, no ni eile, tha sinn a' dèanamh di-chuimhne air ni sam bith a tha e ag àithneadh, no'n uair a tha sinn a' dèanamh ni sam bith a's aithne dhuinn a tha 'n aghaidh a thoile.

Tha 'm peacadh àraidh leis 'n do thuit ar ceud sinnsir o'n inbhe naomh agus shona, 's an do chruth-aicheadh iad, air a chur an céill dliuinn anns an Sgriobtur air a' mhodh so. Shuidhich Dia air tùs iad ann an gàradh Edein, agus mar dhearbhadh air an ùmhachd, dh' àithn e dhoibh, gun iad a dh' itheadh dc mheas craoibh àraid do 'm b' ainm "Craobh an eòlais mhaith is uilc." Chaidh am bàs a bhagradh orra mar phcanas na h-eas-ùmhachd. Mar so, *Gen.* ii. 16. "Agus dh' àithn an Tighearna Dia do'n duine, ag ràdh, de gach uile chraoibh 's a' ghàradh feudaidh tu itheadh gu saor: ach de chraoibh eòlais a' mhaith agus an uilc, cha'n ith thu dh'i sin; oir anns an là a dh'ithcas tu dhith, gu cinnteach bàsaichidh tu." Gidheadh, do'n àithne so, cha d' thug iad ùmhachd; ach air bhith do'n mhnaoi bhi air a mealladh leis an diabhal, fuidh chruth nathrach, ghabh i féin an toiscach de na mheas, agus an sin thug si e d' a fear, agus dh' ith e.

Nis, mu'n ni so, agus ceud inbhe an duine, leugh air do shocair, *Gen.* ii. & iii. caibidil. A réir an eachdraidh a th' againn an sin, mu'n bhuaradar, goirear dhe, an diabhal, an t-seann nathair, agus Sàtan, a tha a' mealladh an t-saoghal uile, *Taisb.* xii. 9. Agus, *Eoin* viii. 44.

goirear dhe mar an ceudna, am breugaire, agus athair na bréige, do brigh 's gu 'n do mheall e air tùs ar ceud sinnis. Anns an earran cheudna dhe 'n fhìrinn tha e air a ghairm 'n a mhortair o thùs, do brigh gu 'n d' thug e a stigh air tùs a dh' ionnsuidh an t-saoghail, am peacadh, agus am bàs an lorg a' pheacaidh.

Cha chomasach dhuinn beachdachadh air na tha a' tachairt mu 'n cuairt dhuinn, gun e bhi air a dhearbh-adh oirnn, gu 'm bheil sinn beò ann an saoghal anns am bheil eucailean, galairean, agus am bàs. Agus òg mar a tha thu, feudaidh i e bhi 'n comas dhuit smuaineachadh mu chuid dhe 'n aon teaghlaich riut féin, no dhe do chompanaich, a bha air an toirt air falbh a dh' ionnsuidh saoghal nan spiorad, ann an tùs am beatha ; agus moch, no anmoch, feumaidh sinn uile iad sin a leantuinn, " oir, tha e air orduchadh do dhaoinibh bàs fhaotainn aon uair." *Eabhr. ix. 27.*

Tha dòghruinn, goirteas, tinneas, euslaint, agus am bàs, gu nàdurach a' cur eagail oirnn : tha sinn a' déanamh na dh' fheudas sinn a chum an cumail fada air falbh uainn ; agus an uair a tha iad air am bagradh oirnn ann am freasdal an Tighearna, no, 'n uar a tha sinn a' mothachadh aoin sam bith de na h-uile sin, tha sinn ullamh gu bhi beachdachadh air na h-aobhairibh eile, no na nithe àraid a 's coireach gu 'm bheil ni sam bith dhiu sin, a' teachd fagus oirnn.

Ach an àit a bhi a' smuaineachadh air na h-uile so annta féin, no air na nitibh àraid a dh' fheudas a bhi 'n an cuideachadh air sinn a bhi 'g am fulang, bu inhaith gu 'm beachdaicheamaid air a' cheud aobhar, an t-aobhar mòr, troimh an d' thàinig iad uile. 'S e so am peacadh. Na di-chuimhnich, uime sin, gu 'm b' e 'm peacadh ceud thoiscach ar n-uile àmhgharan, agus fhùlangasan, tha a' teachd oirnn, no a thig : agus mar bhitheadh e, nach robh aithne sam bith againn am feasd, air aon truaighe tha air fhaireachdainn 'n ar saoghal. Agus treòraicheadh an smuain so thu, gu bhi a'

fuathachadh an droch ni sin, a tha Dia a' fuathachadh, agus a thug am bàs, 's ar n-uile thruaighe a dh' ionnsuidh an t-saoghail. Agus treòraicheadh e thu, gu bhi a' mothachadh t' fheum sònruichte air an t-scòl ghlòrmhor agus thròcaireach sin a tha foillseachadh saorsa o bhàs, agus a' teagasg cia mar a théid sinn as o chumhachd dìtidh ar peacaidhcan, agus a ghcibh sinn beatha ann an saoghal siorruidh.

---

## EARRAN II.

*Mu chor nàdurach an duine, no 'n cor sin anns am bheil e a' teachd a dh' ionnsuidh an t-saoghail: agus mu lagh nam modhannan.*

THUG mi fainear anns an earran mu dheireadh, an inbhe chothromach, cheart, agus naomh, anns an robh an duine air tùs air a chruthachadh, agus cia mar a thuit e o 'n inbbe shona sin, tre 'n pheacadh. Riamh, o 'n àm sin anns an do pheacaich an duine, bhà, agus a ta, an cinneadh-daonna gu léir, ann an cor peacach, truaillidh, agus cridheachan aca tha eas-umhail do Dhia, agus a tha déidheil, cha 'n ann air a bhi coimh-lionadh, ach a bhi briseadh a lagha; agus tha iad mar sin, mar pheacaichibh air am fàgail rùisgte, do gheur-cheartas agus do dhiomb an Tighearna. Faic, *Salm.* xiv. 2, li. 5. *Rom.* iii. 9—19. *Eph.* ii. 2, 3.

'S e'n lagh sònruichte a thug Dia dhuinn mar riagh-ailt air son ar giùlain, agus a tha sinne co ullamh a bhi 'g a bhriseadh, an lagh sin a th' againn anns na deich àitheantaibh. Tha cunntas againn mu 'u t-seòl anns an d' thugadh e do chloinn Israeil, *Ecs.* xx. Aguś ge do bha e air tùs air a thabhairt do 'n chinneach sin, gidheadh o dhearbh nàdur agartasan an lagha féin, agus o 'n dòigh anns am bheil e air 'ainmeachadh anns

an Tiomnadhl Nuadh, le Criosd tha e soilleir agus dearbhta, gu 'n robh an lagh so air 'òrduchadh air son a' chinnidh-dhaonna uile, agus gu h-àraid air an son-sa uile dha 'm bithcadh freasdal an Tighearn a' toirt cothroim air a bli faotainn eòlais air.

Mar sin tha sinn a' cluinntinn an Tighearn Iosa, a' labhairt mu bhrigh 's mu agartas nan deich àitheantan, *Mat.* xxii. 37—40. "Gràdhaichidh tu an Tighearna do Dhia, le t' uile chridhe, agus le t' uile anam, agus le t' uile inntinn: Is i so a' cheud àithne, agus an àithne mhòr; agus is cosmhuil an dara rithe so, gràdhaichidh tu do choimhcarsnach mar thu féin." Agus ann am *Mat.* v. tha e a' mineachadh le iomadh eisimpleir, spioradalachd an lagha so, agus ag asluchadh air a dhiosciobluibh uile àitheantan an lagha so a choimhead mar riaghailt am beatha. Air a' mhodh cheudna, tha an t-abstol Pdl, *Rom.* iii. a' deanamh a mach gu 'm bheil na h-uile ciontach, araon Iùdhaich agus Cinnich, a thaobh gu 'm bheil iad air briscadh an lagha so:—'s e sin, bha na h-Iùdhaich air briscadh an lagha sgrìobhta, a chaidh thabhairt dhoibh, mar a chi thu, *Rom.* ii. 21.; agus na Cinnich le bhi a' cur an aghaidh oibre an lagha a bha sgrìobhta air an cridhcachaibh. *Rom.* ii. 15. Ach gu 'm blieil coimhead an lagha mar fhiachaibh air na h-uile, tha sin air a dheanamh gu sònruichte soilleir leis. an dòigh a tha 'n soisgeul a' deanamh aithnichte, anns am feum na h-uile bhi air am fireanachadh. Mar chì sinn an déigh so, tha iadsan a mhàin air am fireanachadh tha a' faotainn còire anns an ùmhachd choimhlionta sin thig Iosa Criosd mar urras a phobuill, do nile agartasaibh an lagha. Ach ma tha fireanachadh a' ciallachadh saorsa o chiont, agus ma tha cionta a' co-sheasamh ann am briseadh lagha, (oir far nach 'eil lagh, cha 'n 'eil an sin briseadh lagha;) mar sin tha e air a dheanamh aithnichte, gu 'in bheil agartasan an lagha a' ruigheachd air na h-uilc; oir mur bitheadh, cha robh scum aca air fireanachadli.

Ach ge d' tha iadsan a tha creidsinn ann an Criosc air an saoradh o bhinn-dìtidh an lagha, fuidh 'n robh iad roimhe 'n an luidhe; cha 'n 'eil sinn gu bhi smaoineachadh gu 'm bheil iad air an saoradh o na fiachaibh fuidh 'm bheil na h-uile, a bhi a' teachd beò fuidh ùghdarras an lagha, mar riaghait beatha. Tha dearbh nadur agus brigh agartasan an lagha, a' deanamh aithnichte gu 'm feum iad sin a bhi a ghnàth 'n an riaghait, agus mar dhleasdanasaibh do 'n duine. Mar so, cha 'n urrainn e bhi ach 'n a dhleasdanas tha mar fhiachaibh air na h-uile creütair reusonta, a chruthaich Dia,—e a ghràdhachadh Dhia féin os ceann nan uile, agus ann an ùmhlachd d' a áithnə-san, gach a chéile a ghràdhachadh mar an ceudna. Agus tha so gu soilleir air a theagasc leis an abstol Phòl, *Rom.* xiii. 9. far am bheil e a' cur roimh na creidmhich àithneantan dara clàir an lagha, 'g an ainmcachadh cha mhòr anns an òrdugh cheudna 's a tha iad air an cur sìos 's an lagh féin, agus ag cur impidh air na creidmhich an coimhead. Tha an ni ceudna air a theagasc, *Gal.* v. 14.

Ach a thaobh 's gu 'm bheil e gu sònruichte feumail, beachdan ceart, agus soilleir a bhi aig gach neach mu lagli Dhé, agus mu àirde, fad, agus leud àithcantan agus agartasan an lagha, chum 's gu 'm mothaidh iad am feum air an t-soisgeul; feudaidh e bhi buanachdail a bhi a' seòladh dhuit 's an àite so, ciod e a tha air iarruidh uainn anns gach aon de na h-àitheantan, air mhodh spioradail.

Tha a' cheud àithne, 's e sin, "Na biodh Dia sam bith eile agad a' m' làthair-sa," *Ecs.* xx. 3. ag iarruidh uainn, cha 'n e mhàin sinn a dh'f hantuinn air falbh o aoradh a thojrt do dhiathaibh bréige air mhodh shaisinich; ach anns an àithne so, tha 'n Tighearn ag iarruidh uainn a' ghràidh a 's àirde, an urraim, agus na h-umhlachd, agus na muinghinn sin, a thigeadh dhuinn mar a chreutairibh cruthaichte agus reusonta féin bhi againn, dhà-san, agus annsan, mar ar Cruithfhear, ar Fcar-cumail suas, agus ar Caraíd a's fèarr.

Tha 'n àithne so air a briseadh, cha 'n ann a mhàin gach uair a ghabhas sinn tlachd ann an ni àraid sam bith a tha 'n aghaidh toile Dé ; ach aig na h-uile àm anns 'am bheil sinn a' buileachadh air ni sam bith, no air creutair sam bith a chruthaich e, an àite sin ann ar n-aigneadh, no a' chuibhrinn sin de ar toil agus ar gràdh, a tha Esan ag agairt uainn mar ni a bhuineas dha féin a mhàin, air am bheil còir aige, agus bu bhuanachdail dhùinn gu 'n tugadh 'sinn dha. *Salm.* xcvi. 8. *Mat.* x. 37. *Isai.* lv. 2, 3. Faic mu 'n chùis so mar an ceudna, an cunntas a th' againn mu adhaltrannas spioradail, *Esec.* xvi. agus iomadh earran eile de na fàidhean.

'Si 'n dara àithne, " Na dèan dhuit féin dealbh snaidhte, no coslas sam bith a dh'aon ni a ta 's na nèamhaibh shuas, no air an talamh shìos, no 's na huisgeachaibh fuidh 'n talamh. Na crom thu féin sìos doibh, agus na dean seirbhis dhoibh : oir mise an Tigh-earna do Dhia, is Dia eudhor mi, a' leantuinn aingidh-eachd nan aithrichcan air a' chloinn, air an treas, agus air a' cheathramh ginealach dhiubhsan a dh'fhuath-aicheas mi ; agus a' nochdadadh tràcair do mhìltibh dhiubhsan a ghràdh aicheas mi, agus a choimhideas m' àitheantan." *Ecs.* xx. 4--6. Tha sùil aig an àitline so ris a' mhodh, no an seòl anns am feumar aoradh a dheanamh do Dhia. Cha 'n e mhàin gu 'm bheil i ag iarruidh oirnn gun aoradh a dhèanamh do dhealbhaibh, no le dealbhaibh, ach gun ni sam bith a cho-mheasgadh ann ar seòl aoraidh, nach do dh' àithn Dia féin 'n a fhocal. *Lebh.* xviii. 4. *Deut.* xü. 32. *Isai.* xxix. 13. *Mat.* xv. 9. Tha 'n àithnec so air a briscadh mar an ceudna ann a bhi a' fantuinn air falbh o mheadhonaibh òrduichtc sam bith, agus a' cur suas ar toile agus ar beachdan féin, mar an riaghaitt aoraidh. Tha so ag éiridh an dara cuid o neo-mhoothalachd bhàsmhor, no o àrdan spioradail agus cunnartach. Agus cò a 's urrainn a ràdh, gu 'n robh c féin anns na h-uile ni, faiceallach agus caithriseach mar a thigeadh dha bhi, ann an seòl

no ann am fonn an aoraidh sin a bha e a' dèanamh ; gu 'n robh e air a għluasad a suas chum an aoraidh sin le bhi a' beachdachadh air an àithne, agus nach d'rinn e aoradh air mhodh sam bith, ach mar a shèol agus a chomħarraich focal Dé ?

'S i an treas àithne, " Na tabhair ainm an Tighearna do Dhé an diomhanas ; oir cha mheas an Tighearna neo-chiontach esan a bheir 'ainm an diomhanas." *Ecs. xx. 7.* Tha i ag iarruidh uainn, na h-uile uair a labħras sinn mu ainm, mu bhuadhan, mu òrduighean, no mu fhocal Dé, sin a dhèanamh leis an urram naomh sin a bhuineas do nàdur nan cùisean sin. Cha 'n e mhàin gu 'm bheil an àithne so air a briseadh le mionn-aibh aindiadhaidh, mi-naomha, agus sgreataidh, ach mar an ceudna, le luaidh eutrom no mi-chùramach sam bith a dhèanamh, air sèol sam bith, air ainm an Uilc-chumhachdaich, air a bhuadhan, no air 'fhocal ;—le bhi a' gabħail Dħia mar fhianuis ann an còmhradh neo-shuimeil agus saogħalta, (air a' mhodh so, " Tha fħios aig Dia," " Aig Dia thu bhrath," 's a leithid sin,) le bhi a' toirt a stigh ainm Dħia ann an còmhradh faoin, no le bhi a' deanamh luaidh air mhodh sùgraidh, no mar shamħladh spɔrsail air carran sam bith dhe fhocal Dhé. Agus cha 'n e so a mhàin, ach tha 'n àithne so gu h-eagallach air a briseadh, 'n uair a tha sinn ann an seirbhisibh follaiseach agus faicsinneach na diadhachd, air ar faotainn a' luaidh air ainm an Dé mhòir, a dh'easbhuidh an urraim naoimh agus an eagail diadhaidh sin, leis an tigeadh e dhuinn a bhi a' labhairet agus a' smuaineachadh gach àm air 'ainm ro naomh-san, agus air a chliù. Faic am mìneachadh spioradail a tha ar Tighearn a' deanamh air an àithne so, *Mat. v. 34—37.*

Tha a' chūigeadh àithne anns na briathraibh so, " Cuimhnich là na sàbaid a naomhachadh. Sè làithcan saothraichidh tu, agus ni thu t' obair uile. Ach air an t-scaħħdamh là, tha sàbaid an Tighċarna do Dhé : air

an là sin na dean obair sam bith, thu féin, no do mhac, no do nighean, d'òglach, no do bhanoglach, no d'ainmhidh, no do choigreach a ta 'n taobh a stigh de d'gheataibh. Oir ann an sè làithibh rinn an Tighearna na nècamhan agus an talamh, an flairge, agus gach ni a ta annta ; agus ghabh e fois air an t-seachdamh là : air an aobhar sin bheannaich an Tighearn là na sàbaid, agus naomhaich se e." *Ecs.* xx. 8—11. Tha ga soilleir suil aig an àithne so ris a' chuibhrionn sin de ar n-ùine a tha gu bhi air a chur air leth air son aoraidh an Tighearna. 'Si an seachdamh cuid dhi a tha mar so gu bhi air a cleachdamh. O aiseirigh Chriosd, tha an latha air atharrachadh, o n t-scachdamh là de 'n t-seachdan gus a' cheud là (*Faic, Gniomh.* xx. 7.) cha 'n 'eil so 'n a atharrachadh sam bith air nàdur no air agartas na h-àithne, féin, a thaobh 's gu 'm bheil an aon chuid dhe ar n-ùine air a ghabhail a stigh 's an aon latha, 's a tha 's an latha eile. Air son an latha bhi air atharrachadh, tha aobhar sònruichte ann am frithealadh an Tiomnaidh Nuaidh. Mar so, bha 'n t-sàbaid air tùs air a comliarrachadh mar chuimhne air an fhois a ghabh Dia o oibríbh a' chruthachaidh air an t-scachdamh latha. Ach 's e an ni fuidh 'n t-Soisgeul air am bheil sinn gu h-àraid air ar gairm gu bhi a' cumail cuimhne, an cruthachadh nuadh ; agus o 'n obair sin, ghabh an Tighearn Iosa fois, 'n uair a chrìochnaich e 'uile shaotharan agus 'uile fhulangasan féin, leis gu 'n d' éirich e o na marbhaibh air a' cheud là de 'n t-seachdan.

Goirear 's an Sgriobtuir de 'n là so, " Là an Tighearn," *Taisb.* i. 10. a' scòladh dhuinn gu 'n robh e gu sònruichte air a choisrigcadh a chum scirbhis an Tighearna, dìreach mar bha 'n seachdamh là o shean a' faotainn an ainme sin, " Sàbaid an Tighearna," agus mar a bha cinneach nan Iùdhach air bhith dhoibh bhi air an dealachadh o gach cinneach eile a chum seirbhis an Tighearna, a' faotainn an ainme sin, Pobull an Tighearna. *Deut.* xxvi. 18. Agus mar nach 'eil e an comas

dhuinn smuaineachadh gu 'm bheil e air a cheadachadh dhuinn a bhi ni 's neo-spioradaile fuidh fhrithealadh an Tiomnaidh Nnaidh, na fuidh 'n t-Seann Tiomnad; tha sinn gu soilleir air ar gairm fathast gu aon là anns na seachd a chaitheamh gu h-iomlan ann an seirbhis an Tighearn, agus 'n a aoradh. Agus ged tha e co-fhreagarrach ri dleasdanasaibh an latha sin a tha air a chomharrachadh air son seirbhis Dhe, gu 'm biodh cuid dhe air a cleachdamh ann an oibrigh na h-éiginn agus na tròcair, *Mat.* xii. 1. *Luc.* xiii. 14, &c. gidheadh, feumaidh a' chuid eile gu h-iomlan de 'n ùine, a bhi air a cleachdamh ann an dleasdanasaibh na diadhachd gu dìomhair agus gu follaiseach. Cha 'n e mhàin gu 'm brisear an àithne so, le sinn a bhi cur ar làimh ri gnothuchaibh coitchionn na beatha so, agus le di-chuimhn' fhollaiseach a dhèanamh air òrduighibh agus air meadhonaibh ghràis; le céilidh dhìomhain, le spais-dearachd, agus a' falbh mu 'n cuairt d' ar bailtibh air son taitneis dhuinn féin, agus do anamhiannaibh ar sùl; agus mar an ceudna le ni sam bith a dhèanamh, a bhios a' tarruing air falbh na h-inntinn o bhi air a lionadh fad an là, le nithibh agus càramaibh spioradail; ach, tha 'n àithne air a briseadh le briathraibh faoine, neo-fheumail mu nithibh saoghalta, agus eadhon anns a bhi lcigeil d' ar n-inntinnibh a bhi air an lionadh le smuaintibh dìomhain, 'n uair a tha sinn o 'n leth muigh 'a gahail oirnn féin a bhi air ar cleachdamh ann an seirbhis Dhé. *Isai.* lviii. 13.

Thug mi mar so oidheirp air 'a bhi mìneachadh dhuit gu h-aithghearr, brigh agus seadh nan ceud ceithir àitheantan, a chum gu 'm faigheadh tu ni-eigin a shealladh ceart air leud agus farsaingcachd nan agartas sin a tha iad a' dèanamh. Bha 'n lagh air a thabhairt ann an dà chlàr. Anns a' cheud aon, anns am bhcil, a cheud cheithir dhe na h-àitheantan, tha eòlas air a theagasg dhuinn mu na dleasdanasaibh sin a dhlighear do 'n Tighearn. Anns an dara clàr, far am bheil na

seà àitheantan mu dheireadh, tha na dleasdanasan a bhuineas d' ar co-chreutaraibh air an cur f' ar comhar. Umpa sin, cha tòisich mi anns an earran so ri labhairt; ach fàgaidh mi thu gu bhi a' beachd-smuaineachadh, air na brisidhean do-àirimhте, agus air gach teachd-geàrr, de am feum thu a bhi làn-fhiosrach gu 'm bheil thu ciontach; ged nach biodh tu air t' fheuchainn, 's air do dhearbhadh ach leis a' cheud chlàr de'n lagh. Gu 'n deònaich an Tighearna càram air son nam brisidhean sin a chur air do shiubhal, agus gu 'n lòn Easan thu leis an fhìor irioslachd sin, leis an näire, 's leis an fhuath sin do 'n pheacadh, a thigeadh dhuit a bhi nis a' mothachadh ann a bhi a' beachdachadh air naomhachd lagha Dhé, agus air gach ni a th' aig an lagh sin r' a ràdh ri ceartas Dhé 'n a t' aghaidh.

---

### EARRAN III.

#### *Mìneachadh air dara clàr an lagha.*

ANNS an earran mu dheireadh, thug mi oidheirp air beachd a thabhairt dhuit air brigh agus seadh nan ceithir àitheantan dhe 'n lagh ris an abrar a' cheud clàr de 'n lagh, agus leud agus farsuingeachd nan agar-tas sin a tha iad a' dèanamh air gach neach. Tha iad sin uile, mar a thug mi fainear, a' coimhead ris na dlcasdanasaibh sin a 's cubhaidh do 'n duine a choimh-lionadh do Dhia. Agus an so, faic, mar a tha àitheantan an lagha a' luidhe ann an òrdugh, ris an t-seòl ùrnuigh sin a theagaisg Criosd d' a dheisciobhluibh, air am bheil gach neach eòlach. Tha sùil aig a' cheud earran de 'n ùrnuigh sin ri glòir Dhe, agus soirbheachadh a rioghachd. Agus tha na h-iarrtasan a ta air an cur suas mu na nithibh sin air an leantuinn leis na h-iarrtasaibh eile anns am bheil sinn ag ùrnuigh air son

ar maith féin. Agus tha 'n dà earran so de 'n Sgriobtuir agus an còrdadh a th' aca r' a chéile, a' teagasg dhuinn, gur e glòir Dhé an ceud ni, agus an ni àraid, a' chrìoch mhòr agus chudthromach a thigeadh dhuinn mar a chreutairibh reusonta a bhi againn, 's a chur romhainn anns na h-uile ni, agus aig na h-uile àm, agus an uair a sheallas sinn ris a' chrìoch so, a bhi a' cur air aghairt a ghlòire-san, bithidh buannachd dhuinn féin 'g a leanmhuiunn. Théid mi nis air m' aghaidh gu bhi a' labhairt mu na sè àithcantaibh mu dheireadh de 'n lagh, no 'n dara clàr.

'S i a' chuigeadh àithne, "Tabhair onoir do t' athair, agus do d' mhàthair; a chum gu 'n bi do làithean buan air an fhearann a tha 'n Tighearna do Dhia a' toirt dhuit." *Ecs. xx. 12.* 'S i so ceud àithne dara clàir an lagha. Feudaidh an àithne so bhi air a meas mar shuim nan dleasdanais sin a tha mar fhiachaibh oirnn a choimhlionadh do dh'aon gach a chéile, anns gach inbhe agus dàimh fa leth, anns am bheil sinn air ar suidheachadh. Tha i a' labhairt air mhodh àraid ri clann, agus ag agairt uatha, cha 'n e mhàin iad a bhi umhail do 'm pàrrantaibh anns gach aon iiii a tha réir toile Dhé, maille ris an urram agus a' ghràdh sin a dhlighear do phàrrantaibh féin; ach gu 'n labhradh iad umpa, agus riutha, air gach àm, leis an urram, agus leis a' ghràdh cheudna a tha lagh an Tighearn, agus eadhon lagh nàduir ag agairt uatha a bhi a' mothachadh d' an taobh, agus gu 'n deanadh iad so uile o 'n spéis sin bu chòir a bhi aca do 'n lagh sin a thug Dia. Tha na dleasdanasan a tha mar fhiachaibh oirnn uile, anns an dàimh so, agus anns gach dàimh agus inbhe eile a bhuiteas do 'n bheatha so, gu sònruichte air an cur an céill, *Eph. vi. 1. Col. iiii. 12—25, iv. 1. Rom. xii. 9. 1 Pead. ii. 12—25. iii. 1—9.*

Anns an t-sèathamh àithne, 's e sin, "Na dèan mortadh," *Ecs. xx. 13.* tha e air a theagasg dhuinn gu 'm bheil e 'n a ni ciontach neach eile a mhortadh, no gu 'm cuireadh neach e féin gu bàs. Tha sinn mar an

ceudna a' briseadh na h-àithne so, le bhi a' dèanamh nì sam bith a chuidicheas gu cron a dheanamh d' ar slàinte féin, no do shlàinte ar coimhearsnaich ;—le cleachdamh na misge, mar aon ni, no le bhi a' cur meisge air neach sam bith eile. Tha na h-uile neach a tha tighinn beò ann am mì-run, no ann an gamhlas do choimhearsnach, no a tha ag àrach a leithid sin a dh' an-tograidhean an aghaidh a choimhearsnaich, a' teachd beò ann an cleachdamh brisidh na h-àithne so. Tha i mar an ceudna air a briseadh, ma tha sinn a' ceadachadh do neach sam bith 'n ar coimhearsnachd, a bhi ann an uireasbhuidh ni sam bith a tha feumail a chum slàinte a chumail ris, no a h-aisig do dh'ionnsuidh, ma tha e 'n comas dhuinn an ni sin a bhuleachadh air. Agus cha mhò tha e 'n a lethsgeul dhuinn, a bhi aineolach mu choir an leithid sin a' mhuinntir 'n ar coimhearsnachd ; oir bheireadh lagh a' ghràidh oirnn, na 'n robh 'n lagh sin a' buadhachadh annainn, a bhi a' scòrachd air an son, agus a réir ar comais, bhi a' frithealadh dhoibh ; agus ma tha sinn an déigh làimh anns na cùisibh so, tha sinn ciontach. Ach, fathast, tha sinn a' briseadh na h-àithne so, air mhodh àraig, ma tha sinn a' labhairt gu h-olc agus gu mì-runach an aghaidh ar coimhearsnaich, agus le sin a' toirt a chliù air falbh uaith, agus 'g a mharbhadh ; agus mar an ceudna le bhi a' cleachdamh a lcithid a' chainnt no bhriathran 's a bhrosnuichead ar coimhearsnach chum feirge, agus chum làmh a chur ann am beatha neach eile, no 'n ar beatha féin. Faic, *Mat.* v. 22. 1 *Eoin.* iii. 15.

'S i 'n t-seachdamh àithne, "Na dean adhaltrannas." *Ecs.* xx. 14. Tha an àithne so a' toirmeasg, cha 'n e mhàin peacadh an adhaltrannais féin, ach maille ri sin, tha i a' toirmeasg gach ni sam bith, gach cleachdamh agus giùlan, agus gach seòl deasachaidh air ar pearsaibh féin, air am bheil coslas a bhi brosnuchadh mhuinntir eile chum macnus agus smuaintean neo-ghlan ; agus

mar an ceudna gach gnè còmhraídh diomhain agus neo-iomchuidh a tha gu tric air a chleachdamh le muinntir mar thaitneas do 'n smuaintibh neo-ghlan agus mi-naomha féin, no mar inncaí brosnuchaídh do mhuinntir eile chum smuaintibh neo-ghlan. Mar so, tha 'n àithne so a' toirm easg gach cainnt shalach, neo-ghlan, gach sgeòil, no iomraídh neo-mheasarra mu neach-aibh eile, gach seòl labhairt as am feudar seadh neo-ghlan a thabhairt, agus a tha gu tric air aithris chum gu 'n d' thugtadh seadh neo-ghlan as; agus cha 'n e sin a mhàin, ach tha 'n àithne so gu soilleir a' toirm easg a bhi a' tabhairt fasgaídh no àite-comhnuidh 'n ar cridhe, do dh' aon smuain neo-ghlan. Faic am minneachadh spioradail tha ar Tighearn a' deanamh oirre, *Mat. v. 28.*

'S i an t-ochdamh àithne, "Na dean gadachd." Tha an àithne so air a briseadh, cha 'n ann a mhàin le bhi a' buntainn o'r coimhearsnach, le h-ainneart, no gun fhios dha, ni sam bith a bhuineas dha, ach mar an ceudna tha i air a briseadh anns gach uile ghnothach eadar duin' is duine, anns am bheil an dara neach a' glacadh fàtha, no a' gabhail cothroim air aineolas no air baoghaltachd neach sam bith eile ris am bheil a ghnothach;—tha i air a' briseadh 'n uair a tha e a' moladh thar na còrach ni àraid sam bith a tha e toil-each air a bhi reiceadh, no a tha an neach eile ag iarruidh a cheannach uaithe; agus mar an ceudna, 'n uair a dhiomolas neach ni àraid sam bi a 's maith leis a cheannach, a chum a luach a' leagadh air an neach a tha 'g iarruidh an ni sin a reiceadh. Tha an àithne so air a briseadh 'n uair a tha daoine a' deanamh oidheirp dol as o chìs sam bith iocadh, tha air a leagadh air nithibh àraid le ùghdarris ar n-uachdranan talmhaidh, agus a chum maith na rioghachd.\* Tha fhios aig gach

\* The translator, here, from his acquaintance with the Highlands, has added a few sentences in allusion to Smuggling.

neach, cia mar tha so dèanta, gu h-àraid ann an iomadh earran de na Ghàidhealtachd, air seòl anns am bheil an àithne so gu soilleir air a briseadh. Tha feum aig luchd-riaghlaidh ar rioghachd air suim araidh a dh' air-giod gach bliadhna, chum an rioghachd a dhòn, agus a cosdasan a sheasamh. Tha iad a' leagail cìse, no cus-puinn air nithibh àraid chum an t-suim so a dheanamh suas. Cha ghabh e seachnad, an t-suim so bhi aca, thaobh 's gu 'm bheil gach sgillinn de 'n airgiod air a comharrachadh leo, 's air a gealltainn air son feum àraid fa leth. Nis, 's a' cheud àit, ann a bhi seachnad na cìse so ìocadh air aon ni a dh' itheas no dh' òlas sinn, air am bheil i leagta le ùghdarris, tha sinn a' dol an aghaidh riaghait focail Dé. *Rom.* xiii. 1—7. *Tit.* iii. 1. 'S an dara àit, tha sinn a' dol an aghaidh àithne, agus eisimpleir Chriosd. *Mat.* xxii. 21. *Mat.* xvii. 24—27. 'S an treas àit, tha sinn gu sònruichte, a' briseadh na h-ochdamh àithne. 1. Tha sinn a' cur bacaidh gu h-cu-corach air saoibhreas saoghalta na muinntir a tha deanamh am beòlaind dhe bhi a' reic agus a' ccannach nan nithe sin, gu laghail, tha sinne mar so, a' reic, a' ceannach, ag itheadh, agus ag òl, gu mi-laghail. 2. Tha sinn a' deanamh an ni ceudna, mheud agus an t-suim nach ìocar leinne, mar so, gu 'm feum sin a bhi air a thogail o ar coimhairsnaich cile air feadh na rioghachd. 3. Tha sinn a' mealtuinn sìthe, agus dòn, agus socairshaoghalta, o 'n leth muigh, fuidh ar n-uachdaranaibh talmhaidh, agus le bhi seachnad na cìse ìocadh, a tha feumail dhoibhsan a thogail, chum 's gu 'm bi sinn féin air ar coimhead anns a' chor cheudna, tha sinn a' cumail air ais an còire féin uatha, gu h-eucorach, agus mar sin a' briseadh na h-àithne so. Agus a thuillcadh air so uile, ann a bhi a' cur ri gnothachaibh neo-laghail de 'n t-seòrsa so, tha sinn gu soilleir agus gu dàna, an àit a bhi scachnad a' bhuairidh, a' dol 'na choinneamh, agus a' toirt fàth-chothroim do naÌmhreibh ar n-anama, 'n ar n-aghaidh scéin, ar treòrachadh chum gach uilc; a chum na misge,

a chum brisidh sàbaid, a chum mortadh féin, agus gach cleachdamh eucorach agus sgriosail. Tha gach duine mar an ceudná, a' toirt eas-umhlachd do 'n àithne so, 'nuair a tha e a' caitheamh gu mi-stuama, no gu h-anacubhaidheasach, ann an àrdan, no ann an sòghalachd, ni sam bith nach 'eil iomchuidh agus feumail, agus gu h-àraig, ni a tha e a' ceannach air dhàil, 'n uair a tha e neo-chomasach an ni a gheall e air a shon iocadh, agus mar sin a' tarruing calla agus an-shocair air a choimhearsnach. Tha e mar an ceudna 'n a bhriseadh air an àithne so, a bhi cumail air ais ainmheach sam bith, a déigh an àm anns 'na gheall sinn a thabhairt a scachad, no dhìoladh, agus mar so a bhi a' cur ar coimhearsnach gu dragh agus an-shocair;—agus ann an aon chor, no ann an aon ni, ma leigeas sinn dhinn, ann an nithibh an t-saoghail so, sin a dhèanamh do dhaoinibh eile, a dh' earbadh sinn gu reusonta a thigeadh dhoibhse a dheanamh ruinne, a réir làgha a' ghràidh agus na sithe, tha sinn a' briseadh na h-àithne so, agus air ar fàgail ciontach. *Eph.* iv. 28. *Phil.* ii. 4. *Mat.* vii. 12. *Rom.* viii. 7, &c. 1 *Tesal.* iv. 6.

Tha sùil aig an naothadh àithne ri deagh ainm muinn-tir eile. 'S i so i. "Na tabhair fianuis bhréige an aghaidh do choimhearsnaich." *Ecs.* xx. 19. Cha 'n e mhàin gu 'm bheil i 'g iarruidh uainne na h-uile mi-fhìrinn a's lugha a sheachnad, mu thachaireas dhuinn gairm fhaotainn ann am mòd, no 'n cuirt cheartais sam bith, fianuis a thabhairt mu ghiùlan mhuinntir eile; ach tha i a' toirmreasg dhuinn ni sam bith, eadhon ge d' bhiodh e fìor, a ràdh, aig àm sam bith, no ann an cuideachd sam bith a bhios cronail do chliù ncach eile; ach a mhàin 'n uair is éiginn dhuinn a ràdh, no a dh' fhaodas ar fianuis a bhi chum buannachd cheart do mhuinntir eile. Tha 'n àithne so air a briseadh, 'n uair a tha neach sam bith a' dealbh no a' sgaoileadh sgeòil mhì-runainaich, mu mhuinntir eile, ge d' 'eil sin dèanta ro-thric, inar a their muinntir air son sùgraiddh

no aigheir na cuideachd anns an tachair dhoibh a bhi, a mheudachadh. Cha 'n 'eil aon fhocal a labhrar eadhon ann an spòrs, no mar leth-fhochaid, a tha a' toirt maslaidh, no näire, no dìmeas air neach sam bith eile, no a tha 'g a dhleanamh 'n a bhall-magaidh, nach 'eil 'na bhriseadh air an àithne so. Agus gu h-àraidh, tha ni ann, tha 'n a bhriseadh air an àithne so, agus a tha glé choitchionn am measg sluaigh ;—se sin, 'nuair a labhrar mu dhèanadasaibh mhuinntir eile, mur 'eil iad a' taitinn ruinn féin, no réir air toile ; a bhi cur as leth na muinntir sin, no as leth neach àraidh sam bith, droch chrioch, no droch rùn, 'n a dhèanadas, 'n uair nach 'eil còmhachd, no dearbhachd sam bith againn air a' chrioch no 'n rùn sin bhi aige. An aon fhocal, anns gach cùis sam bith, far nach 'eil sinn cheart co iarrtanach air cliù ar coimhearsnaich a sheasamh, 's ar cliù féin, agus a dh'iarradh sinn esan a bhi mu'r cliù féin, agus a dh'earbadh sinn as, a réir lagha a' ghràidh ;—anns gach aon chùis dhiubh sin, tha 'n àithnc so air a briseadh.

*Lebh.* xix. 16. *Mat.* vii. 1. *Eòin.* vii. 24. *Eph.* iv. 25. *Col.* iii. 9. *Seum.* iv. 11.

'Si a' an deicheamh àithne. "Na sanntaich tigh do cloimhearsnaich ; na sanntaich bean do choimhearsnaich, no 'òglach, no 'bhan-oglach, no 'dhamh, no 'asal, no aon ni a's le do choimhearsnach." *Ecs.* xx. 17. Tha 'n àithnc so spioradail 'n a seadh uile,—se sin, tha sùil aice ris an inntinn, agus cha 'n ann idir ris a' ghiùllan o 'n leth muigh. Tha 'n t-abstol Pòl a' deanamh ionraidh oirre anns an t-scadh so, 'n uair a tha e a' labhairt mu spioradalachd an lagha, *Rom.* vii. 7. Tha na h-uile smuain mhi-thoilichte mu ar cor saoghalta féin air a thoirmeasg anns an àithne so ;—a bhi sealltuinn lc farmad, no tnùth air na socharaibh, no na cothromaibh saoghalta agus aimsireil a tha air am incaltuinn le muinntir cile, agus gu h-àraid le 'r coimhearsnaichibh mu 'n cuairt dhuinn ;—agus ann an aon fhocal, tha air a thoirmeasg anns an àithnc so, gach smuain sam bith,

no gach dùrachd, a tha bacadh dhuinn a bhi a' gabhail tlachd ann a bhi faicinn maith agus saoibhreas agus socair gach neach a' cinneachadh 's a' tighinn air agh-airt mu 'n cuairt dhuinn ; agus gach dùrachd sam bith leis am biodh sinn toileach ni maith sam bith a bhuineas do ar coimhearsnach, no tha e a' sealbhachadh, a bhi againn féin, an àite e bhi aige-san. *Eabhr.* xiii. 5. *Rom.* xii. 15. *Gal.* v. 26. 1 *Tim.* vi. 8. *Luc.* xii. 16—22.

Ann an leughadh nan àitheantan so, bu chòir dhuinn dà ni àraid a chuimhncachadh. 1. Do brigh gu 'm bheil Dia a' toirt breithe air a' chridhe, eo maith 's air a' ghiùlan o 'n leth muigh ; agus do bhrigh gu 'm bheil e 'g iarruidh ùmhachd a' chridhe, co maith ri ùmhachd an leth muigh ;—air an aobhar sin, gu 'm bheil gach ni anns an inntinn o 'n leth stigh, a tha 'n aghaidh aoin sam bith de na h-àitheantan so, 'na fhìor bhriseadh orra, co cinnteach 's a tha brisidhean o 'n leth muigh. 2. Gu 'm feum ar n-ùmhachd sruthadh o shùim a bhi againn do dh'ùghdarris an Tighearna, agus o ar gràdh dha. Cia b' e air bith spéis a tha sinn a' tabhairt do na h-àitheantaibh so, no a dh' aon sam bith dhiubh, o 'n leth muigh, ma tha sin a' sruthadh o dhùrachdaibh eile, no o iarrtasaibh sam bith eile, cha 'n i 'n ùmhachd spioradail a th' ann a tha Dia ag agairt. Cum so 'n ad chuimhne ; leugh thairis na h-àithcانتان so, agus feòrach riut féin, na 'm feuchtadh mise, a réir an tomhais so, am b' urrainn mi ràdh “ Tha mi neo-choireach ? ”

## EARRAN IV.

*Mincachadh ni 's fhaide air àitheantaibh Dhé.*

ANNS an earran mu dheireadh, thug mi oidheirp air beachd a thabhairt dhuit air na n-agartasaibh a tha ann an deich àitheantaibh an lagha. Nis tha dhà no thrì

nithe mu dhéighin an lagha so, dha 'm bu mhaith leam aig an àm so, gu 'n tugadh tu 'n aire shònruichte.

1. Faic, gu 'm bheil an lagh so ag agairt, cha 'n e ùmhachd ann an cuid, no ann an tomhas, ach gu neosheachanta, *Umhlachd fhoirfe agus choimhlionta*. Feudaidh duine bhi air a dhìteadh chum bàis gu ceart, le laghannaibh a dhùthcha, air son e bhi air fhaotainn aon uair, ri goid, ged nach bi rcubainn no mortadh ra 'n cur as a leth. Air a' mhodh cheudna, ma tha sinne gu bhi air ar feuchainn leis an lagh so, cha dean e maith sam bith dhuinn an làthair Dhé, gu 'n d' thug sinn eadhon ùmhachd choitchionn o 'n leth muigh do àitheantaibh an lagha. Tha am briseadh a 's lugha a' fàgail duine ris, ciontach. Tha so soilleir o chainnt an Abstoil Phòil, *Gal. iii. 10.* "Is malluichte gach neach nach buanaich anns na *h-uile* nithibh a ta sgrìobhta ann an leabhar an lagha chum an dèanamh." Faic, maille ri so. *Seun*, ii. 10.

2. Tha e feumail an ro-aire thoirt dha, gu 'm bheil an lagh so a' coimhead, cha 'n ann a 'mhàin ri ar gnìomharaibh follaiseach, ach ris gach smuain uaig-neich ;—'s e sin gu 'm bheil a bhi toirt fasgaidh do dhroch smuaintibh a cheart co cinnteach 'n a bhriseadh air an lagh 's a tha giùlan peacach o 'n leth muigh. Luchd tabhairt lagha air mhodh aimsireil, cha 'n urrainn dhoibh amharc ni 's faide no 'n giùlan o 'n leth muigh ; agus tha gach lagh aimsireil air a thabhairt a chum ar giùlan o 'n leth muigh, agus a thaobh a chéile 's an t-saoghal a riaghlaadh,—cha 'n 'eil e 'n comas do lagh aiimsireil dol ni 's faide. Ach tha Fear tabhairt an lagha naoimh agus dhiadhuidh so, ag amharc air gach smuain uaigneach, agus cha 'n 'eil crìoch a lagha-san air a coimhlionadh, mar 'eil an cridhe ceart maille ris *Féin*.

Tha 'n aon fhìrinn so, na 'n d' thugtadh fainear gu ccart i, ni 's leòr a chum beachdan farsuing agus eagallach a bhi againn mu na brisidhean air lagh Dhé dhe

'm bheil sinn ciortach. Mar so, ma bheir sinn oidheirp air aoradh no ùrnuigh, cia lòn smuain dhìomhain a thig a stigh a dh' ionnsuidh ar n-inntinn; agus ma chuireas neach de ar co-chreutairean fearg oirnn, cia lòn smuain mhì-runach agus aingidh a dh'éireas annainn 'n a aghaidh air ball? Nis cia as a tha so? Nach 'eil an leithide so a smuaintean diomhain agus mì-runach aig éirigh o uireasbhuidh an àird ghràidh sin do Dhia, agus o uireasbhuidh a' ghràidh sin do dhaoinibh a tha lagh Dhé aig agairt uainn. Ach cuimhnicheamaid a ghnàth, ge d' 'eil na smuaintean so gu h-iomlan air am folach o bheachd gach creutair sam bith, ga 'm bheil iad làn-fhosgalte, agus làn-shoilleir ann an sùilibh an Ti sin ris am bheil againn ri dhèanamh, agus gu 'm bheil iad air am faicinn leis-san 'n an uile chionta, 's 'n an uile ghràinealachd.

Tha 'n dà ni fuidh dheireadh a thug mi fainear 'g ar cuideachadh gu bhi mìneachadh, cia mar a tha na h-uile dhaoine fhad 's a tha iad 'nan cor nàdurach, no ann am briathraibh eile, fhad 's a tha iad 's a' chor cheudna anns an d'thàinig iad a dh' ionnsuidh an t-saoghail, fuidh shearg, agus fuidh dhiomb Dhé. Tha 'n t-aobhar soilleir. Tha na h-uile 'n am peacaich. 'S fior, gu 'm faighear leinn anns an t-saoghal mòr eadar-dhocalachadh cedar cliù aoin duine 's duin' eile. Tha aig cuid an an sealladh dhaoine cliù tlachdmhor agus maiseil, seadh cliù agus beusan aig cuid tha ro-thaitneach; agus gu 'm bheil cuid eile ann aig am bheil 'n an cliù uilc fhollaiseach, agus aingidheachd shoilleir. Cha 'n 'eil ni ann a 's coitchinne na gu 'm faigh sin a' mhuinnitir d'am buin cliù ciatsfach agus maiseach, a' cur meas air an cliù féin, agus 'g an àrdachadh féin air a shon, a réir an tomhais anns am bheil barrachd aca air an dream eile sin, d' am buin cliù mi-chiatsfach agus aingidh. Ach, cuimhnicheamaid, cia b' e air bith mar a mhicasar ann an sealladh dhaoine, agus le daoinibh, an t-eadar-dhealachadh so, eadar aon neach agus neach eile, a thaobh a chliù anns an t-saoghal, nach 'eil aig

neach, aig aon neach dhiubh so, seach neach uile, ao-bhar dòchais a thaobh an cliù féin ann an làthair Dhé. Feumaidh so a bhi, ma tha sinn ag aideachadh, gu 'm bheil, na h-uile aon dhroch smuain 'na bhriseadh air lagh Dhé;—agus nach 'eil an lagh ag amharc air ùmh-lachd sam bith mar ni 's leòr, ach ùmh-lachd a tha gu *h-iomlan* coimhlionta. Ge b' e neach sam bith nach d'thug an ùmh-lachd sin, eadar gu 'n do bhris e an lagh ann an tomhas mòr, no ann an tomhas beag; tha e 's a' cheart uair 's am bheil e 'g a bhriseadh *idir*, fosgailte agus rùisgte do 'n mhallachd a tha air a cur an céill an aghaidh luchd-brisidh. *Rom.* iii. 9—20. *Ecles.* vii. 20. I *Eoin*, i. 8.

Tha e fcumail 's an dara àit gu 'n tugamaid fainear ciod e anns am bheil olc a' pheacaidh a' comh-sheasamh, no, ciod e a tha do rìreadh 'g a fhàgail 'n a ni co ciontach, eas-ùmh-lachd a thoirt do lagh an Dé bheò.

Am measg dhaoine, ma tha sinn a' deanamh cron, no lochd, air co-chreutair sam bith, no ma tha sinn a' cumail air ais uaith a chòire féin, ni sam bith gu dligheach a bhuineas dha, tha a leithid sin de ghniomh gu ceart air a dhìeadh, agus ann an tomhas measar ciontach sinn. Ach tha aingidheachd a' leithid sin a' ghiùlan air a meudachadh, a réir mar a ta an ni a dh' agrar uainn le 'r co-chreutair, reusonta agus dligheach. Tha an cionta ceudna air a mheudachadh, a réir òirdheirceis cliù an neach sin air an déanar an eucoir, agus gu h-àraidh ma chuirear ri òirdheirceas a chliù, gu 'm bheil sinu fuidh chomanaibh sònruichte dha. Mar so, ma tha aon neach a' déanamh cron no lochd air neach eile, gun bhrosnuchadh, no ma tha e a' toirt tàmailt no maslaidh do neach eile, tha sinn a' faicinn sin, agus 'g a mheas 'na ni cronail agus mearachdach. Ach ma nithean na nithe ceudna an aghaidh neach, d'am buin a leithid de chliù 's gu 'm bu chòir do sin féin a phearsa a dhòn; tha an cionta, no an t-olc air a mheudachadh. Agus fathast ni 's mò, ma thachair e do 'n neach a rinn a h-aon de na nithibh a dh' ainmich mi, gu 'n robh e

fuidh chomanaibh àraigdh do 'n neach air ar d' rinneadh an eucoir, no d' an d' thug e an tàmait; agus gu 'n robh e eadhon mar fhiachaibh air, air na h-uile seòl, a thaobh gràidh, agus buidheachais dha, seirbhis a dheanamh dha, agus urram a thoirt dha, mheasadh sinn gu 'n robh an neach a dheanadh mar sin, a' taisbeanadh gu soilleir e féin a bhi suarach, truaillidh, agus tàireil ann an inntinn. Air a' mhodh so, feudaidh sinn fhaicinn ann an tomhas, ge d' is ann ann an tomhas glé bheag, olc a' pheacaidh, a tha a' deanamh dìmeas air uachdranachd agus ùghdarras Dhé, agus a tha a' cumail uaithe-san, na h-ùmhlaichd, agus na glòire sin a dhlighear d' a ainm. Ma bheir sinn faincar co reusonta 's a tha a lagh-san, an t-òirdheirceas neo-chriochnach a tha 'n a chliù, an ceangaltais a th' eadar sinn féin agus e mar a chreutairibh cruthaichte, agus doimhneachd ar comanaibh dha-san:—an sin, chi sinn ann an tomhas, cia olc agus cia aingidh an ni 's a tha e a bhi peacachadh an aghaidh an Dé bheò. Agus mar sin cuideachd, tha e a ghnàth a' tachairt, gur ann an uair nach 'eil bceachd cheart, agus iomchuidh aig daoine air na nithibh so, nach 'eil iad air an gluasad, agus air an cràdh le fair-eachadh air olc a' pheacaidh: seadh, gu 'm bheil iad gu triè air an treòrachadh gu bhi 'g am meas féin 'n an daoinibh *maithe*, a thaobh ni-eigin 'n an cliù a smuain-icheas iad a tha da rìreadh maith-thoilltinneach. Ach bha e a' tachairt anns na h-uile linn, gu 'n robh seal-ladh air òirdheirceas cliù Dhia, ag irioslachadh nan daoine bu naoimhe anns an duslach. Faic, *Job.* xl. 4. *Isai.* vi. 5. *Luc.* v. 8. Mu òirdhearcas cliù an Tigh-earna, Faic, *Ecs.* xxxiv. 6. *Neh.* ix. 17. 1 *Eoin.* iv. 3. Mar dhearbhadh air maitheas Dhé d' a chreutairibh, thoir fainear gach comhara soillcir air a' bhuaidh sin d' a chliù a chithear ann an oibríbh nàduir, ann an oibríbh freasdail, agus 'gu h-àraigd ann an oibríbh ghràis. *Salm.* ciii. cxlv. 16. cxlvii. 9. *Isai.* i. 18. xlvi. 25. *Eoin.* iii. 16.

Tha, mar so, sealladh air a thoirt dhuit ann an tomh-as air *olc* agus ciont a' pheacaidh. Leig domh a nis, a chur fa d' chomhar ann am beagan bhriathraibh, ciod a tha air fhoillseachadh dhuinn mar thoradh an eusaontais. Tha so gu soilleir air a dheanamh aithnichte ann an earran de 'n fhìrinn air an do bheachdaich sinn roimhe. " Is malluichte gach neach nach buanaich anns na h-uile nithibh a tha sgriobhta ann an leabhar an lagha, chum an dèanamh." *Gal.* iii. 10. Ciod e sin a ta air fhilleadh anns a' mhalluchd so, tha sin air a mhìneachadh anns a' bhinn uamhasach sin a tha air innseadh dhuinn leis an t-Slànuighear féin, a chuireas e 'n céill an aghaidh nan aindiadadhach, mu dheireadh; " Imichibh uam a shluagh malluichte, dh' ionnsuidh an teine shìorruidh, a dh' ulluicheadh do 'n diabhul, agus d' a ainglibh." *Mat.* xxv. 41. Faic, maille ris an earran so, agus samhluich rithe, *Rom.* ii. 8. iii. 9. vi. 23. Agus an sin chi thu a' bheachd chudthromach agus eagallach, a tha focal Dé a' toirt dhuinn air toradh na h-eas-ùmhachd agus an eusaontais. Gu 'm b' ann a dhrùigheas e air t' inntinn gu h-iomchuidh, gu 'n dùisg e suas annad fiòr chùram mu d' bhuanachd shìorruidh féin; agus gu 'n robh thu mar so air d' ullachadh gu bhi 'g éisdeachd le beò-bhudheachas ris na tha sgriobhta anns an fhocal neo-mhearachdach chcudna, mu 'n t-sligh tre 'm feud sinn dol as o 'n fheirg a ta ri teachd.

---

## EARRAN V.

*Rannsuchadh air cor an anama, o 'n bheachd a chaidh à thabhairt air an lagh naomh.*

'S i chrioch a bh' agam anns an earran mu dheireadh a bhi leigeil ris dhuit farsuingeachd agus meud nan agartas sin a tha lagh Dhé a' deanamh air na h-uilc, agus

cia mar a ta na h-uile air am fàgail ris, ciontach. Ach am feadh 's a tha mi déidheil air do theagasg, agus air a bhi toirt dhuit tuigse, no soilleireachd, air na firinnibh cudthromach a ta air am foillseachadh ann am focal Dé, 's e an iarrtas shònruicht' a ta agam, gu 'm biodh na firinnean ceudna mar so air an cur fa d' chomhair, a' toirt buaidh d' an réir féin, a mach, ann do chridhe. Gu deimhin, bu mhaith leam e ghnàth bhi sgrìobhta gu soilleir air t' inntinn, a dh'easbhuidh air sin, gu bheil gach uile theagasg, ann féin, neo-bhuanachdail; seadh, gu bheil cosnadh air eòlas, a dh'easbhuidh sin, cha 'n e mhàin, neo-tharbhach, ach 'n a mheudachadh air do chionta. Leigibh dhomh, ma ta, a shireadh oirbh, gu ro-dhùrachdach, an aire shònruichte a thabhairt, mo chàirde òga gràdhach, 'n uair a ta mis, gu ceist ro chudthromach a chur oirbh, a ta 'g éirigh gu reusonta, o 'n bheachd sin air lagh naomh Dhé a ta air a cur fa 'r coinneamh, mar neachaibh air leth. An robh e riamh air a dhearbhadh ort, am bheil thu air bharail, gu bheil thu anns a' chor thruagh sin thaobh nàduir, air t' fhàgail rùisgte do fhicirg an Dé bheò? Na 'm b' è 's gu 'm bu chomasach dhomh a' cheist so chur, ann am briathraibh beoil, gu pearsanta, ris gach neach agaibh air leth, mar ann an làthair an Dé uile-léirsinneich;—ciod am freagradh, *smuainich a nis*,—a b' urradh bhi *agad-sa*? Tha fhios again nach urradh mi a' cheist a chur air a' mhodh sin; ach am feadh 's a tha do shùil a' gabhail seallaидh air na briathraibh sgrìobhta so, dh' asluichinn ort, gu 'n stadadh tu, gu 'n tugadh tu a' cheist so, gu suidhichte fainear, agus gu 'm fiosraicheadh tu 'n a t' inntinn féin, gu 'n rannsuicheadh tu, ciod am freagradb, a 's comasach thu a thoirt dhi, gu ceart, agus gu cothromach. Iarr air an fheasgar so, àit-eigin uaigneach, rach a steach do d' sheòmar, druid do dhorus;—agus an sin oidheirpich, gu suidhichte, gu ro-chùramach, a chuimhneachadh, gu bheil thu an làthair an Dé shiorruidh.—Gu bheil

Esan làn-fhiosrach air cor t' anama,—gu bheil an uair a' tarruing fagus gu luath, anns am bi t' fhior chliù air a dhcanamh aithnichte gu soillecir, 's gu h-iomlan, agus anns am bi do chor sìorruidh a réir a' chliùtha sin, gu heo-atharraichte air a shuidheachadh. Nach 'eil cudthrom uamhasach na cùise ag iarruidh na h-aire a 's ro-shuidhichte thoirt dhi? Ciod an sealladh a bha agad gus a nis, air do chor agus do chliù an làth-air Dhé? An do smuainich thu ach beag idir mu dhéighinn? Ma 's ann mar sin, cia cho mòr 's a tha 'n amайдеas a ta maille riut; agus cia cho neo-mhoth-achail agus a bha thu, agus a thaisbein thu bhi, mu d' shochairibh a's àirde, mu d' shochairibh agus do bhuan-achd a 's mò! No, dh' fheudtadh, gu 'n do smuainich thu, do bhrìgh 's nach robh ni air bith 'n ad ghiùlan, mar a shaoil thu, bha fìor olc;—seadh, gu bheil thu ann an cuid de nithibh ni 's feàrr na mòran de d' choimhcearsnaichibh, gu 'm feud na h-uile ni bhi gu maith maille ruit mu dheireadh. Ro mhaith;—an d' fhuair thu a' bhàrail sin as na Sgriobtuiribh, no an do thog thu i, gun do chomhairle chur idir riutha-san? O, mo chàirde òga, gràdhach; feumaidh sibh aideachadh, gur comasach e gu bhcil sibh air bhur mealladh, agus tha sin a bhi 'n a ni comasach, ann an cùis cho ro chudthromach, ni 's leòr chum bhur cur fuidh chrith agus fuidh eagal. Ach dh' fheudtadh, gu 'n abair thu, cho fad 's is léir dhuit do chridhe féin, gu 'm faca tu thu féin 'n ad chreutair ciontach agus truagh, do thaobh a' pheacaidh an làthair Dhé; agus mar sin, am feadh a leig thu dhiot na h-uile dòchas ann an ni sam bith annad féin, gu'n robh thu air do thrcòrachadh chum meas do-labhairt a chur air an t-slàinte luachmhor sin tha 'n Soisgeul a' deanamh aithnichte. Ma 's ann mar sin a thachair dhuit, bi taingeil air a shon, agus thoir a' ghlòir do Dia.

Ach leig dhomh chur an cuimhne dhuit, a chum gu'm beachd-smuainich thu oirre a nis, aon cheist eile.

'S e sin, ciod iad na meadhona leis an robh thu air do threòrachadh gus an dearbhadh sin bhi agad air olc a' pheacaidh a tha thu 'g earbsadh a mhotaich thu? Tha cudthrom na ceiste so mòr, agus ag éirigh o 'n cheangaltais a tha aice ris a' cheist mu dheireadh. 'S tric a shuair mi so a mach a bhi 'n a mheadhon feumail a chum aire shuidhichte a thogail anns an inn-tinn, agus air a' mhodh sin, feudaidh a' cheist so bhi 'n a cuideachadh dhuit gu fhaotainn a mach ort féin, an d' thugadh, no nach d' thugadh fathast thu ann am firinn, gu h-aithné cheart agus chothromach bhi agad, air do chor spioradail. Tha iomadh seòl agus meadhon aig an Tighearn leis am bheil e a' toirt air aghaidh mothachaidh anns an anam. Tha cuid air an treòrachadh ceum air cheum, fuidh bhuidh fhoghluim diadhuidh ann an làithibh an òige, gu bhi gabhail gu cridhe nan nithe a bhuineas d' an sìth shiorruidh. Tha cuid eile, an déigh dhoibh fàs suas, an dara cuid, ann am mi-chùram faicsinneach, no ann a bhi toilichte le deas-ghnàthaibh na diadhachd a mhàin o 'n leth muigh, air an treòrachadh gu h-obann, no chuid 's a' chuid, le aon mheadhon no meadhon eile, gu bhi a' faicsinn an cionta, agus an cunnairt féin, agus gu bhi 'g iarruidh saorsa. Cha 'n 'eil mi a' smuaineachadh, gu 'm bi na h-uile Criosduidh comasach air *mion* aithris a dhèanamh air an t-seòl anns an d' thàinig atharrachadh inntinn mu 'n cuairt ann féin. Tha sin a' tachairt gu h-àraidh do 'n mhuinntir d' an robh e air a theagasc o làithibh an òige, bhi toirt an aire do iarrtasaibh an lagha naoimh, agus do shlàinte an t-soisgeil. Gidheadh, bithidh, tha mi air bharail, a' chuid mhòr dhiubh-san a tha air an iompachadh idir, comasach air bli comharrachadh, no a' cuimhneachadh cheumanna àraigd 'n an teachd air aghaidh; agus tha e 'n a aobhar buidheachais agus aoibhneis do'n Chriosduidh, 'n uair tha e comasach air sin a dhèanamh; do bhrìgh 's gu bheil e 'n a dhearbhadh, gu bheil an t-atharrachadh sin air a mliothachadh leis féin.

Ach eadar gur comasach, no nach comasach na ceumanna sin bhi gu soilleir, agus, comharraichte air an cuimhneachadh, no air an aithneachadh, tha aon ni ann, bu chòir an cùram a 's mò a bheothachadh anns na h-uile neach; 's e sin, gu 'm b' urrainn sinn cainnte an duine dhoill o shean a thogail, agus a ràdh, " Air aon ni tha fhios agam, air dhoinh bhi dall, gu bheil mi nis a' faicinn." *Eoin.* ix. 25. An àite gu 'n robh mi, mar chàch, réir nàduir, gun mhothachadh air olc a' pheacaidh, agus air a thoradh uamhasach; tre mhaith-eas Dé, tha e nis air a dhearbhadh orm, gu bheil mi gu h-iomlan caillte leis, agus cha 'n urrainn mi sìth bhi agam, a dh'easbhuidh còire anns an t-slàinte sin tha an Soisgeul a' foillseachadh.

## EARRANN VI.

*Mu rathad na Slàinte troimh Iosa Criosc.*

Ann an co-dhùnadhl na h-earrainn mu dheireadh, dh'ainmich mi a' mhòr fheum a th' agad air bhi gu dùrachdach, agus gu suidhichte a' shreadh, am bheil no nach 'eil e air a dhearbhadh ort, gu 'm bheil thu a thaobh peacaidh, ann do chor nàdurach, rùisgte do dhiombadh an Dé bheò. Tha mi an dòchas, mo chàirde òga, gu bheil sibh ann an cleachdamh na ceiste so a chur ribh féin, agus gur comasach sibh air a ràdh, an déigh an rannsachaidh sin a bha sibh a' dèanamh, mur 'eil bhur chridheachan 'g ur mealladh, gu bheil gu fìrinneach air a dhcarbhàdli oirbh, sibh bhi anns a' chor ro mhuladach sin, a thaobh nàduir, a chaidh leigeil ris dhuibh. Ma 's ann mar sin tha chùis maille ribh, feumaidh e bhi, gu 'n dh'fhairich sibh trom chùram mu thimchioll saorsa o 'n chor sin.

Anns an Carrann so, ma ta, cuiridh mi an céill dhuibh,

ann am briathraighe co soillcir 's a dh'fheudas ni, an t-eòlas tha air a thabhairt dhuinn ann am focal Dé, mu 'n rathad anns am bheil tròcair Dhé ann an Criod, air dol eadar sinn agus sgrios.

An so, treòraicheadar sinn gu reusonta, gu bhi scòrachd, cò e an Ti àrd-uchte sin, mu 'n labhrar co tric anns a' Bhìobull, mar an t-Eadar-mheadhonair, am Fear-saoraidh, agus an Slànuighcar. 'N uair shamhluicheas sinn r' a chéile na caochlaidh ainmean tha air am buileachadh air 's an Sgriobtuir, tha e neo-chomasach am mìneachadh ann am freagarrachd r' a chéile, a dh' easbhuidh bhi tuigsinn uatha, gu 'n robh, agus bheil ann am pearsa an Tighearn Iosa, an nàdur daonna, agus nàdur Dhia air an ceangal r' a chéile: no mar a chluinneas sibh e gu tric air ainmeachadh, gur esan dara Pearsa na Trìonaid glòrmhoir. Faic an so, *Mat.* i. 23. *Luc.* i. 35. *Gniomh.* xvii. 31. *Philip.* ii. 6—11.

Tha e fior, nach fhaigh sinn am focal sin *Trìonaid*, air a ghnàthaichadh 's an Sgriobtuir; ach tha 'n teaghasg tha air fhilleadh anns an fhocal sin, air a chur an céill gu soilleir. Mu bhith, no mar dh'fheudar a ràdh, inu shuidheachadh bithe na Trìonaide naoimh cha'n 'cile e 'n comas dhùinne tuisge shoilleir idir bhi againn. Feumaidh sinn bhi gu h-iomlan an coman an taisbeanaidh sin a thug Dia 'n a fhocal féin air an dìomhaireachd so, agus gun bhi 'g iarruidh tomhais eòlais air dìomhaircachdaibh, nach do thoilich e 'n Tighearn a dheanamh ni bu shoilleire dhuinn, agus a ta e ro choltach, nach b' urrainn tuigse lag agus chrìochnach an duine, an t-còlas sin a ghabhail a stigh. Na firinnean dìomhair so, tha sinn air ar gairm gu bhi gabhail riutha, dìreach anns an tomhas 's an d' fhoillsicheadh iad, mar earrannaibh de thoil fhoillsichte Dhé. Tha iomadh ni ann an nàdur, anns a' chruitheachd, mu 'n cuairt oirnn, ris am bheil sinn a' gabhail, agus a' creidsinn annta mar nithibh fior, ge d' nach 'cilean comasach a thuigsinn cia

am modh, no 'n seòl anns an d' thàinig iad gu bhi ann, no anns am bheil iad a' fantuinn ann am bith ;—tha sin os ceann ar tuigse, gidheadh tha sinn a' faicsinn agus a' creidsinn, gu 'm bheil na nithe féin ann. Mar so, tha e a' tachairt, mar aon ni dh'fheudar ainmeachadh, mu 'n cheangaltais sin a ta eadar an t-anam agus an corp. Cha 'n urradh dhuinn idir teagamh a chur ann, nach 'eil an corp agus an t-anam, fhad 's is beò sinn, ceangailte r' a chéile ; ach nàdur, no seòl a' cheangaltais sin, is cùis e, air am bheil sinn gu h-iomlan ain-eolach. 'S ann mar sin, tha 'n ceangaltais eadar nàdur Dhia agus an nàdur daonna, ann am pearsa Chriosd, agus mar an ceudna, bith agus co-shcas-mhachd, no suidheachadh na Trionaide, ann an triùir Phearsaibh. Tha na fìrinnean so air an gabhail o 'n fhocal mar nitibh tha 'sinn cinnteach a ta ann, agus sin air ùghdarras focail Dé, air dhuinn dearbhachd bhi againn, gu 'm bheil am focal sin neo-mhearachdach.

Tha an nàdur nèamhaidh, ma ta, no an Trionaide, air a leigeil ris dhuinn 's an Sgriobtuir, mar a' co-sheasamh ann an trì Pearsaibh, an t-Athair, am Mac, agus an Spiorad Naomh. Tha so soilleir ann an riaghait a' bhaistidh a thug Criosd. *Mat.* xxviii. 19. Agus o 'n fhàilte sin tha na h-abstoil a' cur air na h-eaglaisibh, *2 Corin.* xiii. 14. Tha mar an ceudna earrannan eile ann, far am bheil triùir Phearsa, an dara cuid gu soilleir air an ainmeachadh, no iomradh air a dheanamh orra. Faic, *Ephes.* ii. 18. I *Corin.* xii. 4, 5, 6. *Tit.* iii. 4, 5, 6. Cha 'n 'eil teagamh air a chur ann an Diadhachd an Athar, le buidhcann sam bith, a dh'aindeoin cho ain-diadhuidh 's a dh'àiheadhas iad nithe cile a dh'fhoillsich Dia 'n a fhocal. Ach anns na Sgriobtuiribh, tha dearbhaidhean sònruichte againn mar an ceudna, air Diadhachd a' Mhic, agus an Spioraid Naoimh. Ainmichidh mi cuid a dh'earrannaibh de 'n Sgriobtuir, anns am bheil dearbh-theisteas againn air na cùisibh so.

I. A thaobh Diadhachd \* a' Mhic, 1. Tha iomadh earrann de 'n t-Sean-Tiomnad, tha a' labhairt gu soilleir mu'n Dia mhòr, tha 's an Tiomnad Nuadh air an càireadh gu dìreach ri Iosá Criod. An so coimeasaich, *Air.* xxi. 5, 6. ri 1 *Corin.* x. 9. *Salm.* cii. 25, 26. ri *Eabhr.* i. 10. *Isai.* vi. 2, 3, 4. ri *Eoin.* xii. 40. *Isai.* viii. 13, 14. ri *Luc.* ii. 34. agus ri *Rom.* ix. 33, &c.

2. Tha an t-ainm Dia, gu soilleir air a thabhairt do Chriosd, *Eoin.* i. 1. xx. 28. *Gniomh.* xx. 28. 1 *Tim.* iiii. 16. *Eabhr.* i. 8.

3. Tha feartan, no buadhan na *Diadhachd* air am meas dha; Uile-làthaireachd, *Mat.* xviii. 20. Sìoruidheachd bithe, *Mic.* v. 2. *Taisb.* i. 11. Nco-chaochluidheachd, *Eabhr.* i. 11. xiii. 8. Uile-léirsinneachd, *Eoin.* xxi. 17. *Taisb.* ii. 23.

4. Tha oibre Dhé air am meas, no air an cur as leth Chriosd.—An cruthachadh, *Eoin.* i. 1. 1 *Corin.* viii. 6. *Eabhr.* i. 2. Coimhead, no cumail suas nan uile nithe, *Eabhr.* i. 3. *Calos.* i. 17. Dh'oibrich Criod mar an ceudna mìorbhailean 'n a ainm féin, agus dh'oibrich a dheisciobuil iad aig na h-uile àm, an ainm am maighstir.

5. Tha aoradh dèanta do Chriosd. Coimeasaich *Isai.* xlvi. 8. ri *Eoin.* v. 23. agus ri *Gniomh.* vii. 59. Faic mar an ceudna *Taisb.* i. 5. v. 13, 14. 1 *Corin.* i. 2.

II. Air an amhail cheudna, tha cainnt an Sgriobtuir a' cumail a mach an Spioraid Naoimh, mar Thi, no mar Neach nèamhaidh, air leth. Gu bhcil e 'n a neach air leth, tha sin aithnichte o 'n t-seòl anns am bheil Criod a' labhairt uime, *Eoin* xiv. 16. Bha e gu bhi 'n a chomhfhurtair eile, agus bha e gu bhi teagastg nan deisciobul anns na h-uile nithibh. Faic mar an ceudna

\* Thoir an aire, 'n uair tha sinn a' cleachdamh an fhocail sin *Diadhachd*, an so, ann a bhi labhairt mu'n Mhàc, 's mu'n Spioraid Naomh, gur e seadh an fhocail sin, *Co-ionannachd* a Mhic, no an Spioraid, ann an inbhe, ann an nàdur, anns na h-uile buaidh ghàidhneachd, ris an Athair féin, ceud Pearsa na Trionaid.

*1 Corin.* ii. 10. *2 Corin.* iii. 17. Tha a *Dhiadhachd* soilleir o na h-ainmibh a tha air an toirt dha,—Spiorad a' ghliocais, Spiorad na Naomhachd, An Spiorad Sìorruidh. Goirear Dia dheth gu soilleir mar an ceudna. Faic *Gniomh.* v., agus coimeasaich an treas rann ris a' cheathramh rann de 'n chaibidil sin. Theirear ri Crioduidhibh mar an ceudna, teampull Dhé, do bhrigh gu bheil Spiorad Dhé a' gabhail comhnuidh 'annta. *1 Corin.* iii. 16.

Bha an eadar-mheadhonaireachd a bha an Tighearn Iosa gu dhèanamh air son dhaoine peacach, gu gràsmhor air a gealltuinn d' ar ceud sinnsir an déigh an tuiteim, anns na briathraibh so. “Bruthaidh esan,” 's e sin siòl na mnà, “do cheann,” 's e sin ceann na nathrach, no 'n diabhuil, *Gen.* iii. 15. Bha 'm foillseachadh gràsmhor so, an déigh sin, air a mheudachadh ann an soilleir-eachd, o na geallanaibh eile bha air an toirt do na prìomh-aithrichibh o frithealaidhibh samhlachail lagha nan òrduighean, a bha air an tabhairt, mar tha e air innseadh dhuinn anns an litir a chum nan Eabhruidheach, gu bhi taisbeanadh mach roimh làimh an t-Slànuighir bha air a ghealltuinn. B' e creidimh ann-san, mar bha e gu bhi air fhoillseachadh anns an fheòil, a chum suas agus a rinn taic *ri* inntinnibh nan naomh fuidh 'n t-Sean Tioimadh. *1 Pead.* i. 10. *Eoin.* viii. 56. *Mat.* xiü. 17. *Eabhr.* xi. Mu dheireadh, “Ann an coimhlionadh na h-aimsir, chuir Dia a mhac féin uaith, a ghineadh o mhnaoi, a rinneadh fuidh 'n lagh, chum gu 'n saoradh e iadsan a bha fuidh 'n lagh.” *Gal.* iv. 4, 5. Chum 's gu 'n saoradh e a phobull, thug e làn ghéill do uile agartasaibh lagha chothromraig agus chearta Dhé, agus dh'fhuiling e am peanas a thoill iadsan fhulang air son peacaidh, 'n an àite.

Tuigidh sinn ann am briathraibh, 's an gnothuchaibh coitchionn an t-saoghal, ciod e is ciall do 'n fhocal sin, Urras, no fear-urrais. Mar so, ma tha fiachan, no ainmheach orm, nach 'eil c an comas dhomh iocadh,

agus gu 'n tig neach gu toileach air 'aghairt, mar m fhéar-urrais, agus gu 'n ioc e na fiachan, 'n am àite, tha mise air mo chur saor. Tha agartasan ceartais air an riarrachadh leis-san, a tha gu cairdeil a' teachd, agus ag iocadh nam fiach 'n am àite. Air a' mhodh so, le ùmhìlachd ionlan agus choimhlionta, agus thoilltinn-each an Tighearna Iosa, agus le 'fhlangasaibh chum bàis, choisinn e air son a phobuill, cha 'n e mhàin saorsa o pheanas, ach a réir cumhachan glòrmhoir a' chùmhainte nuaidh, tha iad a' teachd gu còir a bhi aca ann am beannachdaibh na beatha maireannaich. Mu 'n chùis chudthromaich so, lcugh le càram na h-earrannan so a lcanas, anns an òrdugh 's am bheil iad air an ainmeachadh. *Salm.* lxxxix. 3. *Eabhr.* xii. 24. Tha againn an so Eadar-mheadhonair a' chùmhainte nuaidh. Ann an *Eabhr.* viii. 10. tha againn air inns-eadh dhuinn ciod e tha air a ghealltuinn anns a' chùmhant so; agus ann an *Eabhr.* xi. 16. tha againn air ainmeachadh ciod e tha 'n gealladh sin a' filleadh. Faic mar an ceudna *Isai.* liii. 2 *Corin.* v. 20. *Rom.* iii. 23. *Philip.* iii. 8. *Eabhr.* ix. 15. 1 *Pead.* ii. 24. iii. 18. Tha an Tighearn Iosa, fathast mar an ceudna, a' cur air a h-aghairt, na h-oibre gràsmhoir so, ann a bhi dèanamh eadar-ghuidhe as leth a phobuill. *Rom.* viii. 34. *Eabhr.* vii. 25. Agus le bhi coimhlionadh a gheall-aidh ann bhi cur a Spioraid 'n an cridheachaibh, a' cheannsachadh cumhachd a' pheacaidh, agus 'g an dèanamh ionchuidh air son a ghloire féin. *Eoin.* xvi. 8, &c. *Luc.* xi. 13. *Rom.* viii. 13,

Do brìgh 's gu bheil am pcacadh air a chumail a mach anns an Sgriobtur, mar mhàthair-aobhair a' bhàis, agus gu 'n robh Criod férn gu h-ionlan saor o 'n pheacadh, cha 'n 'eil seòl eile anns an urrainn dhuinn, aobhar a thoirt air son 'fhlangasaibh, ann an co-shcasmhachd ri riaghlaigh Dhé, a tha glic, naomh, agus maith; ach gu'n d' fhuiling c mar fhcar-urrais a

phobuill, agus do bhrìgh gu 'n d' rinn e sin gu toileach, cha robh eucoir sam bith dèanta air ceartas.

Thug mi roimhe fainear, gu robh nàdur Dhé agus dhuine air an aonadh r' a chéile, no air an suidheach-adlı cuideachd anns an Tighearn Iosa; agus 'n uair bheachdaicheas sinn air innleachd na tròcaire nèamh-aidh, agus air an t-suidheachadh bha feumail chum 's gu 'm biodh an innleachd sin air a coimhlionadh ann an rathad urrais an àite luchd-brisidh, chi sinn aobhar soilleir air son an robh an ceangaltais so air a dhèan-amh ann an Criod. 'N uair bha an nàdur daonna a' deananh Chriod comasach air fulang, bha nàdur Dhié feumail dha, 's an àm cheudna, le chéile chum gu 'n giùlaineadh e an t-eallach peanais sin a dh'fhuiling e an àite a phobuill, agus gu 'm biodh toilltinneas, no luach anns an ùmhachd a thug e do 'n lagh, 'n an àit. *Philip.* ii. 6—9. *Eabhr.* i. 3. ix. 14. 1 *Pead.* i. 19. ii. 22. Bhiodh neach nach robh ach 'n a chreutair a mhàin, air a chur gu h-iomlan fuidhe, air a chlaoidh gu tur, air a sgrios gu sìorruidh, leis an dìoghaltas a dh'fhuiling Criod; agus do bhrìgh 's gu bheil e mar fhiachaibh air na h-uile creutair air a shon féin, ùmhachd iomlan a thoirt do 'n lagh naomh, cha b' urradh e toilltinneas bhi aige, gu chom-pàirteachadh ri neach eile sam bith. Bha *Diadhachd* Chriod air a' mhodh so gu no-sheachanta feumail ann a fhulangas. Agus mar so cuideachd, tha 'aiseirigh o na marbhaibh, no, mar a deir e an àite eile, a chumhachd féin chum a bheatha a thogail, an déigh dha a leagadh sìos, mar iòbairt-réite air son a' pheacaidh, air ainmeachadh mar dhearbhadh air gu 'm b' e Mac Dhé e le cumhachd. Faic *Eoin.* x. 18. *Rom.* i. 4.

'Se sin, ma ta, iomradh nan Sgriobtuir air an rathad anns am feud creutairean co peacach 's a ta sinne bhi scalbhachadlı maitheanais peacaidh, agus réite ri r' n-Athair air an do chuir sinn diombadh. Air an t-seòl so, tha sinn a' faicsinn cia mar tha ceartas uèamhaidh air a riarachadh le peanas a' pheacaidh ann am pearsa

an Fhir-urrais ghlòrmhoir ; agus cia mar a ta tràcair air a taigseadh do chinn-fheadhna pheacach ann an cosheasmhachd ri cleachdamh a' cheartais mar an ceudna. Mar so, tha tràcair agus fìrinn a' còmhlachadh a chéile, tha ceartas agus sìth a' pògadh a chéile. Beachdaich-eamaid a ghnàth air innleachd ghlòrmhor so na tràcair le h-iongnadh agus le buidheachas. Biodh so 'n a aobhar òrain dhuinn, 'n a chùis aoibhneis an so, an tìr ar cuairt, do bhrìgh gur ann anns an innleachd so, tha 'n aon stéidh air son dòchais ar sonais shìorruidh, 'n uair thig crìoch air làithibh ar cuairt, agus 'n uair dh' fheumas bàsmhorachd neo-bhàsmhorachd chur uimpe.

---

## EARRANN VII.

*Mu'n rathad anns am bheil sinn a' tighinn gu cuibhrionn air an son féin air leth, bhi againn ann an Slàinte an t-Soisgeil.*

THUG mi oidheirp roimhe air an t-seòl a mhìneachadh dhuit anns an do choisinn an Tighearn Iosa Criod air son a' ghineil pheacaich a ta sinn ann, maitheanas peacaidh, agus deagh-thoil o 'n Cruithfhear dha'n tug iad brosnuchadh,—'s e sin, le bhi fulang peanais a' pheacaidh 'n an àit. Ach an so, tha ceist a dh'éireas gu reusonta ann an inntinn na h-uile neach a tha gu suidhichte 'g iarruidh eòlais mu 'n chùis. A thaobh 's nach e na h-uile neach a chluinneas mu 'n Tighearn Iosa Criod a bhios air a shaoradh, 's i chéist, *Cia mar thig mise mar ncach air leth, gu coir, no cuibhrionn bhi agam 's féin an t-slàinte so?* Tha na Sgriobtuire a' toirt freagraidh do 'n cheist so, air mhodh shimplidh agus shoilleir, mar a bhuineas do ni anns am bheil luach dolbhairte mòr. Tha iad a' toirt dearbhaidh dhuinn gur h-ann le bhi *creidsinn* ann-san. Mar so, 'n uair thài-

nig fear-gléidhidh a' phrìosuinn ann am Philipi gu mothachadh, 's a dh'fheòraich e ciod a dlièanadh e chum 's gu 'n saortadh e; fhreagair an t-abstol e, *Creid*, anns an Tighearn Iosa Criosd, agus tèarnar thu. Faic *Gniomh.* xvii. 31. *Eoin.* iii. 16. *Rom.* x. 10.

Ann an leughadh an Tiomnaidh Nuaidh, bitliidh e buanachdail dhuit an aire shònruichte a thoirt do 'n t-seadh anns an cleachdar na briathra sin, *Creidimh*, agus, a bhi creidsinn. Uaith so, o 'n t-seadh anns an cleachdar na briathra sin, tha e soilleir gur e creidimh anns an teisteas nèamhuidh mu Iosa, an rathad a chuir-eadh air leth, anns am feum peacaich fuidh éisdeachd an t-Soisgeil tighinn gu cuibhrionn air an son féin air leth bhi aca anns an t-slàinte tha 'n soisgeul a' foillseachadh. Agus so an ni tha a' deanamh eadar-dhealachaidh eadar iadsan tha a' faotainn buannachd o 'n t-soisgeul, 'n uair tha iad 'g a chluinnntinn air a shearmonachadh, agus iadsan nach 'eil. Tha 'n dara muinntir a' creidsinn teistcís Dé 's an t-soisgeul, agus air a' mhodh sin a' tighinn gu cuibhrionn bhi aca ann an Iosa Criosd mar an slànuighear. Cha 'n 'eil a' mhuinntir eile a' creidsinn, *Eoin.* xx. 31. *Gniomh.* xvii. 34. xviii. 8. 1 *Eoin.* v. 10. Tha sinn a' faicsinn gu dearbh, slàinte, no saorsa, gu tric air ainmeachadh 's an Sgriobtura, mar mheasaibh eile, no mar bhuadhaibh eile tha leantuinn air bhi creidsinn na teisteis nèamhaidh; ach anns na h-uile àit de 'n Sgriobtura 's an ainmichear sin, tha e air a chiallachadh mar ni cinnteach, gu 'm bheil an creidimh ann, do bhrigh 's gur ann tre 'n chreidimh féin, tha na measan, nó na buadhan sin, a' sruthadh a dh'ionnsuidh an anama;—tha iad a' sruthadh, no 'g éirigh o chreidimh, agus a dh'easbhuidh air, cha 'n 'eil e comas-aeħ gu 'm bi iad ann. Bheir mi dhuit cuid a dh'eis-eimpleiribh air so. Mar so, *Rom.* x. 13. tha slàinte, no teàrnadh, air fhàgail ceangailte ri bhi gairm air ainm an Tighearna. Ach tha feumalachd a' chreidimh, chum gairm air ainm an Tighearna, air a leigeil ris dhuinn

rann, 14. A rìs, ann am *Mat. x. 42.* tha an ràdh sin, "an ainm deisciobuil," gu soilleir a' filleadh, creidimh an t-soisgeil. - Air a' mhodh cheudna, *Gal. vi. 8.* tha a bhi cur do 'n spiorad air a cheangal ri beatha shiòrruidh. Ach ma choimeasar so ri *Rom. v.ii.* 1. chi sinn, iadsan a chuireas do 'n spiorad, no, a dh'imcheas 's an spiorad, gur iad sin, a' mhuinntir a th' ann an Criod, no am briathraibh eile, a' mhuinntir a ta creidsinn air 'ainm.

Ach 'n uair labhras sinn mu *chreidimh*, cha 'n 'eil sinn gu bhi smuaineachadh nach 'eil so a' ciallachadh ni sam bith eile, a bharrachd air an aonta fhaontrach agus choitchionn sin, a tha leis a' chuid mhòr de 'n t-sluagh air a toirt do fhìrinn an fhocail, no tha iad ullamh bhi toirt do 'n fhìrinn,—eadhon a' mhuinntir nach do *smuainich* riamh mu 'n chùis. An creidimh mu 'm bheil mi labhairt, 's ann an déigh smuaineachaidh suidhichte agus càramach, is tric leis gu 'n d' thig e. 'S e an creidimh e air an Tighearna Iosa, mar an *Slànuigcar òrduichte*, agus tha e a' leanmhuinn dearbhachd a bhi againn, fiosrachadh, no faireachadh 'n ar-ninntinn, air ar feum air-san mar Shlànuighear.

A rìs, 'n uair their an Sgriobtura gu bheil sinn air ar fireanachadh tre chreidimh, feumaidh sinn bhi air ar faicill an aghaidh bhi smuaineachadh, gur ann o ni sam bith maith-thoilltinneach annainn féin, *air son* gu 'm bheil sinn a' creidsinn, tha sinn air ar dèanamh 'n ar luchd comh-pairt de shlàinte Iosa Criod. Bhitheadh sin gu h-iomlan neo-sheasmhach ris an ni a tha 'n t-abstol ag radh, *Rom. iv. 1—6.* Na 'm biodh a' chùis mar sin, gu 'm biodh deagh-thoilltinneas againn *air son* a' chreidimh, bhiodh ni-eigin againn de 'm feudadh sinn uaill a dheanamh. 'S e an creidimh, a mhàin an rathad, no an t-slighe, air a comharrachadh le Dia *tre* an tig sinn gu bhi air ar n-aonadh ris an Tighearn Iosa, agus *tre* am faigh sinn cuibhrionn phearsanta 'n a thoilltineas-san a rinn dioladh air ar son.

Feumaidh sinn mar an ceudna a chuimhneachadh, nach 'eil slighe mheadhonach sam bith air a h-ainmeachadh 's an Sgriobtura, eadar bhi air ar teàrnadh le oibrigh an lagha, agus le gràs. Mar nach urradh neach sam bith ùmhlaichd choimhlionta a thagradh, cha'n 'eil e an comas dhoibh bhi air an saoradh air a' cheud seòl dhiubh sin. Feumaidh, air an aobhar sin, na h-uile, cia b' e air bith mar bha an cliù roimhe, thighinn agus bhi air an saoradh le *saor ghràs* Dhé, troimh Iosa Criod. Tha so a' dearbhadh cia co fhad 's a ta cuid dol mearachd air seadh an t-soisgeil, a smuainichcas, 'n uair tha iad an toiseach air an dùsgadh gu cùram mu shlàinte, gu 'm fan iad o theachd a dh'ionnsuidh an t-Slànuighfhir, an dòchas gu 'n tig iad air tùs, a réir am barail féin, gu bhi ni-eigin ni 's fcàrr, 's ni 's toilltinniche, agus gu còir ni 's feàrr bhi aca r' a chaoimhneas.

Tha 'n dearbh smuain so, ge d' tha e gu tric coltach ri mòr irioslachd bhi ann, gu soilleir ag éirigh o oibreachadh diomhair spioraid féin-spéiseil agus féin-ionraic. Cha'n 'eil ann ach bhi deanamh oidheirp, mar gu 'm biodh, air a bhi roinn cliù agus molaidh ar slàinte eadar sinn fcin agus an Slànuighear nèamhaidh, 's e sin, is maith leinn cead bhi againn, gu 'n deanadh sinn féin beagan anns an obair mhòr so, ge d' bheireadh sinn dha-san a' chuibhrionn bu mhò de 'n ghlòir. Tha a leithid sin de spiorad colg-dhìreach an aghaidh innleachd na slàinte a dh'fhoillsichear 's an t-soisgeul. An sin, tha sinn air ar gairm gu bhi tighinn mar tha sinn, agus gun dàil, a dh'ionnsuidh an Tighearn Iosa.—Tha esan ag agairt uile ghlòir slàinte a phobuill. *Mat. i. 21. Gniomh. ii. 38. xvi. 30. I Tim. vi. 15, 16.*

Tha e iomchuidh gu 'n tugamaid an so fainear, mar an ceudna, cia mearachdach 's a tha e, bhi labhairt mu ùmhlaichd *thrcibhdireach*, mar gu 'm biodh sin, fuidh fhrithealadh an t-soisgeil, air a ghabhail ris, an àite na h-umhlaichd *iomlain* a dhlighear do lagh Dhé Tha'n ùmhlaichd *iomlan* tha an lagh ag agairt, air a tabhaint,

gu diongmholta, agus gu làn, 's an t-soisgeul: Tha an lagh féin, cosmuil ri Ughdair an lagha, naomh, cothromach, agus maith. Tha agartasan an lagha, mar a thug sinn fainear roimhe, air an stéidheachadh air fir-eantachd neo-chaochluidheach; agus air an aobhar sin, cha b' urradh dhoibh bhi air an atharrachadh. Tha so soilleir o dhearbh nàdur nan agartas féin, agus nan àithntean. A réir so, feumaidh e bhi a ghnàth, gu neo-chaochluidheach, mar dhleasdanas, agus mar fhiachaibh air an duine, mar chreutair Dhé, an gràdh a 's àirde, agus an ùmhachd a 's iomlaine thoirt d' a Chruithfhear, agus a réir 'àithne-san, a choimhearsnach a ghràdhachadh mar e féin. Na 'n robh iarrtasan no agartasan an lagha air an isleachadh, no air an dèanamh ni 's lugh, dhearbhadh sin, gu 'n robh iad o thùs ag agairt tuilleadh 's a' chóir air an duine; agus an lorg sin, nach robh iad air an stéidheachadh air ceartas fior-ghlan. Ach ge fhaod an leithide sin a dh'aobharaibh bhi ann air son laghanna aimsireil agus dhaoine, bhi air an atharrachadh, cha b' urradh an leithid idir a bhi ann a thaobh lagha Dhé. Tha slàinte air a foillseachadh 's an t-soisgeul, ma ta, cha 'n ann le bhi 'g atharrachadh riaghailt, no agartasan an lagha annta féin, ach, leis gu bheil, anns an t-soisgeul, na h-uile ni dhiu sin air an coimhlionadh. Am bheil an lagh a' sìreadh, 's 'g iarruidh peanais an fhir-bhrisidh, agus ùmhachd *iomlain*, a chum toilltinneas a dhèanamh suas air a' bheatha mhaireannach a shealbhachadh? Bha na h-agartasan so gu h-iomlan air an coimhlionadlı le ùmhachd an Tighearna Iosa chum bàis, mar fhearrurais a phobuill. Cha 'n i, air an aobhar sin, ùmhachd *threibhdhireach*, tha 's an t soisgeul air a cur an àite ùmhachd iomlain; ach ùmhachd iomlan agus choimhlionta an Tighearn Iosa, an àit na muinntir a tha creidsinn,—tha i sin, air a cur an àite na h-ùmhachd choimhlionta agus phearsainte, blia 'n lagh ag agairt, air a mhuinntir féin, a tha nis a' creidsinn. *Mat. v. 17. Rom. x. 4. vii. 12. Salm. xix. 7.*

Gidheadh, cha 'n 'eil thu car naire gu hhi smuaineachadh, gu 'm bheil aig teagasg agus tairgse na slàinte, a mhàin trid thoilltinneis Iosa Criosd, aomadh sam bith, gu bhi misneachadh dhaoine anns a' pheacadh, no gu bhi buanachadh ann. Cha 'n 'eil; 'n uair a tha an teagasg so, agus an tairgse so, cu ceart air an tuigsinn, agus air an creidsinn, feumaidh e bhi, gu 'm buadhaich iad direach an aghaidh misneach sam bith a ghabhail 's a' pheacadh.—Tha teagasg an t-soisgeil a' foillseachadh gu ro shònruichte agus gu ro chudthromach, *olc* a' pheacaidh, co maith 's a tha e a' taisbeanadh cunnairt a' pheacaidh.—Cha 'n urradh, air an aobhar sin neach a bhi gabhail ris an t-soisgeul, gun bhi faicsinn maraon *olc* agus *cunnairt* a' pheacaidh; agus far am bheil iad sin air am faicsinn, feumaidh bhi 'n sin mar an ceudna, iarrtas agus dùrachd làidir air son saorsa o chumhachd na h-uile aingidheachd. Agus a réir so, tha saorsa o chumhachd, agus o gràdh a' pheacaidh, air fhoillseachadh mar earran de shlàinte, co maith 's a tha saorsa o chionta, 's o dhìteadh a' pheacaidh. Agus a thuilleadh air sin, tha 'n teagasg so, gu 'n d' fhuiling Criosd 'n a 'ùmhachd, 's 'n a bhàs, 'n uair tha 'n t-anam, ann am fìrinn 'g a chreidsinn, ag oibreachadh ùmhachd, 's an anam sin air mhodh eile, 's e sin tre ghràdh do 'n t-slànuighear.—Cha chomasach do neach sam bith bhi creidsinn ann an Iosa mar shlànuighear, gun bhi 'g a ghràdhachadh; agus cia b' e air bith neach tha 'g a ghràdhachadh-san, coimhididh e 'àitheantan. *Mat.* i. 21.; *Eoin.* xiv. 15., xv. 14.; *Rom.* vi. 1—14, &c., viii. 2.; *Tit.* ii. 11.; *Eph.* ii. 1—10. 'Se so, ma ta, fianuis an Sgriobtuir, agus tha 'n fhanuis air a làn-dearbhadh leis na tha ghnàth air fhoillseachadh mu 'n cuairt dhuinn 's an t-saoghal. Mar so, cia cho tric 's a chí sinn a' mhuinnitir a tha cur dòchais 'n am fìreantachd féin, a' taisbeanadh ann an tomhas nach beag, mi-mhodhalachd, agus neo-mheasarrachd 'n an giùlan? Am feadh a tha iadsan a tha deanamh dòchais

dhe toilltinneas Chriosd air son slàinte, ann am firium, a ghnàth air am faotainn cùramach air bhi 'g imeachd ann an nuadhachd beatha. *Rom. vi. 1.*

Ge d' nach 'eil ùmhìlachd threibh dhireach air teachd ann an àite ùmhìlachd choimhlionta, gidheadh tha i air a deanamh gu tèaruinte cinnteach fuidh 'n t-soisgeul, araon mar is earrann chudhthromach i de shlàinte, agus mar an ceudna mar thoradh buidheachais gràidh do 'n t-Slànuighear air son saor-bhuileachadh a throcaire ghràsmhoir ann am maitheanas peacaidh. Feumar so a chumail cho bidheanta 'n ar n-amharc, 's gu 'n trcòraich e sinn ann a bhi toirt breithe oirnn féin, no air muinn-tir eile, gu bhi co-dhùnad, nach 'eil soisgeul Chriosd an dara cuid air a thuigsinn, no air a chreidsinn, far nach 'eil daoine, ann am freumh, 's am fonn an giùlain a' tighinn beò fuidh chumliachd ùmhìlachd do àitheantaibh an t-soisgeil. Tha an ni a deir an Tighearn Iosa mu luchd-teagaig meallta, a' luidhe cheart co maith ri luchd-aideachaidh meallta, "air an toraibh aithnichidh sibh iad."

Cha dean mi nis achì a thabhairt faincar c' arson a tha teagasc na slàinte tre Iosa Criod a' faghail an ainme sin, *An Soisgeul*. Tha 'm focal féin a' ciallachadh, *deadh naidheachd*, agus o na thubhairt mi cheana mu 'n èolas a tha 's an Tiomnad Nuadh air a thabhairt mu shlàinte tre an Tighearn Iosa, chi sinn gu soilleir, c' ar son a ghoirear *an soisgeul*, no *deadh naidheachd* dheth, air mhodh òirdheirceis, agus gu eadar-dhealachadh chur eadar e agus naidheachd sam bith eile a b' urradh bhi air a foillseachadh do dhaoinibh. Feudar so a chur an céill air mhodh sàimhlaidh. Smuainich-éamaid air cor duine truagh sam bith, a bhiodh 'n a luidhe fuidh bhinn bàis; agus am feadh a bha e air chrith gach uair a' seitheamh air là a chrochaidh, gu 'n tigeadh litir mhaiteanais o 'n righ d' a ionnsuidh,— nach biodh e féin agus a theaglach uile, 's gach neach a bhicdh an dàinh dha, ullamh air bhi labhairt mu 'n

chùis air a' mhodh so? Na 'm feòraicheadh a h-aon de 'chàirdibh ri neach eile dhiu 's an àm, an cuala e an naidheachd mhaith, cha bhiodh e 'n a imcheist idir do 'n neach eile sin a thuigsinn cia i an naidheachd mu 'n do labhair e, agus nach abramaид gu 'm bu roiomchuidh an t-ainm do 'n litir mhaitheanais a thàinig, *naidheachd mhaith*. 'S ann dìreach air a' mhodh so tha naidheachd na slàinte o pheacadh agus o thruaighe trid an Tighearn Iosa, air a gairm, *an deadh naidheachd, no an Soisgeul*. 'S ann mar so tha teagasg agus talrigse na slàinte tre Iosa Criod, 'n uair thuigear gu ceart i, a ghnàth a' taisbeanadh dhoibh-san a tha faicinn agus a' mothachadh am feum air tràcair. Tha iad a' faicinn gu m' bheil an soisgeil a' filleadh stigh ann féin gach uile ni a tha dh' uireashbuidh orra;—gu 'm bheil làn-iomchuidheachd ann air son an cor féin, mar chreutair-ibh ciontach bàsmhiora. Feòraicheadh gach neach dhe féin, an robh an teagasg so riamh air fhoillseachadh dhomhsa, 'n do thaisbein e dhòmhsha féin, mar neach air leth, 'n a dheadh naidheaclid mhòir aoibhneis? Agus a' sealltuinn ris air a' mhodh sin, an do ghabh mi ris gu làn-thoileach? Am bheil mi air cur cùl ris na h-uile stéidh dhòchais eile? Agus am bheil mi a' leagadh mo thaise agus m' earbsaidh shìorruidh air an réite sin a rinn Emanuel? Am bheil mi a' creidsinn air-san a chum slàinte m' anama?

### EARRANN VIII.

*Mu obair shònruichte Spioraid Dé ann an innleachd  
slàinte an Duine.*

AIR dhomh an earrann mu dheireadh a cho-dhùnadhl le bhi mineachadh c' arson a ghoirear dhé innleachd na slàinte trid Iosa Criod, *An Soisgeul, no Deadh naidh-*

*éachd*, mar a tha i a' filleadh an eòlais a's cudthrom aiche's a's luachmhoire do dhaoinibh, bheir mi oidheirp, aig an àm so, bhi mìneachadh dhuit, ciod e an cumhachd sin, leis am bheil iadsan tha gabhail ris an t-soisgeul, air an treòrachadh gu 'òirdheirceas fhaicinn, agus gu bhi 'g a ghabhail mar fhianuis, no mar theisteas an Dé bheò.

Tha a' bhuaidh so, no 'n cumhachd leis am bheil so dèanta air a chur, anns an Sgriobtura, as leth oibreacaidh an Spioraid Naoimh. 'N uair bha ar Tighearn Iosa a' gabhail a chead de dheisciobluibh, roimh 'bhàs, gheall e na 'n rachadh esan air falbh, gu 'n cuireadh e d' an ionnsuidh Comhfhurtair eile, ncach a's e an Spiorad Naomh. Faic, *Eoin*. xiv. 16—26. Agus réir so, tha sinn a' leughadh, *Gniomh*. ii. air là na cuingis, ùin' ghoirid an déigh d' ar Slànuighear dol suas air nèamh, gu 'n robh an Spiorad Naomh air a dhòrtadh mach gu saoibhir, paitl, air na h-abstolaibh. Ann an ceud linnibh an t-soisgeil, thug Esan, an Spiorad Naomh, a réir geallaidh an Tighearn Iosa, na h-uile ni gu 'n cuimhne, air chor agus fuidh 'oibreachadh-san, gu 'n do sgrìobh iad gach earrann de 'n Tiomnad Nuadh, a tha air a' mhodh so, dhùinne, 'n a riaghait neo-mhearachdach a chum creidimh agus cleachdaimh. Aig an àm sin mar an ceudna, bhuilich e giftean mìorbhuiileach agus eug-samhul, mar a bha 'n cumhachd a fhuair na h-abstoil bhi labhairt ann an caochladh cainntibh gun ionnsuchadh, no gun smuaineachadh roimh-làimh, agus bhi 'g oibreachadh mìorbhul, a bha air an dèanamh 'n am meadhonaibh ro-fheumail, ann a bhi craobh-sgaoileadh an t-soisgeil air feadh an t-saoghal. Tha, gidheadh, crìoch air tighinn o cheam fada, air na foillsichidhean mìorbhuiileach bha 'n Spiorad Naomh a' dèanamh anns na linnibh sin. Ach fathast, 's e 'n Spiorad Naomh, an Ti sin a ta comhchur, agus a' càireadh ris an duine innleachd na slàinte. A réir so, 's ann tre oibreachadh an Spioraid tha neach

sam bith de 'n chinne-dhaonna air a thoirt gu beachd shuidhichte 'inntinn agus 'anama fcin a leagadh air nithibh na siorruidheachd. *Gniomh.* xvi. 14.; *Eoin.* vi. 65. An so faodaidh sinn a thabhairt fainear, cia b' e ni air bith a dcirear a tha air a dhèanamh leis an Athair, no leis a' Mhac, air inntinnibh dhaoine, gur h-ann tre oibr-eachadh an Spioraid, mar mheadhon, a ta e dèanta. Mar so, deirear gu 'm bheil an t-Athair a' toirt an Spioraid dhoibh-san a dh'iarras e, *Luc.* xi. 13., agus ann an *Rom.* viii. 9., agus ann an earrannaibh eile, goir-ear de 'n Spiorad, Spiorad Chriosd. Air a' mhodh cheudna, tha e air ainmeachadh mar ùghdair *soillseachaidh na tuigsc*, *Eph.* i. 18. Anns an earrann so, tha sùil aig an abstol, gu sònruichte, cha 'n ann ris an fhoills-eachadh sin o 'n leth muigh a tha air a thabhairt o 'n leth muigh, dhe toil an Tighearn chum ar slàinte; oir bha sin a cheana air a shealbhachadh leis na h-Ephe-sianaich, agus cha b' urradh e bhi 'n a aobhar ùrnuiugh do 'n abstol gu 'm faigheadh iad e, a chionn gu 'n robh e aca; ach ris an fhoillscachadh sin dhe 'n inntinn tha gu diomhair aïr a bhualeachadh, agus air 'oibreachadh le Spiorad Dhé. Faic mar an ccudna, *2 Cor.* iv. 6. Tha an Spiorad Naomh, no Dia an t-Athair tre oibr-eachadh an Spioraid, air ainmeachadh mar ùghdair a' chreidimh, *Eph.* ii. 8.; *Philip.* i. 29. Tha mar an ceud-na obair na h-ath-ghineamhuinn air a cur as a leth, no 'n t-atharrachadh sin air a' chridhe agus air a' chliù a tha gu neo-sheachanta feumail, chum ar deanamh iom-chuidh air seirbhis a dheanamh do Dhia anns a' bheatha so, agus air a mhealtuinn anns a' bheatha ri teachd. *Tit.* iii. 5.; *Eoin.* iii. 1—8. Tha *naomhachadh*, cuid-eachd, no fàs ann an naomhachd, air a chur as leth an oibrechaidh nèamhaidh cheudna. *2 Tes.* ii. 13.; *1 Pead.* i. 2.; *2 Corin.* iii. 18.

'N uair a leughas tu mu athi-bhreith, no ath-ghineamhuinn 's an Sgriobtur, chi thu gu 'm bheil an obair sin air uairibh air a cur as leth focail Dé, mar ann an

*Seum.* i. 18. agus air uairibh eile air a cur as leth an Spioraid Naoimh, mar ann an *Tit.* iü. 5. Faodaidh an dà sheòl labhairt sin bhi air am mìneachadh air a' mhodh so. 'S e focal Dè am *meadhon* tre 'm bheil an t-atharrachadh air a thoirt mu 'n cuairt; agus 's e an Spiorad Naomh an Ti a dh'oibricheas leis an fhocal mar mheadhon. Tha 'n t-atharrachadh, no 'n caoch-ladh so a' co-sheasamh ann an neach bhi air a thabhairt o 'n chor nàdurach sin anns am bheil an inntinn 'n a naimhdeas an aghaidh Dhé, gus a' chor sin anns am bheil Dia air teachd gu bhi 'n a' chuspair gràidh dha os ceann na h-uile ni agus neach eile. Ach is seirbhis reusonta an diadhachd tha 'm Biobull a' teagasc dhuinn, a choimhlionar leis an tuigse, 'n uair tha 'n tuigse air a h-atharrachadh. Cha 'n 'eil an t-seirbhis so a' co-sheasamh ann am faireachadh, no 'm barail a bhi aig neach, gun fhios c' arson, no cionnus, gu bheil gràdh aig Dia dha neach féin, no gu 'm bheil e féin toilltinn-each air gràdh Dhé, gun mhothachadh sam bith bhi anns an anam sin air a' mhodh anns an d'thàinig e dh'ionnsuidh a' choir sin, no gun mhothachadh aige air aon ao-bhar sam bith air son am bheil e a' gràdhachadh Dhé, no air son an gràdhraigeadh se e. Cha 'n ann mar so tha 'n fhìor dhiadachd. Tha an Sgriobtura' labhairt ruinn mar chreutairibh reusonta; agus 's e focal Dhé, no foillseachadh an fhocail air tràcair tre Iosa Criosd, agus so a mhàin, a threòraicheas neach sam bith, as leth an cuirear briseadh an lagha naoiñh, air stéidh bhunaiteach, gu bhi sealltainn ris an Tighearn mar chuspair gràidh. A dh'easbhuidh eòlais agus tuigse, agus creidimh air innleachd so na tràcair a ta air a foillseachadh 's an fhocal, feumaidh an Dia uile-cumhachdach, a bhi, cha 'n ann 'n a chuspair gràidh, ach 'n a chuspair uamhais do 'n chiontach. 'S ann mar so, tha 'm focal, no an fhìrinn a tha 's an fhocal, 'na mheadhon, air an atharrachadh inntinn, mu 'm bheil mi a' labhairt a thoirt mu 'n cuairt. Ach cha 'n oibrich am focal an t-atharrachadh so, mur toirear *aire* dha, agus

mur *creidear* e. Nis, 's e an Spiorad Naomh a dhùisgeas an aire so, agus a dh' oibricheas an creidimh so; agus mar sin, 's ann tre 'oibreachadh-sa, a' comh-chur na fìrinn a th' anns an fhocal, agus 'g a càireadh ri fàireachadh dhiomhair an anama, agus ris a' choguis, tha neach sam bith air a threòrachadh, 's air a thabhairt gu bhi gabhail ris an t-soisgeul, agus mar sin gu bhi gluasad ann an nuadhachd beatha. Tha so a' luidhe ri *Eph.* vi. 17. far am bheil e air a ràdh, gùr e claidheamh an Spioraid focal Dé. Is inneal an claidheamh, tha fhios againn, tha foghainteach air buillibh agus beumaibh troma, mòra, a bhualadh 's a ghearradh, ach cha 'n ann dhe fcin; feumaidh e bhi air iomairt 's air a stiùradh le gàirdean neartmhor. Agus mar sin focal Dé, bhiceir e mhàin a mach buaidh 'n uair a chomhchuírear e le oibreachadh an Spioraid. *1 Corin.* iii. 6.

Feudaidh bhi, gu 'n tig e gu d' chuimhne; ann an leughadh mu bheatha, agus mu chliù agus fhaireachadh chaoine diadhuidh, gu 'm faca tu caochladh mheadhona cile air an ainmeacladh a thuilleadh air focal Dé, a thug mu 'n cuairt annta-san an t-atharrachadh cridhe sin a mhothaich iad, 'n uair a thàinig iad gu bhi 'n an deisciobluibh do Iosa ann am fìrinn. Tha e fìor, gu 'm faod caochladh mheadhona bhi air an cleachdamh leis an Tighearn 'n a fhrcasdal, a chum neach a threòrachadh gu 'airc a leagail air an fhìrinn a tha 's an fhocal. Air uairibh tha àmhghar agus nithe cruaidhie 'n am meadhonaibh 's a' chùis so a tha air an deanamh buanachdail. Air uairibh eile, tha leughadh air leabhraichibh diadhuidh air a dheanamh 'n a mheadhon; no eadhon ann an còmhradh eadar duine 's duine, feudaidh tuaiream focail bhi air a dheanamh 'n a mheadhon mar an ceudna; agus mar is trice, searmonachadh an t-soisgeil. Ach tha iad so uile, agus gach meadhon eile, feumail air an aon mhodh, 's e sin an inntinn a threòrachadh a dh' ionnsuidh, agus aire an anama a leagadh air innleachd ghlòrmhor na tràc-airde air a foillseachadh tre Iosa Criosd. Cia b' e air

bith ni tha air a dheanamh 'n a mheadhon gu inntinn neach air bith a tharruing a dh' ionnsuidh na cùise cudthromaich so, 's e mhàin an sealladh sin tha 'n soisgeul a' tabhairt air a' Chruithfhear uile-chumhachdach, mar Dhia gràidh ann an Criosd, ann a bhi tairgseadh 's a' foillseachadh trocair a' mhaiteananais ann-san, tha comasach air a' pheacach a threòrachadh gu bhi gràdhachadh Dhé ann am firinn; no, ann am briathraibh an Sgriobtuir is urradh creutar nuadh a dheanamh dhe 'n duine. Faodar firinn nan nithe so a thuigsinn ni 's feàrr, le beachd a ghabhail car tiota air na dh' fheumas tachairt far am bheil àmhghar, no meadhon sam bith eile a' togail càrach 's an inntinn, 'n uair nach 'eil sin fathast a' crìochnachadh ann a bhi treòrachadh an neach a tha 'g a mhothachadh chum an t-soisgeil air son saorsa. Ann an leithid sin a' choir, feumaidh e an dara cuid suidhe sios fuidh an-earbsa agus diobhail misнич, no fois a ghabhail ann an sìth mhealltach, a tha stéidhichte air barail mhearachdach air cliù Dhé agus na diadhachd. Tha an dara cor, cor na h-an-earbsa ceangailte ris an duine bhi air sheacharan o Dhia, an àite bhi 'g a ghràdhachadh; agus o 'n chor eile, o bheachdaibh mearachdach air cliù an Tighearna, cha 'n urradh gu bràth, gràdh do Dhia, no an t-atharrachadh cridhe sin a tha filleadh gràidh do Dhia, sruthadh.

An so, feuch nach smaoinich thu, gur iad a' mhuinn-tir sin a mhàin a thaisbein ròimhe 'n an giùlain tomhas mòr a dh' aingidheachd, no thruaillidheachd cridhe, aig am bheil feum air Spiorad Dé chum a bhi 'g oibreachadh an atharrachaидh annta mu 'm bheil mi a' labhairt. Cha 'n iad; tha 'oibreachadh-san, agus a chumhachd, gu neo-sheachanta feumail do na *h-uile* aon neach, tha air a thabhairt gu bhi réidh ri Dia. Mu 'n chùis so, an t-atharrachadh sin, ni is e ath-ghineamhuinn, no ath-bhreith, goirear dheth 's an Sgriobtuir, an t-anam, no 'n duine bhi air a bhreith o 'n Spiorad, dìreach mar deirear mu ar teachd a dh'ionnsuidh an

t-saoghal so, gu bheil sinn air ar breith o 'n fheòil. *Eoin.* iii. 6. Eadhon anns a' mhuinntir sin a 's mais-eiche 'n an nàdur, 's 'n an giùlain, o 'n leth muigh, gu nàdurach, tha fuath freumhaichte agus suidhichte annsta do nithibh spioradail. Annas na h-uile duine, 'n a chor nàdurach, tha leithid a dh' easbhuidh tuigse agus mothachaidh, air òirdheirceas nan nithe sin, agus air an luachmhorachd, agus a leithid a dh' easbhuidh gràidh dhoibh, a leithid a dh' easbhuidh iarrtais orra, agus a leithid a dh'iarrtas 's a dhùrachd, 's a dhéigh, air ni-eigin eile, tha 'n an ceart aghaidh, 's gu 'm bheil an t-atharrachadh sin mu 'm bheil mi a' labhairt, a' gabhail a stigh, a' filleadh ann féin, gu feum duine bhi air a thabhairt leis gu bhi gràdhachadh an ni a bha e a' fuathachadh gu nàdurach, agus gu bhi fuathachadh an ni a bha e gu nàdurach, a' gràdhachadh. Agus 's ann a mhàin le cumhachd Spioraid Dé is urradh so bhi air a choimhlionadh anns an duine. *Rom.* viii. 6.; *2 Cor.* ii. 14.

An so a rìs, feuch nach smaoinich thu, a thaobh 's gu bheil cumhachd an Spioraid feumail chum spéis no aire dhaoine a tharruing a dh' ionnsuidh slàinte an t-soisgeil, agus a chum an nàdur athnuadhachadh, gu fàg so iadsan gun choire, 's gun chionta, dha nach eil cumhachd an Spioraid air a chomh-pàirteachadh.

Bhiodh an smuain sin ro mhearachdach, agus is fur-asda an ni dhuit fhaicsinn cia mar a bhiodh i mar an ceudna ro chunnairteach, a thaobh 's gu 'n tugadh i air falbh o 'n duine gach mothachadh sam bith air a chionta phearsanta féin, anu bhi cur an neo-shuim foillseachaidh na tràcaire 's an t-Soisgeul. Thoir fainear, ma ta, gur e an dearbh ni a tha deanamh cumhachd an Spioraid cho feumail 's a tha e, 's e sin, am suath suidhichte agus neartmhor a tha againn thaobh nàduir do nithibh spioradail,—gur e so an dearbh ni anns am bheil ar cionta co-sheasamh, 's e so an ni a tha 'n a' chionta dhuinn. 'N uair a labhras sinn mu dhuine bhi

a réir nàduir neo-chomasach air gabhail ri slàinte an t-Soisgeil, no air ni sam bith a dhèanamh a tha air mhodh spioradail 'n a ni maith, tha e mar gu 'n labhramaид mu 'n duine shanntach, shaoghalta, mu 'n spòcail, gu bheil e neo-chomasach dha fialuidheachd a thaisbeannadh, no a chuid a bhuleachadh air na bochdaibh. Tha 'n t-olc so 'n a buaidh ann an truallidheachd na *toile*, agus 's i an *toil* mar a dh' fhaodar a ràdh *àite-suidhe* ar cionta. Cha 'n 'eil an neo-chomas mu 'm bheil sinn a' labhairt a' ciallachadh nach b' urradh an duine an ni sin a tha ceart agus maith a dhèanamh, na 'n robh an *toil* aige. 'S e an easbhuidh toilc so, ma ta, no mar a 's feàrr a dh' fheudar a ràdh, am fuath suidhichte, agus bidheanta sin do gach ni a tha taitneach do Dhia, no a réir a thoile-san, a tha fàgail an duine peacach, agus gu soilleir 'ga dheanamh ciontach. Nis, ma tha am fuath so ciontach, no coireach ann féin, 's cinnteach nach 'eil e a' lughdachadh a' chionta sin, no mòran ni 's lugha am bheil e toirt na coire air falbh o 'n duine, gu 'm bheil am fuath ceudna cho làidir, cho neartmhòr an taobh stigh dhe; 's gu 'm bheil cumhachd nèamhaidh, cumhachd Dhé, feumail a chum bhi buadhachadh 'n a aghaidh; agus 'n uair chuimhnuichcas tu, gu 'm bheil an dearbh chumhachd nèamhaidh sin a tha feumail, air a thairgseadh do pheacaich gu saor anns an t-Soisgeul, cia mar tha an cionta air a mheudachadh gu h-uamhasach ann a bhi a' cur 'n a aghaidh agus 'g a dhiùltadh !

Beachduicheamaid air a' chùis ann an rathad samhlaidh. Smaoinicheamaid gu 'n robh an leithid so a ni air tachairt am measg dhaoine;—gu robh neach àraidh ann, a rinn ni-eigin a bha mearachdach, no coireach, agus gu 'n d' rachadh innseadh dhuinn gu 'n robh e air éigneachadh chum an ni sin a dhèanamh an aghaidh a thoile. Na 'm faigheadh sinn cinnteachas air sin, bhiodh sinn ullamh a bhi gabhail a leithsgeil. Ach na 'm faigheadh sinn cinnteachas air gu 'n d' rinn e an ni a bh' ann gu *toileach*, 'n uair nach robh éiginn sam bith

air a cur air gu 'dhèanamh, theireadhl sinn air ball gu 'n robh e coireach, no ciontacb. Nis, nach e so a' bhreith a dh' fheumar a thabhairt ann an nithibh spioradail? Nach ann gu *toileach* a tha muinntir a' dèanamh nan nithe a tha an aghaidh an lagha naoimh? Nach ann le 'n *thoil*, a tha iad a' dèanamh dì-meas air an t-Soisgeul, agus 'g a dhiùltadh? Agus ma 's ann, thia e gu h-iomlan a' fàgail a' chionta 'n a luidhè orra.

A ris, ann an nithibh an t-saoghail so, tha 'n iarrtas a tha aig neach sam bith, air ni maith àraidh sam bith air a thaisbeanadh, le e bhi gabhail gach fàth-chothroim air na meadhona sin a ghnàthachadh leis am faod an ni àraidh sin bhi air a chosnadhl, no air a shealbhachadh; —agus ma 's ni sam bith a th' ann, a tha an taobh a stigh do 'chomas tre mheadhonaibh òrduichte ruigh-eachd air, ma tha e neo-chùramach mu na meadhonaibh sin, nach 'eil e a' taisbeanadh gu 'm bheil e cionshuarach mu 'n ni àraidh a th' ann? Air a' mhodh cheudna, tha e soilleir nach urradh iarrtas fhìrinncach bhi aig neach sam bith air an t-slàinte spioradail sin tha air a foillseachadh ann am focal Dé, am feadh 's a tha e a' deanamh dearmaid thoileich air an rathad anns an do chomharraich Dia an t-slàinte sin bhi air a comhpàirteachadh—'s e sin Soisgeul Iosa Criod. Tha an neo-chùram mu 'n rathad so, tha muinntir 'n an cor nàdurach a' taisbeanadh gu soilleir a' dearbhadh gu 'm bheil neo-chùram a ta ann féin ciontach, aig Dia r' a chur as an leth, agus neo-shuim do na nithibh a tha tre 'n t-soisgeul, mar mheadhon, gu bhi air an sealbhachadh. Tha cuid ann, a ghabhas an Icithsgeul féin 's a' chùis so, le bhi 'g ràdh nach 'eil dearbhachd aca air fìrinn an t-soisgeil, a chion còmhdaclaidh air; ach tha 'n Icithsgeul so air a thoirt gu h-iomlan air falbh, leis gu 'm bheil iad a' creidsinn ann an nithibh coitchionn na beatha so, na h-uile latha, air chòmhdaclachadh mòran a 's lugha. Anns gu 'm bheil iad a' diùltadh a bhi cleachdamh mheadhona 's a' chùis so, mar a ghnàthraigheas iad ann

an cùisibh eile, tha iad a' toirt 'n an aghaidh féin teisteis shoilleir air an aobhar sin bhi 'g an cumail air ais, a' dh' aithris ar Tighearn, a bha toirt air daoinibh 'n a latha féin air thalamh a bhi diùltadh an t-soisgeil "gu bheil iad a' gràdhachadh an dorchadais ni 's mò na 'n t-soluis, a chionn gu bheil an gnìomharan olc." Ach ge fhaod daoine bhi toirt beuma mar so do fhìrinnibh an t-soisgeil, mar rinn cuid anns na h-uile linn, agus ge fhaod iad bhi togail leithsgeulan, agus fàth-ghearan 'n an aghaidh, tha focal Dé gu soilleir a' cur an céill an cionta; fhad 's a tha lànchothrom aca eòlas fhaotainn mu fhìrinn na cùis, agus iad a' mairsinn ann a bhi deanamh dìmeas air na tha an Soisgeul a' foillseachadh. Agus tha fianuis aig a' leithid-sin a' mhuinntir an taobh stigh dhoibh féin, fianuis an coguis féin aig na h-uile aon neach dhiu, ag innseadh dhoibh gu soilleir gur e am fuath do fhìrinnibh an t-soisgeil a tha 'g an cumail air falbh uaith.— Agus ann an tomhas mòr, 's ann o 'n fhianuis sin a tha 'g éirigh an t-eagal roimh 'n bhàs a tha aca, agus an-dòghruinn do-iomchar tha gu tric a' tighinn orra ri h-uchd bàis, 's iad làn-fhiosrach, ann an latha na slàinte, gu 'n d' rinn iad dìmeas air an t-slàinte mhòr.

Am bheil, ma ta na Sgriobtura a' toirt fianuis, gu 'm bheil an cridhe gu làdurach co fada air seacharan o Dhia, 's nach 'eil e comasach do chumhachd sam bith, ach do chumhachd nèamhuidh a philleadh? Cuimh-nichcamaid cia cho goirt, cia cho eagallach, 's a tha 'n sealladh so tha air a thoirt dhùinn air truaillidheachd lànduir! Thigeadh dhuinn bhi air ar n-irioslachadh fuidh 'n t-scalladh so, agus fuidh fhòr mhothachadh na truaillidhcachd so; agus maille ris an irioslachd a's doimhne, 's a 's suidhichte, am buidheachas a's beothaile bhi againn, gu 'm bheil cuideachadh an Fhir-oibreachaidh Uile-chumhachdaich sin, air fhoillseachadh agus air a thairgseadh dhuinn, a chum naimhdcas ar cridhe a cheannsachadh, a chum ar tuigse a shoilleireachadh,

agus a chum ar n-anama a thoirt gu h-iomlan gu bhi a' co-aontachadh le toil Dé. Cia cho mòr, agus cho làn, agus cho saoibhir, 's a tha an t-aobhar sòlais sin, a th' uig an duine a tha a' mothachadh 'aineolais agus a thruaillidheachd féin, agus tha 'g iarruidh gu dùrachdach bhi air a shaoradh uatha, gu 'm bheil an t-Athair air gealltuinn an Spiorad a thabhairt, dhoibh-san a dh' iarras e ! O, cuireamaid meas ar n-anaim air a' ghealladh ghràsmhor ! Iarramaid ann an creidimh, chum 's gu 'n aithnich sinn 'n ar fiosrachadh, 's 'n ar mothachadh féin, àrd-shonas na muinntir sin aig am bheil cuibhrionn dhoibh féin air leith, ann an cumhachd beothachaidh an Spioraid, anns an t-soilleireachadh, agus anns an naomhachadh sin a ta Esan ag oibreachadh.

---

## EARRANN IX.

*Mu chuid de fhchartaibh Spioraid Dé ann a bhi 'g oibreachadh air an anam, maille ri comh-chur an teagaisg sin air mhodh phearsanta.*

AIR dhomh ann an earrann eile, beachdachadh air obair an Spioraid Naoimh, ann a bhi treòrachadh mhuinnitir gu bhi toirt an aire shuidhichte do fhoillseachadh na tròcaire nèamhaidh 's an t-soisgeul, agus ann a bhi 'g athnuadhachadh na h-inntinn, tha mi nis ag iarruidh bhi seòladh dhuit, no a' cur fa d' chomhair cuid de fheartaibh, no de thoradh an Spioraid air an anam, no, earrannaibh àraidh dhe an atharrachadh cridhe sin tha air oibreachadh tre chumhachd soilleireachaidh, agus naomhachaидh an Spioraid.

Tha toradh an Spioraid iomadh fillte. 'N uair a tha an t-atharrachadh so air a mhothachadh ann am firinn le neach sam bith, tha e gu luath 'g a thaisbeanadh féin, anns gu bheil an néach a tha 'g a mhothachadh,

air a bheothachadh, mar aon ni, gu bhi toirt an aire shònruichte do na h-uile dleasdanas a dhlighear uaithe d' a chomh-chreutairibh, cia b' e inbhe no dàimh sam bith anns am bheil iad air an suidheachadh mù 'n cuairt da, agus le maothalachd coguis bhi aige nach robh e roimhe idir a' mothachadh. Tha e air faotainn beachd nuadh, sealladh nuadh, air olc a' pheacaidh, agus tha e fuidh eagal diomb a chur air 'Athair a ta air nèamh. Tha an sin iarrtas aige aithne a ghabhail air toil Dé, air chor 's ag aithneachadh na toile sin, gu 'm bi e 'g a dèanamh. Tha e a' mothachadh ann féin urram do ùghdasas focail Dé, air an robh e roimhe aineolach, dha 'n robh e roimhe 'n a choigreach; agus anns na h-uile pong a bhuiñeas d' a dhleasdanasaibh, tha toil aige a bhi sealltuinn ri riaghait an fhocail. Am feadh, cnideachd, 's a tha an t-urram sin do ùghdarras an Sgriobtuir mar so a' meudachadh ann, tha 'n t-suim a bhà roimhie aige do bharail an t-saoghal, anns na h-uile ni 's am bheil a' bharail sin an aghaidh riaghait agus ùghdarras nan Sgriobtuir, a' dòl ni 's lugha, 's ni 's lugha, agus a' call cumhachd os a cheann.

Tha, mar an ceudna, aig an dùine a mhothaich an t-atharrachadh so, beachd dhomhain, agus shuidhichte, mu olcas agus mu chealgaireachd a chridhe féin, maille ris a' mhothachadh a 's sònruichte, 's a' s cudthromaicheadh air àrd-luachmhorachd slàinte an t-Soisgeil; agus tha iad so uile air am faireachadh leis, air mhodh is sònruichte, no 's urradh do neach eile ainmeachadh dha, air mhodh a bhuiñeas a mhàin dhoibhsan a tha air an teagast le Spiorad an Dé bheò.

Tha an t-atharrachadh so mar an ceudna 'g a thais-beanadh féin ni 's faide, leis an neach a tha 'g a mhothachadh, bhi a' cur àrd-mheas air sochair caithir-ghràis bhi fosgailte dha, a dh' ionnsuidh am feud e dol. 'S an àm a chaighd seachd dh' fheudtadh, fuidh chumhachd cleachdaimh, no teagaisg, gu 'n robh tomhas dearbhachd air 'inntinn gu 'n robh ùrnuigh 'n a dleasdanas;

agus ge d' robh e 'n a choigreach do Spiorad na h-ùrnuigh, dh' fhaodadh e bhi gnàthachadh a coslais. Ach a nis, tha e a' faicinn gu robh an t-iomlan air mhearrachd ; agus gu fìrinneach, nach d' rinn e ùrnuigh riamh, an dara cuid ann an freumh ceart spioraid, no air a' mhodh òrdúichte. Tha e nis a' sealltuinn air an dleasdanas so, agus a' mothachadh ann fein, nach e mhàin gur *dleasdanas* an ùrnuigh, ach gur *sochair* ro luachmhor agus phrìseil i. Tha e 'g a mheas mar mhòr aobhar buidheachais, gu bheil e air a cheadachadh dha bhi 'g ùrnuigh ; agus gu 'm bheil Dia, a tha comasach air na h-uile beannachd fheumail agus iomchuidh a bhuileachadh air, gu gràsmhor a' gcalltuinn, bhi 'g éisdeachd ri ùrnuigh na muinntir sin tha gairm air fein an ainm a Mhic.

A rìs, 'n uair a tha cridhe neach sam bith air athnuadhachadh le Spiorad Dé, mothachidh e taitneas nuadh agus shònruichte ann an òrdúighibh follaiseach aoraidh Dhè. Mothaichidh e tlachd dhiadhuidh, taitneas coisrigte (mar a dh' fheudar a ràdh), ann an seirbhis Dhé. An àite bhi coimhead air an t-scirbhis sin, mar thràillealachd do 'n phearsa, 's gu h-àraid do 'n inntinn, mothachidh se e fein anns an fhonn inntinn a's taitneiche sam bith dha, 'n uair a tha e air a chleachdamh 's an t-seirbhis so ; agus tha e gu tric mar an ceudna ri bròu anama, nach 'eil e a' mothachadh tlachd ni 's mò innte. Cha 'n abair mi, air dhòigh sam bith, gu 'n faigh e aig na h-uile àm an aon mheudachd taitneis 's an t-seirbhis so,—ann an òrdúighibh follaiseach an aoraidh ; ach gidleadhl, anns na h-amannaibh a 's truime, 's a 's mairbhe a thig air, gabhaidh e leithid a shuim dhiu, agus mothachidh e leithid a chùram annta, 's a thaisbeanas gu 'm bheil frcumh a spioraid fein, gu farsuing air atharrachadh, 's air gluasad air falbh o 'n chor sin anns an robh fuath agus mi-thoil a' buadhachadh thairis air ;—cor anns am bheil an saoghal neon-hothachail a' taisbeanadh gu soilleir iad fein bhi fathast 'n an luidhe.

Is comhara sònruichte eile air an atharrachadh so, gràdh do na bràthraibh. Nis, cha 'n 'eil an gràdh so a' comh-sheasamh ann am fonn-inntinn seirceil bhi aig neach do 'n chinne-dhaonna 's a' choitchionn, (ge d' 'eil sin mar an ceudna air a mhothachadh leis na h-uile fìor Chriosduidh,) cha mhò tha sùil aig a gràdh so, a mhàin ri cuid a tha 'n an criosduidhibh, oir tha mòran dhaoine saoghalta, aig am bheil gràdh an fhad sin, nach 'eil a' gràdhachadh nan daoine ceudna air son gu 'm bheil iad 'n an *Criosduidhibh*, ach air son ni-eigin eile tha iad a' faicsinn annta; agus gu 'n gràdhraigheadh siad iad ni bu mhò, mar biodh iad 'n an criosduidhibh idir. Ach tha an gràdh so mu 'm bheil mi a' labhairt a' co-sheasamh ann an gràdh sònruichte bhi aig an neach a tha 'g a mhothachadh, do na h-uile tha giùlan ìomhaigh an Tighearn Iosa, ge b' e cho fada 's a dh' fhaodas iad bhi air an eadar-dealachadh uaithe féin ann an io-madh ni eile; agus sin air sgàth na h-ìomhaigh agus a' choslais leis am bheil iad air an comharachadh. Air a' mhodh cheudna, tha càram mu anamaibh mhuinnitir eile a' comharachadh a mach, gu bidheanta, na h-uile neach a chomh-pàirticheas de thìodhlacaibh athnuadhachaidh an Spioraid Naoimh. Mothaichidh an neach sin gnàth-chùram caoimhneil mu shonas sìorruidh na muinnitir a ta mu 'n cuairt dha; agus bithidh e 'n a thaitneas dha, cho fada's is comasach dha, a bhi buileachadh 'ùine, a chomasan, a ghibhtean, a chòmhraidh, 'eisimpleir, agus a chodach, chum a bhi meudachadh sonais na muinnitir sin. Bitidh an càram caoimhneil so gu h-àraidh air a thaisbeanadh, as leth a luchd dàimh a réir na feòla. Air dha bhi a' mothachadh luachmhorachd na slàinte do 'anam féin, feumaidh e a réir sin, mar a gràdhraigheadh e a chàirdean agus a luchd dàimh, bhi mothachadh càram àraidh gu 'm biodh iadsan mar an ceudna 'n an luchd comh-pairt de na beannachdaibh ceudna. Bitidh e mar so dha, 'n a ghnàth aobhar càram agus faicealachd, bhi gabhail na h-uile fath-

chothroim a thachras 's an fhreasdal, air oidheirp a dhèanamh an inntinn a threòrachadh a dh'ionnsuidh na nithibh sin a bhuineas do 'n sìth shìorruidh. Mu na cùisibh so, faodar comhairle chur ris na h-earrann-aibh so de 'n Sgriobtura: *Gen.* xvii. 19., xxxix. 9; *Air.* x. 29; *Salm.* xxvii., lxxxiv. 1—agus mar an ceudna, *Esec.* xxxi. 31; 1 *Eoin.* iü. 14; *Rom.* viii. 18—34., ix. 3., x. 1.; *Eabhr.* iv. 15, 16.

Air dhomh nis cuid de thoraidhibh an Spioraid leis am bheil e ag athnuadhachadh na h-inntinn, ainmeachadh, cha 'n fhaod mi an earrann so cho-dhùnadhbh, gun asluchadh ort gu dian, mo charaid òg agus gràdhach, a' cheist chudthromach so chur riut féin. Am bheil aobhar agam-sa bhi creidsinn gur aithne dhomh ni-eigin dhe bhuadhaibh, dhe toraidhibh sin an Spioraid 'n am fhiosrachadh féin? A chum na ceiste so fhuasgladh, agus fhiosrachadh ciod e am freagradh a bheirear dhi, feumaidh gach neach ath-beachd chùramach agus shuidhichte a ghabhail air a chliù, féin agus comhairle neo-leth-bhreitheach a chur r' a fhiosrachadh féin. Cha 'n urradh mi am féin-rannsuchadh so a chomhairleachadh dhuibh ann am briathraibh tuilleadh 's dian, ni 's diana na tha a' chùis ag agairt. Agus cha 'n urradh dhuitse beachd tuilleadh 's dian, no ro shuidhichte ghabhail air cudthrom na cùise sin, gu 'm biadh freagradh ceart agus cothromach air a thoirt do 'n cheist so. Cha lugha e na do chor fad na sìorruidheachd, tha 'n a chrochadh air an fhreagradh a 's urradh thu gu ceart 's gu cothromach a thoirt do 'n cheist so. Cia cho drùigteach 's a tha briathra an Tighearn Iosa—“ Gu deimhin a ta mi 'g ràdh riut, mar beirear duine a rìs, nach feud e rioghachd Dhé fhaicinn !” Cha cho-masach gu 'm bheil thu a' creidsinn ann an ùghdarris diadhuidh focail Dé, a dh'easbhuidh bhi mothachadh mòr-chùraim mu fhios fhaotainn air cia mar a tha na briathra sin a' luidhe ri d' chor féin gu pearsanta.

Is cuimhne leam aon uair chaidh iarruidh orm dhol a choimhead air duin' òg bha 'n a luidhe ri h-uchd bàis

ann an tinneas-caitheimh. An déigh dhomh labhairt ris aon latha, dh' iarr mi air an treas caibidil de 'n t-soisgeul a réir Eòin a leughadh, anns am bheil na briathra a dh' ainmich mi. Thug e an aire do na briathraibh anns an earrann sin; agus air dhomh pilleadh an ath latha, thubhairt e rium—"Am bith sibh co maith 's a mhìneachadh dhomh ciod e tha an Tighearn Iosa a' ciallachadh, 'n uair a tha e a' labhairt mu dhuine bhi air a bhreith a rìs? Mìnichibh e ann am briathraibh cho aithghearr 's cho soilleir 's a dh' fheudas sibh, oir tha mo neart air mo thréigsinn, 's cha 'n urradh mi an airc thabhairt do mhòran bhriathraibh a nis." Cia cho muladach 's a bha 'n iarrtas so aig a leithid a dh' àm, 'n uair ann am beagan làithean bha a chor siorruidh gu bhi air a shuidheachadh, cha 'n ann a mhàin a réir an tomhais eòlais bhiodh aige mu 'n teagast so, 'n a thuigse, ach a réir mar a dh' fhairich e gu pearsanta an t-athnuadhachadh tha 'n teagast a' cur an céill!

Tha mi air ainmeachadh a nis cuid de chomharaibh àraidh an athnuadhachaidh so. Ach, ann an leughadh focail Dé, bu choir na h-uile comharra a th' air a thabhairt dhuinn air cor an anama athnuadhaichte, a bhi air a chàireadh leinn r' ar coguis, 's r' ar cliù féin, 's air fheuchainn leinn cia mar a luidheas iad ruinn, agus a thaobh so, bu choir gu 'n cuireadh gach aon dhiubh an t-anam a dh' ionnsuidh dleasdanas an fhéin-rannsachaidh. Ach cha 'n fheud sinn, cha d' tigeadh dhuinn fantuinn toilichte, ma mhothaicheas sinn annainn féin aobhar-eagail gu 'm bheil sinn 'n ar coigrich do aon sam bith de na comharaibh sin a tha air an tabhairt air cliù chloinne Dé anns an fhocal. Ann an uair na deuchainn, mothachidh sinn luach na dcarbhachd a 's soilleire 's urradh bhi air a faotainn; agus an im-cheist a bhclr an easbhuidh dearbhachd a 's lugha dhuinn aig an àm sin, cha mhòr gur comasach dhuinn fhiosrachadh ann an latha na slàinte. Cha 'n 'eil sinn a' ciallachadh lc so, gur e ùmhlaichd sam bith a 's urradh bhi

againn féin, a dh' fheudas a' bhi 'n a stéigh-dhòchais dhuinn an làthair Dhé. Ach tha an toradh sin, athnuadh-achadh inntinn, agus a' chliù, on leth stigh, 's o'n leth muigh mar an ceudna, 'n a chomhara, an e no nach e, gràs Dhé ann am firinn anns an bheil sinn 'n ar seasamh; agus tha cealgaireachd dhìomhair cridhe an duine a' dèanamh na dearbbachd a's làine 's a's mò inu 'n chùis 'n a ni feumail,—ro-fhcumail do na h-uile anam.

Thoir oidheirp ma ta, roimh làimh, cho fada 's is comasach dhuit sin a dhèanamh, ann an là na slàinte, an là sin thabhairt fainear anns am feum deuchainn tighinn, agus smuainich cia mar a sheallas cùisean maille riut 'n uair bhios an t-sìorruidheachd agad gu soilleir fa d' chomhair, gu dol a stigh d' a h-ionnsuidh; —thoir faincar an uair sin anns ani mothach thu do neart 'g ad thréigsinn;—anns am fairich thu dorchadas a' bhàis a' cur sgleò air sùilibh do chuirp, agus t-anam neo-bhàsmhor dìreach a' tòiseachadh air dol a stigh a dh' ionnsuidh saoghal nan Spiorad. An so leig dhomh asluchadh ort, gu sònruichte, earrann àraidih dhe t'uine chur air leth, air son oidheirp a thoirt air do smuaintibh a tharruing air falbh o'n t-saoghal so, agus leis an dùrachd shuidhichte a's cudthromaiche an socruchadh air uair na deuchainn, air uair a' bhàis a ta tarruing am fagus. Aidichidh na h-uile an iomchuidheachd a th' anns gu 'n dèanadh iad so; ach tha aobhar eagail againn gur tearc iad a ni e. Nis ciod e's reuson air so? 'S e's aon reuson air, an ni a smuainicheas sinn gu 'm faod sinn a dheanamh aig uair sam bith, gu 'm bheil sinn ullamh air a dhi-chuimhneachadh gu h-iomlan. O, a chàirde òga, gràdhach, an so tha aon aobhar air son amanna suidhichte bhi agaibh, air nach leig sibh le ni sam bith eile, bacadh a chur, mur ni sònruichte e anns an fhrecasdal a bhacas sibh,—amanna suidhichte bhi agaibh, anns an comh-laibhair sibh ri bhur cridhibh féin, mar ann an làthair an Ti sin a bhith-

eas mu dheireadh 'n a Bhreitheamh oirbh. Is gnothuch so, nach e mhàin tha 'n a ghnothuch iomchuidh, ach tha 'na ghnothuch, feudar a ràdh, nach gabh seachnad, a thaobh doimhncachd na ceilge sin a tha ann an cridhe an duine, a tha cho ullamh bhi 'g ar brath 's 'g ar mealladh. Agus mar nach fhaod a leithid eile a' chothrom bhi agaibh, no leithid a' shaorsa, fad na seachduinn, nach cuir sibh air leth uair no dhà a' latha na sàbaid, moch no anmoch, air son sealltuinn roimhibh mar so dh' ionnsuidh uair bàis. Bithibh, O bithibh air bhur n-asluchadh a chomhairle so a ghabhail ; agus gu deònach an Dia sin aig am bheil lànachd an Spioraid, coinneamh a chumail ribh, agus gu beannaich e sibh gu saoibhir anns na h-amannaibh suidhichte águs uaig-neach sin ! Gu lìon e sibh le sìth, agus le h-aoibhneas ann a bhi creidsinn, agus gu tabhair Esan féin dearbhachd chinnteach dhuibh gu bheil sibh d' a rìreadh 'n ur luchd-comh-pairt de an an nàduir Nèamhaidh, air dhuibh dol as o gach truaillidheachd tha 's an t-saoghal !

---

## EARRANN X.

*Mu chuid de na deuchainnih sònruichte a dh' fheumas tachairt orra-san 'n an imeachd 's an t-saoghal so, a ghiùlaineas iad fcin gu suidhichte a réir teagasgaibh Chriosd.*

AIR dhomh anns an earrann mu dheireadh 'asluchadh oirbh gu dùrachdach, fhiosrachadh oirbh féin, annaibh féin, am bheil aobhar agaibh, mar neachaibh air leth, a cho-dhùnadh gu 'm bheil sibh féin, 'n ur luchd-comh-pairt de 'n atharrachadh sin a tha focal an Tighcarn a' cur romhainn mar ni neo-sheachanta feumail do chliù fhìor dheisciobluibh Chriosd, tha mi sònruchadh 'chur

roimhibh aig an àm so, cui dhe na deuchainnibh sin, ris am feud sibh sùil bhi agaibh gu 'n tachair iad oirbh, ann bhur n·aideachadh air Criod agus air cumhachd na diadhachd.

'N uair a ghairm Criod daoine, 'n a mhinistreileachd air thalamh, a theachd gu bhi 'n an deisciobluibh dha féin, cha do cheil e orra, a' chomh-strigh, no an naimh-deas an aghaidh am feumadh iad seasamh. Tha e 'g inniseadh dhoibh ma leanas iad Easan, an costus a mheas, agus tha e a' toirt rabhaidh chinnteich dhoibh, nach comasach dhoibh bhi 'n an deisciobluibh dha-san, mur 'eil iad toileach iad féin àicheadh, agus an crann-ceusaidh a thogail. An so cha 'n urradh dhuinn ach an aire a thoirt do 'n mhi-choslas soilleir a tha eadar an Ti sin de an goirear an Fhianuis Fhìor agus Dhileas, agus esan a tha air a ghairm 'n a bhrcugair o thùs. Tha an dithis a' déanamh a réir an cliù féin fa leth. Tha nàmhaid mòr sonais an dhuine a' mealladh mhuinn-tir a dh' ionnsuidh a sheirbhis féin le bhi toirt gheall-aña dhoibh air sonas ann an slighibh a' pheacaidh, agus tha fiosrachadh gach là a' toirt dearbhachd gur fear-meallaidh gu cinnteach esan dhoibh-san a tha fuidh 'uachdranachd. Tha air an làmh cile, aig ar Tighearn Iosa, agus aig 'abstolaibh, ro-chùram, gu 'n cuir iad an céill gu soilleir do na deisciobluibh gach deuchainn ris am feum iad tachairt 'n a sheirbhis féin. Agus tha e gu sònruichte feumail dhoibh-san a ta a' tòiseachadh riimeachd air slighe Chriosduidh, iad bhi làn-fhiosrach air na deuchainnibh sin ris am feum iad tachairt. Faic mu 'n chùis so *Luc.* xiv. 25—33; *Marc.* xiii. 9; *Eoin.* xvi. 33; *2 Tim.* iü. 12.

An so ma ta, cuimhnichibh, gu bheil e gu soilleir air 'aithris ann an iomadh earrann fa leth de 'n Sgriobtur, gu 'm bheil Spiorad an t-soisgeil agus Spiorad an t-saoghail so, air an suideachadh colg-dhìreach an aghaidh a chéile. *Eoin.* xv. 18, 19; 1 *Eoin.* ii. 15; *Seum.* iv. 4. An ni thia anns na h-earrannaibh sin cho

soilleir air a chur an céill, tha e air faotainn làndhcarbhadh, ann am fiosrachadh Chriosduidhean anns na h-uile linn. Tha e air fhaotainn a mach, air a dhearbhadh, ma bhios duine air bith beò gu diadhuidh ann an Iosa Criosd, gu 'm fuiling e geur-leanmuinn air aon seòl, no air sheòl eile. Dh' innis ar Tighearn so roimh làimh, gu sònruichte, 'n uair a' thubhairt e, " Cha d' thàinig mise a chur sìthe air an talamh, ach a chur claidheimh." *Mat. x. 34.* As na h-uile earrann de 'n Tiomnadhl Nuadh, tha e soilleir gur e's aon toradh do 'n t-soisgeul bhi 'g àireach iarrtas anns gach neach a ghabhas ris air bhi teachd beò ann an sìth, agus ann an cleachdamh na h-uile deadh dhùrachd dhoibh-san tha mu 'n cuairt dhuinn. Cha 'n e mhàin gu 'm bheil an soisgeul ag agairt mar dhleasdanas maith a dhèanamh do na h-uile a réir ar comais, ach aoibhneas a dhèanamh maille riu-san a ta ri aoibhneas, agus gul maille riu-san a ta ri gul; ach cia b' e air bith neach leis am bheil cumhachd an t-soisgcil air a mhothachadh, tha dcarbh chleachdamh nan dleasdanas sin a toirt taitneis dha. 'S e an aon seadh ma tà, anns an urradh dhuinn briathra ar Tighearn anns an àite so a thuigsinn, gu 'm bheil leithid a' chomh-strigh, leithid a' dh' eu-coslas eadar spiorad an t-soisgeil agus spiorad an t-saoghail, gu 'm bi an ni sin tha an Tighearn ag innseadh, air fhaireachadh cia b' e air bith àit anns am bheil cumhachd spiorad an t-soisgeil air 'fhair-eachadh ann am firinn.

Tha 'n seòl 's am bheil so a' tachairt soilleir gu leòr. Anns a' cheud àit, tha fuath nàdurach ann an inntinn an duine do theagasgaibh iriosal an t-soisgeil. Mar eiseimpleir air a' chùis so, ma their thu am measg cuideachd sam bith anns an tachair dhuit tuiteam, gu 'm bheil cridhe an duine anabarrach aingidh,—gu 'm bheil daoine a réir nàduir ann an cor nàimhdeis an aghaidh Dhé,—no; ma shealbhaicheas na daoine a' s feàrr sonas mu dheireadh, nach ann air son ni sam bith tha maith.

annta féin, ach a mhàin, tre thròcair Dhé air sgàthi toilltinneis neach eile,—nach 'eil e soilleir gu 'm biodh na teagasgan iriosal sin, air an gabhail riu leis a' chuid mhòr a' dhaoinibh, cha 'n ann le toileachas, ach le còrruich, agus le tàir a dheananamh orra.

Ach tha aobhar eile ann, air son am bheil fìor chriosduidhean a' coinneachadh ri nàimhdeas a 'n t-saoghail. Am feadh 's a tha na h-uile neach ann an aon teaghlaich, no anns an aon choimhearsnachd a' tighinn beò anns an aon chor neo-mhothachail mu am maith sìorruidh féin, cha 'n 'eil ni sam bith ann an giùlan an aoin neach a bheir cronachadh do ghiùlain an neach eile. Ach 'n uair thòisicheas neach an so, is neach an sud, air mothachadh ghabhail do olc a' pheacaidh, agus do am feumas féin air saorsa fhaotainn o chiont' 's o 'chumhachd a' pheacaidh; tha an ro-aire tha 'n leithid sin a' mhuinntir a nis a' taisbeanadh 'n an giùlan,—am fuath a thaisbeineas iad do na cleachdaimhibh peacach anns an do għluais iad roimhe, agus an gràdh tha iad a' tabhairt do na dlcasdanasaibh cràbhaidh sin air an d' rinn iad roimhe dìmeas, no air an do leig iad di-chuimhne,—maothalachd an coguis a threòraicheas iad gu bhi fantuinn o gach uile choslas uilc;—tha iad so, na h-uile ni dhiu so, a' filleadh ann-ta, geur chronachadh, ge fhaod e bhi 'n a' chronachadh tosdach, dhoibh-san uile dhe 'n aon teaghlaich, no dhe 'n aon choimhēarsnachd, a tha mairsinn ann an neo-mhothalachd, ann am marbhalaichd coguis, agus ann an spiorad saoghalta. Tha an t-atharrachadh, a thainig air a' mhuinntir so gu soilleir a' dearbhadh, iad a bhi nis làn-fhìosrach gu 'n robh iad roimhe sin air mhearachd, agus a thaoblì sin, gu 'm bheil iadsan ule a tha mairsinn anns a' chor cheudna 's an robh iad féin roimhe, gu bheil iad air mhearachd mar an ceudna; agus mar sin, tha àrdan na muinntir sin air a chiùrradh. Mar so, faodaidh fìor Crioduidh sam bith, sùil a bhi aige ri tomhas mòr a dhroch-gean, agus eadhon a' nàimhd-

eas o na càirdibh saoghalta tha mu 'n cuairt air, bhi a' teachd a mach 'n a aghaidh féin ;—agus sin ge fhaod e bhi anns an dòigh a 's tosdaiche agus a 's neo-oilbh-eumaiche, a mbàin a' taisbeanadh an atharrachaidh tha air teachd air a bheachdaibh agus air a ghiùlan féin.

Ach ni 's faide, ma tha an t-atharrachadh so fìrinn-each agus treibhdhireach, agus na beachdan-inntinn tha nis aige, cha leig iad leis bhi 'n a thosd. Am fcadh a ta 'chridhe air a lionadh le buidheachas do Dhia air son saorsa, no dòchas saorsa, o 'n chionta uamhasach anns am faic e nis gu 'n robh e 'n a luidhe, fhad 's a bha e beò ann an neo-mhothalachd mu 'n t-sìorruidh-eachd, cha'n urrainn e bhi ach fuidh chùram mu mhuinn-tir eile a tha e faicinn fathast anns a' chor cheudna. Togar an càram so ann gu tric, agus gu sònruichte 'n uair bheachdaicheas e air cor na muinntir sin a 's ionmhuinn lcis, thaobh dàimhe fheòlmhor Ge fheud e bhi ri faire, agus sin le mòr dhùrachd, air son àm no fath sam bith a ghlacadh a chi e coltachail, anns an d' thugadh e comhairle do chairid gràdhach air leth, no anns am faodadh e innseadh dha, eadhon an t-amharus a tha air 'inntinn féin gu 'm bheil an neach sin a' leigil dìchuimlhne air nithibh sìorruidh agus a shlàinte,—anns an leigeadh e ris dha a dhùrachd shònruichte féin, gu 'n gabhadh e iad gu cridhe ;—chi e an sin, agus le doilghios ro mhòr agus le cràdh, gu 'n tog a chomhairle chàirdeil a thug e, fuath agus tomhas nàimhdeis 'n a chairid, no gu 'n deanar dì-meas no tàir oirre.

Tha am mi-chòrdadh a tha eadar spiorad an t-soisgeil agus spiorad an t-saoghal air a thaisbeanadh anns gach linn ann an ròidibh air leth. Taisbeanar e air uairibh le daoine saoghalta, ann a bhi cur an aghaidh an t-soisgeil le *ainneirt fhollaiseich agus fhaicsinneich*. Thachair so gu tric ann an ceud linnibh an t-soisgeil, 'n uair bha daoine air am fàgail buailteach do sgiùrsaibh, do phriosunaibh, agus do 'n bhàs, air son an gràidh do aobhair an Tighearn Iosa. Air a' mhodh

cheudna, cha mhòr anns na h-uile linn a lean o sin, ann an aon dùthach no an dùthach eile, nach do thachair an nàimhdeas ceudna ann an tomhas air naoimh an Ti a' àirde. Agus tha e gu cinnteach 'n a aobhar móir bhuidheachais, o 'n riaghladh chiùin agus chaoimhneil sin, fuidh am bheil sinn fuidh fhreasdal Dé anns an tìr so, gu 'm bheil sinn saor o leithid sin a' gheur-lean-mhuinn. Gidheadh, tha an amhuil ceudna a' nàimhdeas air a thaisbeanadh air uairibh 'n ar measg féin, 'n uair bheir párrantan air an clann a' dh' aindeoin, agus maigh-stirean no ban-mhaighstirean air an seirbhiseacháibh, an dara cuid a dhol do àitibh aoraidh anns am feum iad teagasan mearachdach a chluinntinn, agus far nach conasach dhoibh buanachd spioradail fhaotainn; no na h-àitean aoraidh sin a thréigsinn anns an sealbhaich-eadh iad an t-sochair mhòr sin, focal na beatha bhi gu dileas air a shcarmonachadh dhoibh.

Ach, 's an *dara àit*, tha seol eile is trice, anns am bheil nàimhdeas dhaoine saoghalta do luchd-lean-mhuinn Chriosd, anns na làithibh so, air a thaisbeanadh, agus 's e sin, *ann an còmhradh*. Air uairibh tha gnè chonnsachaidhean agus chomhairlean air an toirt air aghaidh le muintir chum an tarruing o 'n seas-mhachd. Air uairibh eile, theirear riu ann an leth-fhocalaibh, gur mi-chuidheachdail, gur mi-chàirdeil, 's gur gruamach na teagasan a thog iad, 's dha 'm bheil iad a' toirt géill; agus air uairibh eile nithear magadh orra r' an aghaidh chum luasgadh a chur 'n an dàimh do shoisgeul Iosa Criod.

'S an treas àite feumar a chuimhneachadh gu 'm bheil *eisimpleir* agus ùghdarris dhaoine soaghalta gun sgur, agus gu bidheanta, a' cur air 'aghaidh agus a' fadadh an nàimhdeis cheudna. Tha mi ag ràdh *gun sgur*, thaobh 's gu 'm bheil tomhas àraigheùdùch ùghdarras aig gach neach 's an t-saoghal a réir inbhe féin, beag no mòr; agus feumaidh an t-ùghdarris sin, cia b' e air bith e, bhi air a chleachdamh an dara cuid a chum bhi

cur air an aghaidh beachdan agus barailean an t-saoghalil so, no teagasgan agus cumhachd an t-soisgeil. An ni so tha ar Tighearna gu soilleir a' cur an céill ann an dà earrann àraidh far am bheil e a' labhairt. Mar so, *Mat.* xii. 30, deir e, "An ti nach 'eil leam, tha e a' m' aghaidh." Agus ann an *Luc.* ix. 50., "Ge b'e nach 'eil 'n ar n-aghaidh tha e leinn." Tha na briathra so a' cur an céill, mar a dh' fheumas na h-uile taisbeanadh air an dara taobh, no an taobh eile mu dheireadh, gu 'm bheil na h-uile, a nis féin, gu fìor, mar sin, air an dara taobh, no air an taobh eile. Is farasda an ni r' a fhaicsinn, cia inar a dh' fheudas muinntir eadhon 's an inbhe shaoghalta a's isle an eiseimpleir, no 'n ùghdarras a thaobh eiseimpleir a ghnàthachadh, an dara cuid air son an t-soisgeil no 'n a aghaidh. Taisbcanaidh daoine an dàimh do aobhar sam bith le aoibhneas a dheanamh ann an soirbheachadh an aobhair sin, le meas a chur air a' mhuinntir a tha cur an aobhair air 'aghaidh; le bhi ullamh chum cuideachadh dhèanamh riutha, no ri 'n comhfurtachd, ma tha e 'n an comas;—le bhi a' dionadh an aobhair 'n an còmhradh, a réir a' chomais a th' aca chum sin, no bhi air an toileachadh ann a bhi 'g a chluinntinn air a dhùionadh le muinntir eile;—le toil-inntinn bhi aca ann an co-oibreachadh maille riu-san a tha dèanamh oidheirp air bhi 'g a chur air aghaidh; agus le 'n toil an roinn féin a ghabhail de 'n mhasladh a thilgear air a' mhuinntir tha mar so air an cleachd-amh; leis mar a dh'fhairicheas iad 'n uair tha an t-aobhar air a bhacadh; agus le bhi 'g an cur féin gu seasinhach, 's gu soilleir an aghaidh na muinntir a chuireadh bacadh air, no chumadh a shoirbheachadh air ais na 'm 'feudadh iad.

'S an linn 's am bheil sinne bcò, tha iomadh inn-leachd air an cleachdad, agus iomadh cuideachd air an cur air chois chum bhi craobh-sgaoilcadh eòlais an t-soisgeil araon aig a' bhaile, agus o 'n bhaile. Tha mi 'n dòchas, mo chairde òga gràdhach, gu 'm bi sibh a

ghnàth eallamh chum bhi tabhairt bhur cuideachaidh 's 'ur còghnaimh dha 'n leithidibh sin, ge b' e drochgean sam bith a thachras oirbh air son bhi dèanamh mar sin. Cha 'n urrainn mi smuaineachadh, eadlion car tiota, gu 'm bheil aon neach a dh' fhairich ann féin luach an t-soisgeil, agus a shealbhaich dhe a Spiorad fialuidh agus carrthanach, nach feum bhi dèanamh aoibhneis ann an cleachdamh na li-uile innleachd iomchuidh chum eòlas an t-soisgeil a mheudachadh, agus a chraobh-sgaoileadh 'n am measg-sa tha mu 'n cuairt air, agus nach fhairich so mar ni a 's ionmhuinn le 'chridhe; agus nach tabhair dhe 'mhaoin gu toilichte, réir mar shoirbhich an Tighearna lcis; agus nach cuidich an t-aobhar sin le uile dhìchioll 'ùghdarrais agus 'eiseimpleir féin anns an aobhar chur air aghairt.

Co-dhùnaidh mi an earrann so ann am briathraibh cudthromach an Tighearn Iosa, agus tha mi ag guidheadh gu robh iad gu faireachdail air an sgrìobhadh air gach cridhe air leth agaibh: " Ge b' e dh' aidicheas mise am fianuis dhaoine, aidichidh mise esan mar an ccudna am fianuis m' Athar a ta air nèamh. Ach ge b' e dh' àicheadhas mise am fianuis dhaoine, àicheadhaidh mise esan am fianuis m' Athar a ta air nèamh."

*Mat. x. 32.*

## EARRANN XL

*Mu na deuchainnibh ceudna.*

ANN bli 'g ur cur air bnur faicill an aghaidh nan cunnart d' am bheil sibh fosgailte, ma dh' aidicheas sibh sibh féin bhi 'n ur deisciobluibh do Chriosd, ann an earrann cile, dh' ainmich mi an nàimhdeas ris am faodadh sùil bhi agaibh r' a choinneachadh o dhaoinibh an t-saoghail, no, ann am briathraibh eile, uatha-san a tha iad féin 'n an coigrich do chumhachd an t-soisgeil, agus anns

na h-uile linn, a rinn na h-uile ni bha 'n an comas chum bacadh chur air a' chumhachd cheudna ann an inntinnibh mhuinntir eile. Ach feumaidh mi nis a chur ri sin, a thuilleadh air a' ghnè nàimhdeis so tha colg-dhìreach an aghaidh an t-soisgeil,—nach ann uaithe sin a mliàin, no 's an tomhas a 's mò, a dh'fhiorsraicheas am fior Chriosduidh deuchainnean. Fiosraichidh e deuchainnean mar an ceudna, o thaitneasaibh agus o mhealltair-eachd an t-saoghail, a threòraicheas e gu dian chum a sheasmhachd a thréigsinn. Feudaidh e sùil bhi aige cuideachd, gu 'n cuidich an diabhol le so mar an ceudna, co fhada 's a cheaduichlear dha, le uile 'inn-leachdaibh féin, le 'uile uachdranachd mhallaichte féin, cha 'n ann a mhàin chum am fior Chriosduidh a bhuir-eadh, ach ann a bhi tabhairt a' chumachd a 's mò do nàimhdeas dhaoine saoghalta, agus do mheallaidhibh an t-saoghail. Ann an samhladh an fhir-chuir, tha iad so uile air an ainmceachadh, gach aon fa leth, 's a' chenid àite tabhairt air an fhocal bhi neo-tharbhach ; ach tha an cumhachd ceudna air a chleachdamh an déigh do shìol an fhocail fàs suas agus tòiseachadh air toradh thoirt uaithe—tha iad an sin a' bacadh fàis an toraidh.

*Mat. xiii. 18.*

'S e an ni anns gach càs tha tabhairt a' chumhachd do bhuaraidhibh o 'n leth muigh, am fuigheall truaillidheachd sin tha 'n a chridhe féin, ni a tha 'n a aobhar bròin cho mòr do na h-uile fior Chriosduidh. O 'n aobhar so tha air fhosgladh suas tobar bròin agus àmh-ghair 'n a inntinn féin air nach 'eil an saoghal fiosrach. Gidheadh thig so, a nis, gu bhi air fhaireachadh am measg deuchainnibh sònruichte a' chreidmhich, cha 'n ann air son a mhàin gu 'm bheil e a' mothachadh na truaillidheachd dhìomhair so, ach a thaobh 's gu bheil e féin 'n a aonar ga mothachadh mar eallaich, gu bheil e gu fìrinneach 'g a chumhadh, agus air mhodh threibh-dhireach a' dèanamh oidheirp bhi cur an aghaidh uach-dranachd na truaillidheachd so os a cheann féin.

Bithidh e mar an ceudna ro fheumail gu 'm biodh sùil agad ri mòran connsachaidh, cha 'n ann a mhàin o shaoghal ain-diadhuidh, ach uatha-san a tha gabhail fois ann an sgàil na diadhachd, am feadh 's a dh' àicheadhas iad a cumhachd. Cha robh muinntir sam bith ann bu mhò a chuir an aghaidh ar Tighearna féin rè 'mhinis-treilcachd, na na Sgrìobhaichean agus na Phàrasaich, aig an robh samhladh na diadhachd 's an linn sin. Fhuair na h-abstoil an càireadh ceudna uatha. Air a' mliodh cheudna bha giùlan nam ban cràbhach, *Gniomh.* xiü. 50. Air a' mhodh cheudna tha an t-abstol Eoin a' toirt rabhaidh do Chriosduidhibh bhi air am faicill o fhàidhibh bréige. Agus cò iad so? Tha iad air an ainmeachadh leis mar a' mhuinntir sin a tha dhe 'n t-saoghal, a labhras mu 'n t-saoghal, agus ris an éisd an saoghal. Iad sin mar an ceudna tha e 'g ainmeachadh mar 'n an luchd-seilbh air spiorad an ana-criosd; agus a réir sin, far am bheil an lcithid sin a' luchd-teagaisg a' buadhachadh, tha an Spiorad ceudna air 'fhaotainn. Nis, bithidh aig luchd-teagaisg saoghalta de 'n ghnè sin, a ghnàth, luchd-aideachaidh saoghalta a leanas iad, aig am bheil cliù cosmhuil riu féin mar an ceudna. Faodar gu cinnteach a smuaineachadh gu 'n cuir an leithid sin de luchd-teagaisg, 's de luchd-aideachaidh gu dian an aghaidh luchd-leanmuinn dileas Chriosd;—seadh, tha fhios againn gu 'n deàn iad gu cinnteach e; agus mar sin, tha na deisciobuil a dh'ionnsuidh an robh an t-abstol a' sgrìobhadh air an cumail a mach mar 'n an luchd-buaidh 'n an aghaidh. Agus tha sin gu soilleir a' ciallachadh comh-strigh bhi aca roimh dhoibh a' bhuaidh a choasnadh. Faic, 1 *Eoin.* iv. 1—6., agus leugh le h-aire,

Am feadh 's a tha deisciobuil Chriosd mar so air an gairm gu bhi sealltuinn air son mhòran dheuchainnean sònruichte, ag éirigh o 'n dìlseachd do ùghdarras an Tighearna's am Maighstir féin, is mòr an t-aobhar buidheachais e, gu 'm bheil aca ann am focal Dé araon àithne,

agus seòladh agus eiseimpleir mu 'n dòigh anns an còir dhoibh iad fèin a ghiùlain anns na cùisibh so, agus fuidh na deuchainnibh. Bheil iad air an toirt gu iom-chcist le fuigheall na truaillidheachd an taobh stigh dhoibh, tha 'g am brathadh chum peacaidh? 'S e an comh-fhurtachd, " Ma pheacaicheas neach air bith, tha fear-tagraidh againn maille ris an Athair Iosa Criod am firean." 1 Eoin, ii. 1. Bheil nàmhaid an anama an dara cuid gu dìreach a' dìcanamh ionnsuidh orra, no 'g oidheirpeachadh tre mhealltaireachd an t-saoghail so agus a bhuaraidhean an tarruing air falbh o 'n seas-mhachd? Tha e air iarruidh orra *Gun àite a thoirt do 'n dhiabhol, ach cur 'n a aghaidh.* Ephes. iv. 27.; Seum. iv. 7., an so mar an ceudna cha 'n 'eil iad air an cur chum cogaidh air an costus fèin. Tha làn armachd air a sònruachadh air son shaigdearan Crioduidh, le Ceannard an slàinte, leis am bheil iad gu bhi toirt coinnimh d' an naimhdibh, agus air dhoibh bhi air an armachadh leo, leis ain buadhaich iad gu cinnteach orra. Gheibhear-cunntas sònruichte mu 'n armachd so, Ephes. vi. 13—18.

Bha éifeachd na h-armachd so air a dearbhadh leisan a 's e Ceannard agus uachdaran a phobuill, an Tighearn Iosa. Ann an eachdraidh a bhuaraidh-san, no ann am briathraighe eile anns an ionnsuidh a thug an diabhol air, tha sinn 'g a fhaicinn a' buadhachadh an aghaidh an nàmhaid leis an inneal cheudna, leis an Spiorad, tha e a' moladh do 'luchd-léanmhuiinn fèin. Mar sin, anns a' chunntas tha againn air an armachd Chriosduidh, 's e claidheamh an Spioraid ('s e sin, an inneal leis an cuirear an nàmhaid gu teicheadh) *focal Dé;* agus anns an eachdruidh a th' againn air buaireadh ar Tighearn, deirear, " Thug an diabhol e rìs chum beinne ro àird, agus nochd e dha uile rioghachdan an domhain, agus an glòir; agus thubhairt e ris, Iad so uile bheir mise dhuit, ma thuiteas tu sìos agus ma ni thu aoradh dhomhsa. An sin thubhairt Iosa ris, Imich

uam, a Shàtain : oir a ta e sgrìobhta, Bheir thu aoradh do 'n Tighearna do Dhia, agus dha-san 'n a aonar ni thu seirbhis. An sin dh' fhag an diabhul e (air dha bhi air a chur gu teicheadh le claidheamh so an Spioraid, focal Dé). Coimeasaich, *Mat.* iv. 1—11, ri *Eph.* vi. 13, &c. far am bheil an co-chòrdadh eadar an dà earrann fiùghcile air ro-aire thoirt dha.

Am bheil, ma ta, luchd-leanmhuinn Chriosd buailteach do nàimhdeas agus do chomh-strigh o dhaoinibh an t-saoghail, no o luchd-aideachaidh saoghalta, a' gnàthachadh an dara cuid ainneirt fhollaiseich no cumhachd an ùghdarrais féin 'n an aghaidh? fetuaidh an cainnt a bhi mar bha cainnt nan deisciobul 's na ceud linnibh, 'n uair bha iad air an càireadh 's an t-seòl chcudna "Am bheil e ceart am fianuis Dé, éisd-cachd ribhse roimh Dhia, thugaibh féin breth?" *Gniomh.* iv. 19.

Dhe 'n t-sheasmhachd shuidhichte so ann an coimh-lionadh dlcasdanais, an aghaidh na h-uile comh-strigh agus nàimhdeas, tha eisimpleir dhealrach againn ann an eachdruidh ar Tighearna beannuichte. Ach cuimh-nicheamaid a ghnàth, gu 'n robh 'n a eachdraidh-san, mailc ris an t-seasmhachd bu neo-ghluasadaiche ann an coimhlionadh toile 'Athar, air a co-measgadh leis a' mhacantas 's a' chiùineas bu mhò an aghaidh naimhdeis, agus fuidh mhaslaidhean; agus gu 'n do thaisbean e na h-uile ni ann an giùlan, agus ann an inntinn bha coltach ri leth-bhreth agus fuath thoirt as an rathiad, agus meas agus càirdeas a chosnadhl o gach neach. Tha eisimpleir-san 's a' chùis so gu sònruichte air a cumail a mach d' a luchd-leanmhuinn anns na h-uile linn, 's anns na h-uile cor, mar an aon eisimpleir thigeadh dhoibh chur rompa féin. Mu so, leugh gu càramach, I *Pead.* ii. 21, &c. *Philip.* ii. 5.

Thigeadh dha so bhi 'n a chùis mhòir fhaicilleachd do na h-uile fiòr-chriosduidh. Ma tha sibhse ag aidh-eachadh, mo chàirde òga gràdhach, bhi 'n ur luchd-

leanmhuinn an Uain, coinnichidh iomadh cruidh-chas sibh, o chealgaireachd bhur cridbeacha féin, o bhuiridhibh an droch aoin; agus o 'n nàimhdeas nàdurach sin a th' eadar spiorad an t-soisgeil agus spiorad an t-saoghal ta làthair. Agus na biodh bhur easbhuidh faicilleachd, no inntinn bhi air fhaicinn annaibh tha an aghaidh spiorad ciùin agus maccanta an t-soisgeil, na biodh sin air an taisbeanadh leibh, gu bhi meudachadh nan cruidh-chas so dhuibh féin, agus gu bhi toirt aobhair bròin agus doilghis dhuibh féin gu 'n do ghéill sibh do bhuaireadh, no gu 'n d' thug sibh aobhar do nàimhdibh an Tighearn Iosa labhairt gu toibheumach mu 'aobhar-san. Ma chuirear 'n ur n-aghaidh, feuch-aibh le bhi dèanamh gu maith a réir an fhocail, aineolas agus nàimhdeas dhaoine amайдeach a chur 'n an tosd; agus biodh e aig bhur nàimhdean r' a ràdh d' ur taobh, mar bha naimhdean Dhaniel air an co-éigneachadh a ràdh o shean, " Cha 'n shaigh suin cùis air bith an aghaidh an Danieil so, mur faigh sinn i 'n a aghaidh a thaobh reachd a Dhé." *Dan.* vi. 5; *1 Pead.* ii. 15.

Mar so, am feadh bu mhaith leam gu 'm biodh sibh làn-fhiosrach air meud agus lìonmhoireachd nan deuchainn sin, ris am feum sibh tachairt, 's e mo dhùrachd le bhi 'g an cumail gu soilleir fa 'r comhair nach biodh sibh air bhur gluasad, 'n uair a ghairmear sibh gu sònruichte gu bhi tachairt riutha. Ach ciod e sin a nj bhur neartachadh gu h-éifeachdach gu bhi tachairt riutha, 's a. faotainn buaidhe 'n an aghaidh, 'n uair a 's truime a cheaduichear dhoibh theachd 'n ur caraibh? Fìor fhiosrachadh domhain agus suidhichte bhi aig an inntinn air luach do-labhairt na sìorruidheachd. Dèan-aibh gnàth thairgse air ath-theachd ar Tighearna o nèamh a chumail fa 'r coinneamh; agus 'n uair a bheathaichear sibh le dòchas a ghean maith-san a shealbhachadh sadheoidh, bithidh sibh comasach le tiùineas agus le foighidin, ach le strìgh sheasmhach, air bhi cur an aghaidh gach deuchainn agus buaireadh

agus oidheirp nàimhdeil a bheirear oirbh, no ris an tachair sibh.

---

## EARRANN XII.

*Mu chuid de na sonasaibh sònruichte a ta aig Fior-chriosduidhibh 's an t-saoghal ta làthair.*

THA tomhas eagail againn gu 'm feud an dà earrann mu dheireadh bhi 'g amharc do chuid agaibh mar-nithibh cruaidhe agus muladach, am feadhl bha mi 'g iarruidh bhur treòrachadh gu bhi sealltuinn air bhur naghaidh ris gach caochlaidh gnè deuchainn agus strìgh, a dh' fheumas tachairt oirbh, agus an aghaidh am bi agaibh ri seasamh. Ach cha mhaith leam, gidheadh, gu 'm biodh sibh air bhur mealladh. Cha 'n 'eil ni sam bith agam r' a innseadh dhuibh a dh' iarras folach uaibh. Agus mar thug mi oidheirp a bhi cur gu dìleas roimhibh taobh dorcha na cùise, guidheam oirbh a nis an aire thabhairt do 'n taobh eile, am feadh 's a bheir mi oidheirp air a chur romhaibh 's an dìlseachd cheudna, cuid do na h-aobharaibh sonais agus suaimhneis, eadhon anns a' bheathta ta làthair, a sruthas o fhior chreidimh seasmhach anns an t-soisgeul.

Tha fhios agam, na 'n labhrainn mu 'n t-sonas a ta 's a' bheathta so ceangailte ri creidimh ann an losa Criod, riùth-san a ta gu h-iomlan 'n an coigrich do chumhachd an t-soisgcil, gu 'm biodh iad gu tur neochomasach bhi tuigsinn ciod e bhiodh air a chiallachadh leam. Cha 'n 'eil e idir 'n a ni mi-choitchionn bhi cur as leth na Diadhachd, co fada co dhiù 's a buineas i do 'n bheathta ta làthair, nach 'eil ann d' i ach innleachd gu bhi ceangal a suas iarrtasan ceaduichte agus neo-lochdach na h-inntinn (mar a deirear le mòran,) agus bli cur bacaidh air a' chreutair o shonasaibh.

Aidichidh muinntir, no smuainichidh iad, ma tha daoine da rìreadh toileach strìochdadadh do 'n fhéin-àicheadh sin a ta 'n soisgeul a' cur rompa, gu 'm feud e treòrachadh chum sonais anns an t-saoghal ri teachd; ach ma bheirear *da rìreadh* géill do àitheantaibh an t-soisgeil, gu bheil iad gu h-iomlan a' bacadh gach ni sam bith tha coltach ri fior-shonas anns an t-saoghal ta làthair a mhealtainn.

Gu cinnteach cha 'n 'eil ann nì is nàduraiche do mhuinntir a ta gu h-iomlan aineolach air an t-soisgeul, 'n uair a chuirear fa 'n comhair a theagasan iriosal, agus an fhéin-àicheadh a ta e 'g àithneadh, na gu 'n gabhadh iad a leithid sin de bharail mu dhéighinn. Tha iomadh aobhar air so. *'S a' cheud àit, Cha 'n f'haca* iad riamh am feum féin air na teagasgaibh, no co-fhreachaireachd agus iomchuidheachd nan teagasg dha 'n cor féin, dha 'n cliù féin, agus r' am feumasaibh. *'S an-dara àit,* Tha iad aineolach air an aobhar chudthromach, air an fhìor thobar sin anns an anam, o 'm bheil fior ùmhlaichd Chriosduidh a' sruthadh,—gràdh do 'n t-Slànuighear. Agus, *'S an treas àit, Cha 'n f'haca* iad riamh olc agus cunnart a' ghiùlain sin, tha 'n aghaidh àitheantan Dhé; agus do bhrìgh 's nach faca, tha an gràdh do 'n ghiùlain sin a' fantuinn gu h-iomlan gun cheannsachadh. Gidheadh, feudar a' chomhfhurtachd shònruichte sin a mheallas am fior Chriosduidh, eadhon anns a' bhéatha so féin, bhi air ainmeachadh air leithid a' sheòl, 's gu 'm bi e comasach dhoibh-san a ta gu pearsanta 'n an coigrich dh' i, ni-eigin tuigse no beachd bhi aca, ach ann an tomhas ro bheag, araon air nàdur na comhfhurtachd agus an t-sonais sin, agus air na h-aobharaibh o 'm bheil iad a' sruthadh; am feadh 's gu 'm bheil dòchas agam mar an ceudna, gu 'n toir gach fior dheisciobul a bheir an aire do 'n ainmeachadh ni sinn orra, fianuis gu 'm bheil iad fìrinneach.

*'S e a' cheud aobhar mòr, o 'm bhcil comhfhurtachd an fhìor Chriosduidh ag éirigh, agus a ta mar gu 'm*

biodh e leagail stéidh air son na h-uile comhfhurtachd eile,—e bhi comasach, air stéidh bhunaiteich, sealltuinn suas ris an Dia shìorruidh mar a charaid féin. Feumaidh so bhi 'n a bheannachd aig na h-uile àm, cho mòr 's nach gabh eadhon a luachmhорachd aithris, do chreut-airibh tuigseach Dhé, cia b' e cor, no suidheachadh anns an comasach dhoibh bhi; ach tha so a' teachd a dh' ionnsuidh an fhìor Chriosduidh le tairbhe shònruichte, le luach ath-leasuitche, le e bhi fiosrachadh gu 'n robh e roimhe ann an cor nàimhdeis an aghaidh Dhé, agus rùisgte gu ceart d' a fheirg.

Tha iad liomhhor ann, gu cinnteach, nach 'eil a' mothachadh an-shocair no doilghis sam bith o na bheachd so mu 'n cor féin a thaobh nàduir; do bhrigh nach *creid* iad gur beachd cheart so; agus do bhrigh gu 'm bheil iad a' gabhail na h-uile innleachd chum a leithid sin a' bheachd, no ni sam bith mu déighinn, a chur air falbh o 'n inntinnibh féin. A thaobh a leithid sin a' mhuinnitir, gidheadh, feudaidh sinn dà ni thoirt faincar. '*S a' cheud ait*, Cha 'n 'eil inntinn neach sam bith de 'n mhuinnitir sin, aig na h-uile àm gu h-iomlan druidte an aghaidh smaointean àraidh mu 'chor féin; 's cha mhò is urradh iad àicheadh gu 'n toir na smaointean sin air uairibh, tomhas mi-shuaimhneis dhoibh. Tha amanna àraidh ann, anns am bheil aig na h-uile neach, ni-eigin a' bheachd-smuaineachadh a' teachd a stigh air 'inntinn, aig aon àm no àm eile, a dh' aindeoin cho geàrr 's a mhaireas sin. Cha 'n 'eil neach ann nach 'eil fiosrach, gu 'n d' rinn e féin gu tric an ni a b' aithne dha nach bu chòir dha a dhèanamh. Tha a chridhe féin 'g a dhìtcadh; agus ma tha e 'g a mhothachadh féin mar so air a dhìteadh, leis an t-suidheachadh inntinn agus tuigse sin, a bhuilich Dia air, ciod an tèaruinteachd a tha aige, nach 'eil so 'n a roimh-innseadh air dìteadh eile ri teachd? Cha dean connsachadh feum 's a' chùis so. Cha 'n urradh e cur an aghaidh nan smaoin so. Is ceist so a bha teachd a stigh air inntinnibh dhaoine

anns na h-uile linn. 'N uair a mhothaicheas sinn cionta, ciod an dearbhachd a ta againn gu 'm faigh sinn maitheanas? 'S e so an ni sin a ta liónadh na h-inntinn le mi-shuaimhneas agus le h-eagal, ann an amann-aibh àmhghaire. So an ni a ta còmhachadh na h-uaighe, le a h-uamhasaibh uile do 'n duine chiontach.\* Ach 'S an dara àit, Iadsan a ta an dara cuid a' diùltadh an t-soisgeil, no a' deanamh dimeas air, cha 'n urradh dhoibh fìor shonas sam bith bhi aca ann an sealltuinn ri Dia, no ann an smuaineachadh air. Gu firinneach, cha ghabh iad orra a ràdh, gur e so aon a' dh' aobhar-aibh an sonais. 'S e an iarrtas gu bidheanta, mheud 's a dh'fheudas iad a mhealtuinn de thaitneasaibh na beatha ta nis ann, agus bhi cur air falbh o 'n smuaint-aibh a' cheangalais sin a ta eadar iad féin mar chreut-airibh, agus Dia mar an Cruithfhear.

Nis, samhlaich, car tiota, an cor so, ris a' chor anns am bheil inntinn an fhiòr chriosduidh. 'N uair bha mothachadh peacaidh an tùs air a thoirt dha, dh' fheudtadh gu 'n do mhothaich e mòr mhi-shuaimhneas air son a chionta féin an làthair Dhé. Tha e ro aithnichte gu 'm bheil na ceumanna tre am bheil fìor Chrìosduidhean air an tabhairt air aghaidh gu bhi gabhail ris an t-soisgeul ioma-ghneitheach annta féin. Tha cuid air an treòrachadh mar air shlighe réidh agus chòinchnaird, agus air cheumannaibh ciùin nach maith a ghabhas aithris, gu bhi faicsinn luach an t-Slànuighir nècamhaidh: tha cuid eile a' mothachadh mòr eagail inntinn, agus mi-shuaimhneis air tùs, 'n uair a ta 'm peacaidhean air

\* Tha am faireachadh so ann an inntinn an duine, gu deas air a chur an céili ann am bàrdachd *Mhr. Coupar*, agus tha fìor aobhar an t-sòlais fuidh 'n fhaircachadh air a chur an céill air mhodh cho ceart, agus cho firinneach, 's gu 'n deach oidheirp a thoirt le caraid do 'n eadar-theangair air na rannaibh a leanas a thionndadh o 'n Bheuria.

Mi-thaingeil air son caoimhneas ghràis,  
Gur geàrr le duine a là;  
Ged 's i a shochair a dhol eug,  
Na 'n déant' ieis feum di trà.

an dearbhàdh orra, mu 'm faigh iad sealladh air an leigheas ghlòrmhoir. Ach ge b' e air bith na ceud cheumanna anns am bheil pobull Dhé air an treòrachadh, tha iad uile a' coinneachadh a chéile ann an aon ni àraidi, agus 's e sin, dearbhadh soilleir bhi aca, gu 'n robh iad a thaobh peacaidh rùisgte do cheart fheirg an Tighearn, ach tre chreidimh ann an Criod, gu 'm bheil na h-uile creidmheach air a dhèanamh réidh ri Dia. Ann an toilltineas fulangais, agus ann am fìrcantachd iomlan, choimhlionta an t-Slànuighir bheannuichte, tha iad a' faicinn stéidh thèaruinte air am feud iad amharc a suas ri Dia, gu taitneach agus gu solasach, mar an Dia-san, agus an Athair, tha ann an Criod air a dhèanamh réidh riutha.

An so, ma ta, 'S a' cheud àit, thoir fainear, cia cho luachmhòr 's a ta an t-aobhar fior sonais sin, tha air fhosgladh suas do dheisciobul Iosa. An Dia bithbhuan bhi againn mar ar caraid agus mar ar n-athair, tha sin a' filleadh ann na h-uile ni a tha iomchuidh air taitneas agus riarachadh thabhairt do na h-uile iarrtus a 's farsuing a tha aig ar n-anama neo-bhàsmhor. An smuain sin, gu 'm bheil an Ti a ta uile-chumhachdach againn air ar taobh, -an Ti sin a ta comasach air ar n-iarrtasan

Ach esan, gun bhi glic ni 's leòr,  
 'N a chùisibh mòr is feàrr,  
 Nam feudtadh, shinteadh leis le dédin,  
 Gu linntean, 'lò ro gheàrr.

Gu linntean ann am beatha bhròin,  
 'S nach dual da treoir no tàmh;  
 Le cuibhreach throm na truaigh 'g a leòn,  
 Gun dòchas aig ri sàmh.

Gur truagh an gnè tha 'n eridhibh dhaoin',  
 Tha toirt d' an daorsa gràidh!  
 Gur triagh gu 'm bheil an saoghal faoin,  
 'N am beachd làn maoiu is àigh!

C' as fhuair an saoghal cumhachd drùidh!  
 'S a mheasar bàs mar nàmh?  
 'S gur oillt leinn 'n uair 's feàrr d' ar 'n uin,  
 'S gur rùn leinn tuille cràidh?

a chur am farsuingeachd os ceann tuigse, agus ár com-asan air sonas a mhealtuinn a chur am farsuingeachd 's an tomhas cheudna, agus aig an àm cheudna an riarachadh, gu làn, 's gu h-iomlan a réir mar chuireas e féin iad am farsuingeachd,—'s cinnteach gu 'm feum an smuain sin bhi làn de 'n chomhfhurtachd, 's de 'n aoibhneas is saoibhire 's is àirde. “ Am bu mhaith leat, arsa neach, gu 'n gràdhachheadh do chàirdean thu? Biodh Dia 'n a charaid agad. Am bu mhaith leat gu 'm biodh an di-chuimhne ort, ma dhi-chuimhnicheas iad thu, ni 's feàrr dhuit na 'n dàimh? Biodh Dia 'n a charaid agad. Am bu mhaith leat gu 'm biodh do nàimhdean an sìth riut. Bi air do dhèanamh réidh ri Dia. Am bu mhaith leat gu 'n dèanamh fuath do nàimhdean maith dhuit? Feuch gu 'm bi cuibhrionn agad ann an Dia? Am bu mhaith leibh gu 'n soirbhicheadh le bhur n-anamaibh? 'S ann tre a bheannachd-san a dh' fheumas iad soirbheachadh. Am bheil thu sgìthichte le àinhghairibh? Cha 'n 'cil cuid-eachadh air do shon, ach ann an caoimhneas Dhé. Am bheil cionta 'n a eallach ort? Cha 'n 'eil dòchas air do shon, ach ann an trocair Dhé. Am bheil do chridhe dubhach? Feumaidh do shòlas tighinn o Dhia. Am

'S e 's aobhar Coguis, 'ta gu tric,  
Toirt ciont an cuimhn' gu garg;  
Gur uamhasach a guth, is thig  
Trom eagal bàis 'n a lorg.

Le déigh bhi bed, tha 'n duine 'm bròn  
Le 'lò bhi falbh mar sgàil:  
Gur eutrom leis gach olc is leòn,  
Seach teachd an còir a' bhàis.

'S e binn a' bhreithheimh dhùisgeas geilt,  
'S ni aindeonach a thriall:  
Gu 'n d' ruith e steach am féich cho pait,  
'S nach urr' e chaoidh an diol.

Dìol! lean-sa Criod, 's e dhìol gu làn;  
'S air bàs a choisinn bualdh;  
Gabh beachd air 'n uaigh 'n do chuireadh e.  
'S gu réidh rach sios do d'uaigh-s'.

bheil t' anam ri h-aoibhneas? Feumaidh Dia t' aoibhneas a bhuanachadh, no mar loisgeas an droighionn, lasaidh t' aoibhneas suas, agus bàsaichidh e. Am bheil feum aig aineolas t' òige air seòladh? Feumaidh Dia bhi 'n a fhear-seòlaidh dhuit. Am bheil feum aig do shean-aois neo-sheasmhach air còmhnhadh? Feumaidh Dia bhi 'n a neart dhuit. Seargaidh 'as neart do làn òige, mur eiridinn Dia thu, agus mur dòn e thu;—agus bitidh soirbheas féin 'n a mhallachadh dhuit, mur toir Dia dhuit cridhe 'g a mhealltuinn. Cha 'n 'eil! cha 'n 'eil tàruinteachd car mionaid, ach ann an sìth ri Dia;—cha 'n 'eil aon uair a' chomhf hurtachd sheasmhaich, ach ann an càirdeas ri do Chruithfhear!"

Ach, 'S an dara àit, Thug sium fainear, gu 'n robh an solas sin a bhulicheas creidimh an t-Soisgeil, air a mheudachadh, 'n uair choimeasar e ris a' chor anns an robh an creutair, roimh dha an creidimh sin a shealbhachadh. Feudar so a mhìneachadh air mhodh samhlaidh no dhà. An do dh' fhairich thu riamh teann 'ghoirteas sam bith car ùine? Ma dh' fhairich, 'n uair fhuair thu lasachadh uaithe, nach do mhothaich thu sàmhchair agad féin ann an saorsa o phéin, nach b' urrainn dhuit bhi agad mur robh thu air fulang péine? Air a' mhodh cheudna, tha saorsa phearsanta bhi aig neach, a ghnàth taitneach; ach 's tric a smuainich mi an déigh dhomh bhi sealltuinn air neach ann am prìosun fuidh bhinn bàis, ciod nach d' thugadh e air son na saorsainn a ta aig na mìltibh, ann an ìmeachd air sràidibh a' bhaile, 's air am bheil iad a' cur ach beag meas. No an robh thu riamh air do chumail 's an leabadh le geur cuslaint, no le tinneas trom; nach mòr an luach a chunnaic thu 'n uair sin anns an t-saorsa bha aig muinntir eile mu 'n cuairt ort? Ach na 'n d' tig-eadh litir-mhaithcanais a dh' ionnsuidh an duine bha 's a' phrìosan fuidh bhinn bàis, ciod an t-aoibhneas nach biodh aige? Nis bhiodh an t-aoibhneas sin gu mòr air a mheudachadh, anns gu 'n coimeasadh 'friosrachadh

féin e ris an daorsa 's an robh e roimhe. Ni-eigin còltach ri so, tha a' chomhfhurtachd sin a mhealas am fìor-chriosduidh, 'n uair, an déigh dha bhi 'n a luidhe fuidh eallach cionta, 'n a dhearbh-fhiosrachadh féin, a mhothaicheas e an t-sìth sin aig a choguis bhuaирte, a chompàirticheas creidimh ann am fuil Iosa. Bheir an creidimh sin air aghaidh 'n a anam suaimhneas agus taitneas bhos air an craobh-sgaoileadh air feadh 'inntinn uile; agus sgaoilidh an t-suaimhneas agus an taitneas so am buaidh shiоthchail féin air feadh 'inntinn uile, aig iomadh àm anns nach 'eil e gu dìreach a' beachdachadh mar ni air leth air an aobhar o' m bheil iad a' sruthadh. 'S ann mar so a thuigeas sinn an eachdraidh a ta againn mu 'n cheud mhuinntir chaithd iompachadh chum a' chreidimh Chriosduidh, *Gníomh.* ii. 46. "Chaith iad am biadh le gairdeachas, agus le aon-fhillteachd cridhe." 'S i so sìth Dhé mu 'n labhrar anns an Sgriobtùr, mar a' dol thar gach eòlas—an t-sìth sin nach aithne do 'n t-saoghal.

Tha e fìor, 'n uair labhras mi mu bhi a' coimeas an aoin choir ris a' chor eile, gu 'm bheil sùil agam ris an àmhghair agus an im-cheist inntinn, a mhothaicheas am fìor chriosduidh 'n uair a dhearbar air, air tùs, olc a' pheacaidh. Ach nach fheud sinn mar an ceudna fìor shòlas, agus fìor shonas an fhìor Chriosduidh a choimeas, cha 'n ann a mhàin ris an an-shocair agus ris a' mhisshuaimhneas inntinn a dh' fhairich e roimh dhearbhachd peacaidh,—ach mar an ceudna ris an uireasbhuidh sin air fìor shòlas no fìor thoileachas;—an easbhuidh-eachd sin a mhothaich e, an t-ionndran a bha roinlie aige, 'n a chor nàdurach air ni-eigin anns am feudadh an t-anam fois a ghabhail le comhfhurtachd, agus air son am bheil daoine saoghalta a ghnàth a' sireadh ann an nithibh aimsireil, agus nach urradh dhoibh fhaotainn gu bràth. Cia mòr is feàrr, ma ta, a' chomhfhurtachd a ta aig a' chreidmheach a nis ann an Iosa, na ni sam bith a ta aca-san dha 'n aon sìth, ma 's sìth a ghoirear dh'i,

bhi a' di-chuimhneachadh an ceangaltais féin ri an Cruithsheatr, am Fear-coimhid, an Caraid a's feàrr, agus am Breitheamh.

A nis, mo chàirde òga, am feud mi an dòchas so bhi agam umaibhse, gur aithne dhuibh ni-eigin dhe'n t-sìth so, ann bhur fiosrachadh féin? Ma's aithne, cha'n'eil mi an teagamh nach cuir sibh meas oirre os ceann gach ni eile sam bith. Altruimibh—gu cùramach gach ni a chuidicheas an t-sìth so bhi air a cumail suas ann bhur n-inntinnibh; agus measaидh sibh mar na h-uilc a's eagallaiche, na h-uile ni a chuidicheas an t-sìth so thoirt air falbh uaibh, no a lughdachadh. Cuimhnichibh, gidheadh, gu'm bheil sìth mhealltach am, cho cinn-teach 's a tha sìth fhìrinneach ann; agus bu chòir do so bhur treòrachadh uile gu bhi toirt fainear ciode nàdur na sìthe sin tha sibh a' mealtuinn. Far am bheil sìth fhìrinneach, an sin a ghnàth tha faire agus ùrnuigh. Cha'n'eil e comasach gu'm bi i idir ann, far am bheil an creutair a' tighinn beò ann an cleachdamh peacaidh aithnichte sam bith. Criothnaichibh le h-eagal, mata, roimh'n ghnè shìthe sin a leigeadh leibh mairsinn ann an cleachdamh na h-eucoire. Ach gu robh an t-sìth sin, sìth Dhé, a ghlanas, a réir mar bheir i solas; am feadh 's a tha i air a stéidheachadh air saorsa o chionta peacaidh, a cheannsaicheas cumhachd a' pheacaidh ni's mó agus ni's mó; am feadh 's a mheasar i mar a' bheanneachd is ro luachnioire de na h-uile beannachd, aig am bheil 'n a co-chuideachd, faicilleachd agus faire naomh, mu'n ciùrrar i le ni sam bith,—gu robh an t-sìth so a' gabhail còmhnuidh annaibh gu saoibhir, agus gu dean i comasach sibh bhi dèanamh aoi-bhneis an dòchas glòire Dhé.

## EARRANN XIII.

*Mu na sonasaibh ceudna.*

LABHAIR mi anns an earrann mu dheireadh air cuid de na h-aobhairibh sonais tha aig fior dheisciobul Iosa o bhi creidsinn an t-soisgeil; agus tha mi a' cur ronham a nis, anns an carrann sò, beagan tuilleadh a labhaint mu na sonasaibh ceudna.

A measg nan aobhar sonais sin, a ta aca-san a chreideas, anns a' bheatha so, cha 'n fhaod sinn a dhi-chui-mhneachadh, iad bhi air an saoradh o chumhachd na h-aingidheachd. Tha daoine ain-diadhuidh air an leigel ris dhuinn anns an Sgriobtuir, mar 'n an tràillibh. Tha iad air an treòrachadh 'n an cimich aig an diabhol, chum a thoil a dhèanamh; agus tha an ana-mianna agus an iarrtasan neo-cheannsuichte, truaillidh, neo-ghlan féin mar mhaighstiribh-oibre cruaidh os an ceann, agus a' tabhairt géille dhoibh sin; tha iad anns an daorsa a's an-iochdmhoire sam bith. Faic, *Rom. vi. 14—23*. Cha chomasach sinn, gu cinnteach, meud no lìonmhoireachd nan truaighean a chur an céill; tha 'g éirigh gach là, eadh-on do phearsaibh, agus do chrannchuraibh dhaoine anns an t-saoghal so féin, o iad bhi tighinn beò fuidh uachdranachd an tograidhean peacach, agus a' toirt géill dhoibh; agus sin, an aghaidh an tuigse féin, a leigeas ris dhoibh am mearachdan ann an iomadh ni. Nis, ge d' nach 'eil na tograidhean sin gu h-iomlan air an sgrios anns an fhòr Chriosduidh, tha iad aig a' chuid is lugha, gu mòr air an lagachadh, agus air an ceannsachadh. Ge d' nach 'eil *cumhachd* a' pheacaidh 'n a chridhe gu h-iomlan air a thoirt as, cha 'n eil e ni 's faide fuidh a *chumhachd-riaghlaidh*. Tha am peacadh ann-san 'n a nà-nihaid ceannsuichte, ge d' nach 'eil a chumhachd buair-easach gu tur air a mharbhadh. Tha an t-saorsa so,

ma ta, o uachdranachd ana-miannan, agus an-tograighean cumhachdach annta féin, an t-saorsa a tha aige uatha 'n a chridhe, 's 'n a cleachdamh, agus anns am bheil earrann shònruichte de shaorsa an t-soisgeil a' cosheasamh, 'n a ni anns am bheil mòr chomfhurtachd, agus mòr shonas aig an anam sin a mhothaicheas i. Ann an rathad so, mar ann an iomadh rathad eile, tha aig an diadhachd geallana na beatha ta làthair, agus na beatha ta chum teachd.

Ni 's faide, tha am mothachadh, agus a' bheachd sin air a mhi-thoilltinneas féin, ni leis am bheil na h-uile fìor chriosduidh air aithneachadh, 'n a ni tha meudachadh a chomhfurtachd agus a shòlas, anns gach aon ni a shealbhaicheas e o mhaitheas freasdail Dé anns a' bheatha so. Am feadh 's a tha an duine tha 'n a choigreach do chreidimh an t-soisgeil, a' sealltuinn air na nithibh so, a' teachd d' a ionnsuidh gun chomharachadh suidhichte sam bith ann am freasdal aii Tighcarn, agus mar gu 'm biodh aige féin còir air am faotainn, no, an car a 's lughá, a' smaoineachadh nach 'eil e féin gu h-iomlan mi-thoilltinneach orra,—tha e 'g an gabhail le beag buidheachais, agus tha a dhoilgheas air a mheudachadh, ma tha ni saoghalta sam bith a' bacadh an t-sonais a dh' earb e fhaotainn anns na nithibh sin. Cia cho mòr 's a tha e air son comhfurtachd na hinntinn, anns gach cor, an fhaireachduinn a tha aig gach fìor chriosduidh troimh chreidimh an t-soisgeil. Gabhaidh fìor dheisciobul Chriosd, fuidh mhothachadh air a mhi-thoilltinneas féin, le beò-bhudheachas, ris na h-uile tiodhlaic freasdail a thig d' a ionnsuidh ; agus 'n uair a smaoinicheadas e, fuidh chuimhne air a chiontan féin, air dòchas tràcair a' mhaiteanais o Dhia, ann an Criosc, agus a sheallas e air na h-uile ni maith, mar thiòdhlaicaibh an Athar sin, tha nis air a dhèanamh réidh ris, agus mar eàrlas air beannachdaibh a 's feàrr a bhitheas fathast air am buileachadh air—tha aig anns na beachdaibh ceart agus soilleir sin, sòlas 'n a uile

chothromaibh, eadhon o 'n leth muigh, nach fiosraich i dir daoine an t-saoghail so. Fuidh 'n mhothachadh so, feudar gu cinnteach a ràdh, " Is feàrr beagan aig an duine ionraic, na saoibhreas mhòrain dhroch dhaoine." *Salm. xxxvii. 16.*

Agus am seadh 's a tha dòchas an t-soisgeil, mar so, a' soillseachadh agus a' toirt comhfhurtachd do 'n inn-tinn ann an soirbheachadh, beachdaich a rìs ciod an sòlas saoibhir bheir an dòchas ceudna ann an uair na h-èiginn, 's na h-an-shocair. 'N uair a tha deuchainnean na bcatha so a' lionadh an duine shaoghailte, le h-iomcheist, agus le h-eagal, tha aig an neach sin a sheallas ri Dia, mar ri 'Athar féin nis air a dhèanamh réidh ris ann an Criosd, 'n uair a sheallas e ris an Dia sin mar ri 'charaid,—comhfhurtachd agus sòlas do-labhairt. Seallaидh e le tlachd shònruichte agus le taitneas ris na geallanaibh gràsmhor sin air na dh' iarr an Tighearn air a phobull féin an dòchas a leagadh; agus am measg nan geallana sin, gheibh e ni a luidheas gu h-iomlan r' a chor féin, eadar gu bheil 'imcheist ag éirigh o dheuchainnih aimsireil, no spioradail. Tha fios aig gu bheil 'Athair nècamhaidh féin a' riaghladh os àird, agus gu bheil gach ni agus neach anns a' chruthachadh, faic-sinneach agus neo-fhaicsinneach, fuidh a chumhachd riaghluidh-sa, agus fuidh a smachd;—gu 'n do gheall esan, gu 'n oibrich na h-uile ni sadheòidh, an ceann a chéile, chum maith d' a chlann thaghta féin;—agus am seadh 's a tha aca àrd shagart tràcaireach agus dileas, aig am bheil co-mhothachadh r' an anmhuinn-eachd, thig iad le dànamachd diadhuidh chum cathair-ghràis, a shireadh tràcair a bheir maitheanas, agus gràs a chuidicheas anns gach uair feuma.

Is aobhar comhfhurtachd eile do 'n fhìor chriosd-uidh anns a' bheatha so, fhad 's a dh' fhaodadh sealladh air na cunnairtibh spioradail do 'm bhcil e buailteach, agus air na nàimhdibh sin tha 'g iadhadh uime, a lionadh le turse, agus le tomhas an-earbsa, gu 'm bheil

aige gealladh air cnideachadh nèamhaidh o 'n àirde, chum a neartachadh an aghaidh buairidh, agus a dhean-amh comasach gu bhi cur an aghaidh nan nàimhdean sin ris am feum e bhi a' cathachadh, agus gu a dhèan-amh dìlcas chum na crìche. Agus mar so, tha teagasg an Sgriobtuir air a' cheann so, am feadh 's a tha e làn comhfhurtachd do 'n chreidmheach,—tha e air a chur fa 'r comhair air mhodh 's gu bheil e araon ni 's leòr chum an t-anam a chumail o *an-earbsa*, agus inar an ceudna o *dhànadas* agus o *fhéin-mhisneach*. Anns an t-seòl so, tha teagasg agus geallana na Fìrinn, air an suidheachadh gu glic, agus gu h-iomchuidh, a réir nàduir agus feum an duine, oir tha feum againn araon, bhi air ar cumail o 'n dà ni—o eu-dòchas, agus o dhànadas. Cia mar a ta e a' toirt an dà dhòn so do 'n duine? Tha, le bhi a' ceangal r' a chéile geallana agus tabhartais ghràis, ri faire agus ùrnuigh. Bheir an t-Athair an Spiorad Naomh dhoibh-san a dh'iarras e; agus a' mhisneach sìn a tha air iarruidh oirnn a ghabhail, o 'n dearbhachd gu 'm bheil Dia ag oibreachadh annainn, tha i gu dlùth air a ceangal ri sinn a thoirt an ro-aire, obair ar slàinte oibreachadh a mach le crith agus le h-eagal. Faic, *Luc.* xi. 13; *Philip.* ii. 12, 13. Mar nach 'eil, ma ta, teagasg an Sgriobtuir a' toirt misnich sam bith do dhìomhanas, ach a' ceangal nan geallana is mó 's is luachmhoire, air cuideachadh nèamhaidh, ri ùrnuigh, agus ri dìchioll, am fcadh 's a tha e làn-iomchuidh chum an sòlas a 's saoibhre a chom-pàirt-eachadh, cha 'n e mhàin gu bheil e 'g ar dòn o dhàndadas, ach gu bheil e gu sònruichte 'g ar seòladh, 's 'g ar treòrachadh chum dèanadachd agus faire.

Ach tha 'n uair sin, a ta gu ar n-uile dheuchainnibh air thalamh a chrìochnachadh a' tarruing am fagus, agus sin do na h-uile. Tha sealladh air an uair sin a' cur casgaidh air an neach a 's mi-mhothachail, 's a 's uallaich :—tha sealladh oirre a' cur bacaidh air aighear nan uile smuaintean is aoibhniche, anns an inntinn,—

bheir an sealladh sin leagadh air na tograidhibh agus na h-anamiannaibh a 's ceannaircciche anns an duine ; agus curridh e eagal agus uamhas air a' chridhe a 's treubhaiche. 'S e aon de na sòlasaibh is mò do na h-uile neach smuainteachail, e bhi air innseadh dha cia as is urrainn dha, cia an t-ionad o 'n tarruing e seas-mhachd agus misneach, aig an uair dheuchainneach sin. Co uaithe, ma ta, is urrainn do 'n inhisneach, 's do'n t-seasmhachd sin tighinn, ach o 'n Dhia shìorruidh bhi againn mar charaid. Cumaidh an cinnteachas sin suas sinn, aig an uair dheuchainneach so, agus cha chum ni *air bith* eile. Ma tha cumhachd Uile-chumhachdach againn air ar taobh, cha chomasach do aon ni air bith ann an uile-fharsuingeachd a' chruthachaidh, no air feadh uile linnibh na sìorruidheachd, ar sonas a lughdachadh, no ar sìth a bhuntainn air falbh uainn. Agus thug creidimh an t-soisgeil air cloinn Dhé, anns na h-uile linn, sealltuinn air an aghaidh, ann an àm teachd am fagus righ nan uamhas, le fois, agus le seasmhachd, agus eadhon a choinneachadh le caithream agus le gàirdeachas ;—am feadh a bha daoine an t-saoghal so, agus a ta iad, air an éigneachadh tre eagal, gu bhi cur air falbh uatha féin gach smuain air a' bhàs, fad am beatha, agus 'n uair a dh' fhumas iad coinneachadh ris, mu dheireadh, a' luidhc sìos fuidhe, an dara cuid le neo-mhothalachd eu-céillidh, no le eu-dòchas uamhas-ach.

Air dhomh mar so, cuid de nithibh thoirt fainear, tha 'n am fìor shòlasaibh do 'n fhìor Chriosduidh, eadhon 's a' bheatha so,—nithe tha air am fosgladh suas dhoibh mar bhuaidh na réite sin a rinn Criod ris an Athair, trid am bheil iad air an déanamh réidh ris-san,—feudaidh sinn chuir ri so, gu 'm bheil an t-atharrachadh ann an cor an fhìor Chriosduidh, maille ris an dòigh anns am bheil an t-atharrachadh sin air a thoirt miu 'n cuairt, a' toirt dha *tlachd agus taitneis nach beag ann an seirbhis a Thighearn agus a' Mhaighs-*

*tir, Criod,* “ Tha mo chuing-sa,” arsa Iosa, “ socrach, agus a ta m’ eallach soiomchar,” *Mat. xi. 30.* Nis an rathad anns am bheil iad mar sin, bheir sinn gu h-aithghearr fainear.

Ann am mealtuinn nithe an t-saoghail so, tha fios agaibh, gu bheil sonas an duine a réir an tlachd a ta aige ann an gnè àraid sonais air bith. Saimhlaich, mar eisimpleir air so, an tlachd a ghabhas iomadh neach òg ann an caochladh gnè amaideis, agus sugradh faoin, ris an tlachd a ghabhas eadhon duine glic an t-saoghail so fein, ann an soirbheas saoghalta, ann am meudachadh a mhaoine féin, agus anns gach gnothuch agus oidheirp a chuidicheas a shaoibhreas :—chi thu gu bheil an dà ghnè sonais so ro mhi-choltach r’ a chéile, agus—cho mi-choltach, agus an ni a tha ’n a shonas do ’n dara neach, gu ’m biodh e air a mheas ’n a thruaighe agus ’n a an shocair leis an neach eile. Agus nach comasach dhuit smuaineachadh gu ’m biodh inntinn neach cho mòr air atharrachadh ’s gu ’m biodh fior thlachd, agus fior shonas aigc, ann an seirbhis Iosa Criod? ’S e sin ma ta, an caochladh bheir fior chreidimh an t-eoisgeil mu ’n cuairt anns gach neach tha gu fior ’g a mhothachadh. Cha chomasach do neach air bith creidsinn gu robh e féin air a sgrios leis a’ pheacadh, agus gu ’n do bhàsaich Criod chum a shaoradh, gun an gràdh a ’s mò thabhairt do Shlànuighear cho gràsmhor. Nis ’s e an gràdh so, maille ri ionantas, agus fior bhuidheachas anama, tha ’n a thobar anns a’ chridhe o ’m bheil ùmhllachd naomh a’ sruthadh gu huile, agus a ta ’n a mhàthair-aobhair do shonas an fhìor Chriosduidh anns a’ bheatha so, agus do ’n tlachd a ta aige ann an seirbhis a mhaighstir.

Cluinnidh sinn gu tric ann an cainnt an t-saoghail so, aon neach ag ràdh niu neach eilc, cia cho taitneach agus a bhitheadh c dha gu ’m biodh e ’n a chomas feitheamh air seirbhis an neach cile sin; agus an uair a ta mòr mheas aig aon neach air neach eilc, no gu

bheil e 'g a mheas féin fuidh chomanaibh dha gu mòr, cha 'n e mhàin gu bheil e ag ràdh so ann am briathraibh, ach tha i 'n a cainnt a ta firinneach. Tha mi a' creidsinn gu b' urrainn gach neach againn féin neach-eigin eile ainmeachadh air am bheil a leithid sin a' mheas aige, no dha 'm bheil e fuidh leithid sin a' chomanaibh, agus na 'n iarradh an neach sin air ni-eigin àraig a dhèanamh air a shon, gu mothaincheadh e 'n a thlachd, agus a theagamh 'n a urram dha, an t-seirbhis sin bhi air iarraigd uaith, agus na fhìor thlachd a tabhairt dha. Tha e soilleir mar a luidheas an cosamhlachd so ris an t-seirbhis a dhilighear do Chriosd; agus is ann mar so a ta ar Tighearn ag agairt ùmh-lachd do a laghannaibh féin. Tha i 'n a comhara air gràdh d' a ainm. *Eoin.* xv. 14; *Mat.* xxv. 40. 'S ann air a' mhodh so a ta cuing Chriosd, cha 'n ann a mhàin so-iomchar, agus socrach; agus ro-thaitneach, do na h-uile, a mhothaicheas an comanaibh féin do thròc-air a bhuilich slàinte orra,

Ach cia mar a ta so air a dhearbhadh le iomadhi neach de sheirbhisich Chriosd, no de a luchd-lean-mhuinn? Bhais mòran dhuibh air taitneasaibh a' pheacaidh cho maith r' an coimhearsnaichibh. Am feadli 's a bha iad di-chuimhneach air Dia, bha iad a' dèanamh oidheirp air gach taitneas a tharruing o 'n t-saoghal so, a b' urrainn iad, no bha aige r' a bhualeachadh; agus bha mòran dhuibh air an suidheachadh ann an inbhe 's gu 'm b' urrainn dhoibh an taitneas sin a mhealtruinn ann an tomhas ro àrd. Ciod e an teisteas a ta iad a nis a' tabhairt? Tha na miltean a' dh' fhianuisibh nis ullamh air so a ràdh, Cha b' aithne dhuinn riagh fior shonas gus an d' fhuair sinn còlas air soisgeul Iosa Criod. Dh' fhairich sinn 'n a sheirbhisa, taitneas agus toil-inntinn nach do mhothaich sinn riagh roimhe, agus 's e fàth ar gearain a mhàin mu 'n chùis, nach 'eil sinn ni 's comasaiche, o neo-fhoirfeachd tha ceangailte ruinn fathast, seirbhis ni 's feàrr a dhèan-

amli dhà, 's nach urradh sinn a ghràdhachadh ni's mó. An so fhuair sinn toil-inntinn, air am bheil sinu fiosrach nach comasach an saoghal so a bhuleachadh gu bràth; agus 's e ar sonas is niò, an dòchas sin a tha againn gu 'm faic sinn ar Maighstir gràdhach 'n a ghlòir, agus gu 'm bi sinn an sin comasach seirbhis a dhèanamh dha ann am foirfeachd, gun stad, agus gun chrioch.

Am bheil so, a nis, 'n a eud eu-ceillidh? Cia cho mi-reusonta's a tha e gu 'n goirteadh sin dheth! Tha na beachdan so mu ghràdh Chriosd, agus mu fhior ùmhachd dha, stéidhichte air bunaitibh fior shìmplidh agus seasmhach. 'S iad na beachdan so uime-san, an dearbh ni a dh' fheumas leantuinn o bhi creidsinn ann am fìrinn gur e am Biòbul focal Dé;—agus is beachdan iad so a ta cudthromach do na h-uile, agus a ta ag agairt rannsachaidh o na h-uile,—agus a ta fìrinn-ean an Leabhair sin a' cumail a mach mu choinneamh nan uile, lànachd dearbhaidh agus còmhdaich do thugse dhaoine, d' an taobh féin, nach robh riagh an comas do uile nàimhdibh na fìrinn cur nan aghaidh, no an crathadh. Mo chàirde gràdhach òga, am bheil sibhse ullamh, o bhur fiosrachadh féin, bhur fianuis a chur a stigh maille ri fianuis na muinntir sin mu 'n do labhair mi, agus an cainnt a dh' aithris mi? Stad! Snuainich! Mu 's e 's gu 'm bheil, beannuichte a tha sibh o 'n Tighearna. Mur 'eil, O na fanaibh toilichte 's a' chor anns am bheil sibh a nis. Tha sibh 'n ur coigrich do 'n athnuadhachadh sin, a tha gu neo-sheachanta feumail dhuibh a mhothachadh, mu 'n comasach dhuibh bhi uidheamaichte air son rioghachd an t-soluis.

## EARRANN XIV.

*Mu riaghàilt beatha a' Chriosduidh 's an t-saoghal so,  
maille ri cuid de nithibh mu 'n dòchas a bhuineas dha  
a thaobh na beatha ri teachd.*

Anns an earrann so, leis am bheil mi rùnachadh co-dhùnad, tha mi a' cur romham anns a' cheud àit, do sheòladh a dli' ionnsuidh na riaghaitl mòra sin, a réir am bu chòir do ghiùlan luchd-aideachaidh criosduidh bhi air a stiùradh.

Toil Dé, ma ta, mar a ta i air a foillseachadh 'n a fhocal, 's e sin an riaghaitl, a chum an sìnuaintean, am briathra, agus an gniomhara bhi air an stiùradh, aig na h-uile deisciobul a bhuineas do Iosa Criosc. Anns na h-uile beachd, agus anns na h-uile frithealadh, 's i so gu soilleir an aon riaghaitl ris am feumar cùisean a thomhas. Anns na nithibh so, tha an ràdh so, " 'S e aon bhur Maighstir, eadhon Criosc,' " 'n a riaghaitl a dh' fheumas luidhe gu h-iomlan ris na h-uile fior chriosduidh. Mar nach 'eil *Protestanach* sam bith a ghabhas air féin gu follaiseach, coimhead ri leabhar sam bith eile, ach ris a' Bhìobul, mar leabhar gu h-iomlan gun mhearachd; anns na h-uile cùis mu 'm bheil eadar-dhealachadh ann am barail ag éirigh, tha e soilleir gur ann gu ùghdarras an fhocail a dh' fheumar cùisean a thogail mu dheireadh. Na h-uile ni maith a gheibhear ann an leabhraichibh eile, no ann am barailibh dhaoine eile mu nithibh áraidh sam bith a bhuineas do 'n diadhachd, ma tha iad ceart, tha iad air an tarruing o 'n comh-sheasmhachd ris an riaghaitl so, agus tha an ceartas, no am maitheas uile, a réir mar luidheas iad ri tomhas na fìrinn foillsichte anns an fhocal.

Ach feumaidh focal Dé ar aon beachdan agus gnàth-achadh, no cleachdamh an fhìor-chriosduidh a riagh-ladh, agus cha 'n ann a mhàin ann an nithibh a bhui-

eas gu dìreach do 'n diadhachd féin; feumaidh e an cumbachd ceudna bhi aige os ceann nan smuaintcan sin agus na breithe sin a bheir e mu ghnothucháibh coitchionn na beatha so, a réir mar is comasach iad sin a thomhas ris an fhocal :—feumaidh am focal an uachdranachd cheudna bhi aige os ceann na h-uile dùrachd no rùn agus cleachdamh a bhuineas dha;—os ceann na h-uile iarrtas leis an gluaisear e;—os ceann a chleachdaimh ann am briathraibh agus ann an còmhradh;—agus os ceann gach gnàth-bhriathar a chomharraicheas a mach an cumhachd féin anns a' ghiùlan. A réir so, chi sinn a ghnàth, agus faodaidh na h-uile an aire thoirt dha; nach mòr na nithe mu 'n labhrar am measg cuideachd sam bith, ann an rathad còmhraig, nach treòraich focal Dhié sinn gu beachd gu h-iomlan dealuichte a ghabhail an an iomadh ni mu 'n labhrar, o 'n bheachd a ghabhas iadsa a ta 'n an coigrich do 'n diadhachd. Cha 'n 'eil mi aig na àm so a' labhairt mu iomchuidheachd, no mu inhi-iomchuidheachd a leithid sin a' chòmhradh bhi a ghnàth no anns na h-uile cuideachd, air a thoirt air aghaidh, no mu ghliocas ar barail féin mu 'n fhìrinn, aig na h-uile h-àm a chur an céill. Mu 'n ni sin, feumaidh na h-uile neach bhi air a sheòladh a réir an t-suidheachaidh shònruichte anns am faic e cùisean roimhe féin. Ach tha aon ni soilleir, a dh' aindeoин ùghdarrais ris am feud muinntir eile an taic a leagadh, gu 'n tigeadh e do 'n fhìor Chriosduidh, aig na h-uile àm, agus sin bhi air a dhèanamh soilleir 'n a ghiùlan agus 'n a bhriathraibh, gu 'n leagadh e a thaic, agus gu 'm biodh uile bheatordan air an stiùradh, cho maith ri 'ghiùlan, a réir ùghdarrais an fhocail mar a ta e air fhoillseachadh.

Beachdaicheamaid a nis gu h-aithghearr air ar n-aghaidh le chéile, air na dòchasaibh luachmhor a ta focal Dé a' foillseachadh dhuinn.

Tha am bàs a' cur crìch air uile ghnothuchaibh an ionracain agus an aingidh araon, ris an t-saoghal so. Ach an déigh a' bhàis thig breitheanas. 'N uair a

sguireas no a choimhlionar uile chrìochan glice freasdail Dé, anns an t-saoghal so chumail suas cho fada, séididh an trompaid dheireannach, agus togar na mairbh. Anns an latha chudthromach agus shònruichte sin, tha na Sgriobtuirean a' cur an céill dhuinn, gu 'n téid na speuran thairis le toirm ro mhòir, agus gu 'n leagh na dùilean le dòn theas; gu 'n loisgear suas mar an ceudna, an cruinne-cé, agus gach obair a ta air 'uachdair. Thig an Tighearn Iosa a nuas ann an rìoghalachd ghàlormhor, chum breth a thoirt air an t-saoghal ann am fireantachd. Cha bhlais luchd-leanmhuinn Chriosd bhios an uair sin air thalamh, bàs. Eiridh na mairbh a ta ann an Chriosd air tùs; agus togar suas iadsan, maille ri am bràithrean Criosduidh a bhios aig an àm sin air thalamh, chum an Tighearn a choinneachadh 's an athar. Am feadh 's a thionailear an cinneadh daoine gu léir chum caithir-breitheanais òirdheirc a' Bhreitheimh, tha e air innseadh dhuinn gu 'n cuirear na h-ionraic air a làimh dheas, agus na h-aingidh air a làmh chli, an dara buidheann air an lònadh le gàird-eachas do-labhairt, agus a' chuid eile le h-amhluadh do-innseadh, agus le h-uamhas.

Do bhrìgh 's gur àm so tha ann féin ro chudthromach, agus gur là e anns am feum cuibhrionn bhi aig na h-uile aon neach air leth, air an aobhar sin, tha iomadh mion-chunntas againn air ann am focal Dhé. Faic, *Ecles.* xii. 14.; *Dan.* xii. 2.; *Eoin.* v. 28.; *Gniomh.* xvii. 31.; *1 Corin.* xv. 51.; *1 Tesal.* iv. 15; *2 Pead.* iii. 10.; *Taisb.* xx. 11.; *Mat.* xxv. 31. Tha an cunntas deireannachi so a dh' ainmich mi, air a thoirt dhuinn le ar Tighearna beannuichte féin, gu tric air a thuigsinn gu mearachdach. Do bhrìgh 's gu bheil e a' ceangal r' a chéile, a' bhreitheanais sin leis am molar na h-ionraic, agus gnìomhara iochdmhor a rinn iad, agus a' bhreith-dhùtidh a gheibh na h-aingidh ri easbhuidh nan gnìomhara iochdmhor ceudna;—tha an earrann air gu tric air a cumail a mach mar gu 'm biodh i 'n a dearbhadh,

air nach 'eil e a' dècanamh a' bheag a' dh' eadar-dhealachadh, ciod a' bharail àraidh dhe an robh neach air bith ann an cùisibh na diadhachd, a thaobh an so (deir-ear), gu 'm bheil sinn a' faicsinn breth air a tabhairt air daoine fadheòidh, cha 'n ann a réir an creidimh, no am beachdan, ach a réir an gnìomhara.

Ann an rannsachadh leabhair sam hith, tha e a ghnàth air a mheas, mar an dòigh a's cinntiche air seadh an ùghdair a thuigsinn, caochladh earrannan an leabhair, anns am bheil e a' labhairt mu 'n aon ni, a shamhlachadh agus a thomhas r' a chéile, agus o sin breith a thabhairt ciod e beachd an ùghdair féin, le beachd fharsuing agus chothromach a ghabhail air na h-uile earrann anns am bheil e a' labhairt mu 'n chùis cheudna. Nis gabhamaid an seòl ceudna anns a' ghnothuch so; agus ciod a' bheachd gus an tig sinn. 'N uair a leughas neach, ann an àite eile, " Esan a' chreideas air a' Mhac tha beatha aige, ach esan nach creid am Mac, cha 'n fhaic e beatha," &c. (*Eoin.* iii. 36. Faic mar an ceudna, 2 *Tesal.* i. 7.) bhiodh e mi-reusonta gu h-iomllan a ràdh gu 'm bheil am Biobul a' teagastg dhuinn gur aon ni e, ciod na beachdan a thachras bhi againn. 'N uair air an làimh eile, a leughas neach a leithid a' chunn-tas 's a tha againn ann am *Mat.* xxv. tha e cheart cho soilleir o sin, 's a tha e 's an earrann eile, gur e an creidimh a dh' fheumas an cleachdamh chum dheadh oibre ann am firinn a bheothachadh agus a thòiseachadh; agus gu 'm bheil beachdan no creidimh sam bith, nach 'eil mar sin a' buadhachadh, 'n a ni faoin, mearachdach, sgriosail, gun stà air bith—gu 'm bi iad air am mothachadh mar sin mu dheireadh. Tha an dà earrann so, ma ta, agus iomadh earrann eile de 'n fhìrinne, de 'n aon ghnè, air an dòigh so gu, cothromach a' luidhe r' a chéile, agus 's ann o bhi beachdachadh orra le chéile cuideachd, a chi sinn an dòigh anns am bi a' bhreitheanas dheireadhach air a cur an gnìomh.

Ach nì 's faide, a' mhuinntir a dh'aithriseas an ear-


rann sin, mur dhearbhadh nach 'eil e gu eadar-dheatachadh air bith a dhèanamh ciod na barailean, no an creidimh bhios aca's an diadhachd, tha iad gu soilleir a' taisbeanadh nach 'eil iad a' tuigsinn na h-earrann gu ceart. 'S e an ni àraidih ris am bheil ar Slànuighear a' sealltuinn, agus air am bheil na tha e a' labhairt aig an àm gu h-ionlan an crochadh, am focal sin a chi sin, anns 40. rann "A mheud 's gu 'n d' rinn sibh e do aon de na bràthraibh a's lugha agam-sa, rinn sibh dhomh-sa e." Ch'n ann a mhàin, ma ta, ri gniomharaibh iochdmhor gu coitchionn a nithear do 'r co-chreutairibh, a ta ar Tighearn a' sealltuinn an so, agus ris am bheil e a' ceangal na breithe sin a mholas na naoimh mu dheireadh, ach gniomhara iochdmhora air an dèanamh do a dheisciobluibh bochda féin o fhìor ghràdh d'a ainm féin, agus d' a aobhar. Is gniomhara iad mar so a ta gu soilleir a' filleadh creidimh an t-soisgeil, agus nach b' urradh sruthadh ach o 'n tobar sin. Faic earrannan cosmhuil ri so. *Mat. x. 42.; 1 Eoin. v. 5.*

Anns a' chunntas so mu 'n bhreitheanas dheireannach, dh' fhàg ar Tighearna againn sgrìobhta gu soilleir, an dearbh bhréth chudthromach a bheir e araon air na naomhaibh agus air na h-aingidh. Ris an dara buidheann, their e, "Thigibh, sibhse, beannuichte o m'Athair-sa, sealbhuichibh an rìoghachd a dh' ullaicheadh air bhur son mu 'n do leagadh bunaitean an domhain." Agus ris a' bhuidheann eile, "Imichibh uam, sibhse a ta malluichte, do 'n teine shiorruidh air 'ullachadh air son an diabhui, agus a chuid ainglibh." Tha e a' curri so. "Théid iad so air falbh a dh' ionnsuidh peanas siorruidh, ach na fireana a dh' ionnsuidh na beatha maireannaich.

Mar sin, a ta an cuintas a ta focal Dé a' toirt dhuinn mu 'n chrioch chudthromach gus an tig a' bhreitheanas dheireannach. Mo chàirde òga gràdhach, na sheall sibh riagh, gu suidhichte, air ur n-aghaidh chum na h-uaire sin. An do bheachduich sibh gu càramach, agus le ro-

aire, air an rathad anns an urrainn sibh sealltuinn air bhur n-aghaidh le comhfhurtachd, agus taisbeanadh le comhfhurtachd air an latha mhòir sin? Mur do beachduich, O ceadaichibh dhomh asluchadh oirbh, gun dàil ni's faide na nithe sin a ghabhail gu cridhe. Feumaidh na h-uile neach, taisbeanadh aig caithir-bhreitheanais Chriosd; agus cha'n'eil cor meadhonach ann; agus mar sin, feumaidh gach neach agaibh, gun teagamh, bhi air fhaotaim an dara cuid, air a làmh dheas, no air a làmh chlì. Is creatairean neo-bhàsmhor sibh. Tha an t-siorruidheachd, ma ta, gu bhi sona, no truagh dhuibh. Tha beatha agus bàs fa'r comhair. Tha gairm na tràcaire o Dhia air a cur do bhur n-iunnsuidh 's an t-soisgeul. "O bithibh air bhur n-aslachadh éisdeachd thabhairt do'n ghairm sin le roaire, agus le dùrachd,— gabhail rithe le irioslachd, le buidheachas, agus le aoibh-neas. 'S e nis an t-àm taitneach, 's e'n diugh là na slàinte." Agus gu'n deònlich Dia, gu'n seas, esan a ta nis a' sgriobhadh nam focal so, agus gach aon uile neach a leughas iad, air deas-làimh a' Bhreitheimh,— chum's gu faigh sinn maraon a' bhinn thaitneachuaitsan, agus gu'n cleachdar sinn, mar chomharaibh air a tràcair shlàinteil féin, ann an saoghal an t-soluis, ann an tilgeadh ar corona an làthair na righ-chathrach, a' toirt glòirc, urraim, cumhachd, agus uachdranachd, dhasan a ta'n a shuidhe air an Righ-chathair, agus do'n Uan, gu siorruidh. Amen agus amen.

### A' CHRIODH.



# LIST OF GAELIC BOOKS

TO BE HAD OF

MESSRS. WAUGH AND INNES,

HUNTER SQUARE,

AND 41, SOUTH HANOVER STREET,  
EDINBURGH.

- 
- ALLIENE'S ALARM, 18mo. bound, 2s. 6d.  
BOSTON'S FOUR-FOLD STATE, 12mo. bound,  
5s.  
BUNYAN'S PILGRIMS PROGRESS, 18mo. 4s.  
— BARREN FIG-TREE, 18mo. bound,  
1s. 6d.  
BURDER'S SERMONS, 12mo. bound, 3s. 6d.  
BAXTER'S CALL, 12mo. bound, 2s.  
BROOK'S APPLES, 18mo. bound, 2s.  
CONFESSIO<sup>N</sup> OF FAITH, 18mo. bound, 2s. 6d.  
DODDRIDGE'S RISE, 12mo. bound, 4s.  
EARLE ON THE SACRAMENT, 18mo. bound,  
1s. 6d.  
NEWTON'S LIFE, 18mo. bound, 2s.  
ROSS'S PSALMS, 18mo. bound, 2s. 6d.  
SMITH'S PSALMS, 18mo. bound, 2s. 6d.  
— 32mo. 1s. 8d.  
LARGE QUARTO BIBLE, boards, £1 : 7s.  
LARGE OCTAVO TESTAMENT, boards, 4s. 6d.  
12mo. BIBLE, 2 vols. bound, 6s.  
— 1 vol. bound, 5s. 6d.  
12mo. TESTAMENT, bound, 2s.







